

# TeeJay Publishers

## Cùrsa Matamataig Ìre C

Air a chruthachadh bho thùs le buidheann-sgrìobhaidh  
Teejay

**T. Strang** (a b' àbhaist a bhith na P.T. Matamataig - Àrd Sgoil Bhruaich  
Chluaidh)

**J. Geddes** (P.T. Matamataig - Àrd Sgoil Rinn Friù)

*Leabhar Sgoileir*



# TeeJay Publishers

Bogsa Puist 1375

Ceann a' Bharra

Glaschu

G78 1JJ

Fòn: 0141 880 6839

Facs: 0870 124 9189

Post-d: [teejaypublishers@ntlworld.com](mailto:teejaypublishers@ntlworld.com)

Làrach-lìn: [www.teejaypublishers.co.uk](http://www.teejaypublishers.co.uk)

© TeeJay Publishers 2004

A' Ghàidhlig ©Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig as leth Riaghaltas na h-Alba  
A' chiad fhoillseachadh le TeeJay Publishers - Lùnastal 2004

A' chiad fhoillseachadh ann an Gàidhlig ann an 2010 le:

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

11/12Acarsaid

Cidhe Sràid Chrombail

Steòrnabhagh

Eilean Leòdhais

HS1 2DF

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)

Na còraichean anns an leabhar seo uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith den leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith no air dhòigh sam bith, gun chead ro-làimh ann an sgrìobhadh bho na h-ùghdaran agus bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Faodar cùis-lagha a thogail an aghaidh duine sam bith a nì lethbhreacan den leabhar no pàirt den leabhar gun chead.

ISBN:- 978-1-907054-33-4

## Leabhar-teacs Ìre C

Faodaidh sibh an leabhar seo a chleachdadh an dà chuid anns an àrd-sgoil agus anns a' bhun-sgoil le sgoilearan a tha air Ìre B fhaighinn.

- ◆ Anns na h-àrd-sgoiltean, faodaidh sibh a chleachdadh ann an AS1 le sgoilearan a fhuair Ìre B anns a' bhun-sgoil, no tràth anns an àrd-sgoil.
  - Tha e feumail airson sgoilearan ullachadh airson Deuchainn Nàiseanta aig Ìre C a shuidhe anns na bliadhnachan mu dheireadh sa bhun-sgoil no ann an AS1.
  - Chan eil Eacarsaichean A agus B ann idir. Tha an leabhar a' dol thairis air a h-uile cuspair aig Ìre C. Cha leig an tidsear a leas a bhith a' feuchainn ri dèanamh a-mach dè na ceistean a dh'fhaodte fhàgail às no gu dè na h-eacarsaichean a tha cudromach. Tha iad uile cudromach!
  - Leis an leabhar seo, faodaidh sibh an obair a tha cudromach aig Ìre C a dhèanamh le AON leabhar.
  - Chì sibh gu bheil "Caibideil 0" aig toiseach an leabhair. Air na seachd duilleagan seo tha sinn a' toirt sùil air ais air a h-uile cuspair aig Ìre B. Dh'fhaodadh sibh seo a dhèanamh leis a' chloinn, is an uair sin measadh a dhèanamh gus am faic sibh dè na ghlèidh iad de na bha còir aca ionnsachadh aig Ìre B.
  - Às dèidh sin tha 16 caibideilean san leabhar. Tha "Geàrr-Chunntas" an dèidh a h-uile cuspair.
  - Tha sinn a' cur cuideam air sgilean "gun àireamhair" is a' feuchainn ris na sgilean sin a bhrosnachadh tron leabhar gu lèir.
  - Tha paca againn airson obair-dachaigh. Nuair a gheibh sibh e faodaidh sibh lethbhreacan a dhèanamh dheth. Tha paca-measaidh ann cuideachd. Faodaidh sibh a chleachdadh an dèidh gach cuspair, no faodaidh sibh measaidhean a dhèanamh air dhà no trì chuspairean còmhla.
  - Tha duilleagan obair-leudachaidh rim faighinn airson an cleachdadh an cois cuid de na eacarsaichean. Cùm do shùil a-mach airson a' chomharra seo:-



Chan eil sinn idir duilich gun do chleachd sinn uiread de dhathan san leabhar seo, anns an teacsa agus anns na diagraman - tha sinn cinnteach gun dèan na dathan an obair nas aotruime!!

*Tom Strang agus Jim Geddes*

*(An Giblean 2004)*

# Clàr-innse

		<i>duilleag</i>
Caibideil 0	Sùil air ais air Ìre B	1 - 7
Cb 1 Àireamhan slàna 1	Luachan a rèir àite	8 - 10
	A' cur-ris/a' toirt-air-falbh àireamhan slàna	11 - 14
	<b>Geàrr-chunntas</b>	15 - 16
Cb 2 Co-chothromachd	Loidhnichean-cothromachaidh	17 - 22
	A' dèanamh chumaidhean co-chothromach	23 - 24
	<b>Geàrr-chunntas</b>	25
Cb 3 Airgead	Luach airgid	26 - 28
	Cur-ris agus toirt-air-falbh le airgead	28 - 30
	Ceistean mu airgead	31 - 32
	<b>Geàrr-chunntas</b>	33 - 34
Cb 4 An uair	An cloc	35 - 36
	An cloc didseatach	37 - 38
	m agus f	38 - 42
	Beàrnan tìde	43 - 45
	Am mìosachan	46
	<b>Geàrr-chunntas</b>	47 - 49
Cb 5 Àireamhan slàna 2	Iomadachadh	50 - 53
	A' roinn le aon fhigear	54 - 56
	Ag iomadachadh le 10	56 - 57
	A' roinn le 10	58 - 59
	A' cruinneachadh (chun an 10 as fhaisge)	60 - 61
	A' tuairmseachadh (le cruinneachadh)	62
	A' cleachdadh àireamhair	63 - 65
	<b>Geàrr-chunntas</b>	66 - 68
Cb 6 Staitistearachd	Stràcan agus clàran-triceid	69 - 71
	Clàran-dhealbhan	72 - 73
	Grafaichean-cholbhan	74 - 76
	A' leughadh chlàran	77 - 78
	<b>Geàrr-chunntas</b>	79 - 80
Cb 7 Innealan-àireamhan	Innealan-àireamhan	81 - 84
	Innealan-àireamhan-ceangailte	85 - 86
	Innealan-àireamhan agus ailseabra	87
	<b>Geàrr-chunntas</b>	88

Cb 8 Dà-sheallach	Cumaidhean 2sh	89 - 91
	Leacadh	91 - 93
	Cearcaill	94 - 98
	Geàrr-chunntas	99 - 100
Cb 9 Ceàrnan	Ceàrn ceart	101 - 103
	Cairteal-cuairt, leth-chuairt agus cuairt iomlan	104 - 105
	Seòrsaichean cheàrnan	105 - 107
	Geàrr-chunntas	108
Cb 10 Bloighean	Dè th' ann am bloigh?	109 - 112
	Bloighean co-ionann	113 - 116
	Bloigh de shuim	117 - 118
	Geàrr-chunntas	119
Cb 11 Suidheachadh & gluasad	Suidheachadh & gluasad	120 - 124
	Stiùireadh slighe	124 - 126
	Àirdean na combaist	127 - 129
	Diagram cho-chomharran	130 - 132
	Co-chomharran spòrsail	133 - 134
	Geàrr-chunntas	135 - 316
Cb 12 Faid & farsaingeachd	A' toirt tuairmse air faid	137 - 138
	A' dèanamh dealbh	139
	Aonadan faid	140 - 141
	Ceistean mu fhaid	142
	Farsaingeachd	143 - 146
	Geàrr-chunntas	147
Cb 13 Pàtrain	Pàtrain shìmplidh	148 - 151
	Ceanglaichean eadar clàran	152
	Geàrr-chunntas	153
Cb 14 Tri-sheallach	Cruthan 3sh	154 - 156
	Pàipear isomeatrach dotagach	157 - 158
	Geàrr-chunntas	159
Cb 15 Tomhas-lionaidh & cuideam	Tomhas-lionaidh. Dè tha sin?	160 - 161
	An liotair/A' leughadh sgèile	162 - 164
	An ceudameatair ciùbach	164 - 166
	Cuideam	166 - 167
	An cileagram agus an gram	168 - 170
	Geàrr-chunntas	171 - 172
Cb 16 Daingneachadh Ìre C	Daingneachadh Ìre C	173 - 179
Freagairtean		180 - 192



Na cleachd àireamhair anns a' chaibideil seo.



1. Sgrìobh na h-àireamhan seo **ann am faclan**:-

- a 96                      b 123                      c 459                      d 905.

2. Sgrìobh na h-àireamhan seo **ann am figearan**:-

- a seasgad 's a dhà                      b seachd ceud 's a còig-deug  
c còig ceud 's a naochad                      d ochd ceud 's a ceithir.

3. Sgrìobh an àireamh a tha:-


- a 10 **às dèidh** 137                      b 100 **ro** 379                      c 50 **às dèidh** 627  
d 200 **ro** 820                      e 20 **ro** 210                      f 300 **às dèidh** 695 ?

4. Cuir iad seo ann an òrdugh, an tè **AS MOTHA an toiseach**:-


- a 199, 96, 211, 390, 89, 208, 302.  
b 807, 799, 800, 789, 803, 817, 798, 779.

5. Dèan copaidh de gach cumadh agus cuir dath air  $\frac{1}{2}$  gach turas:-


a



b




c




6. Dèan copaidh de gach cumadh agus cuir dath air  $\frac{1}{4}$  gach turas:-


a



b



c



7. a Airson **leth** de rudeigin a lorg, bidh thu ga roinn le \_\_\_\_.  
 b Airson **cairteal** de rudeigin a lorg, bidh thu ga roinn le \_\_\_\_.

8. Cheannaich Pam teòclaid a chosg **33sg.**

- a Dè an iomlaid a fhuair i à **£1**?  
 b Sgrìobh liosta de na buinn a fhuair i air ais.



9. a Cia mheud bonn **10 sgillinn** a gheibh Pam airson **aon** bhonn 50 sgillinn?  
 b Cia mheud bonn **5 sgillinn** a gheibh Pam airson **trì** buinn 20 sgillinn?  
 c Cia mheud bonn **2 sgillinn** a gheibh Pam airson **ceithir** buinn 10 sgillinn?

10. Obraich a-mach **nad cheann**:-

- a  $7 + 3$       b  $32 + 6$       c  $90 - 20$       d  $130 + 40$   
 e  $58 - 7$       f  $21 - 8$       g  $200 - 100$       h  $170 + 40$

11. Obraich a-mach:-

- a 
$$\begin{array}{r} 52 \\ + 43 \\ \hline \end{array}$$
      b 
$$\begin{array}{r} 29 \\ + 53 \\ \hline \end{array}$$
      c 
$$\begin{array}{r} 77 \\ - 23 \\ \hline \end{array}$$
      d 
$$\begin{array}{r} 81 \\ - 74 \\ \hline \end{array}$$

12. Obraich a-mach **nad cheann**:-

- a  $2 \times 7$       b  $5 \times 8$       c  $4 \times 5$       d  $3 \times 9$   
 e  $10 \times 6$       f  $16 \div 2$       g  $5 \overline{)35}$       h  $28 \div 4$   
 i  $10 \overline{)60}$       j  $5 \times 9$       k  $18 \div 3$       l  $90 \div 10$

13. Obraich a-mach:-

- a 
$$\begin{array}{r} 51 \\ \times 3 \\ \hline \end{array}$$
      b 
$$\begin{array}{r} 34 \\ \times 5 \\ \hline \end{array}$$
      c 
$$\begin{array}{r} 61 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$$
      d 
$$3 \overline{)42}$$
  
 e 
$$10 \overline{)460}$$
      f  $85 \div 5$       g  $63 \times 4$       h 
$$4 \overline{)72}$$

14. a Tha Pam, Iain, Sìne agus Tòmas a' roinn **84 sgillinnean gu cothromach** eatarra. Dè tha Pam a' faighinn?



- b Tha **10** siùcaran ann am pacaid. Tha cuideam **450 gram** ann am pacaid. Dè an cuideam a th' anns gach siùcar?

15. a Tha aon taidhr a' cosg **£33**. Dè chosgas **3** taidhrichean?

- b Tha **9 gramaichean** de chuideam ann an tarraig. Dè an cuideam a bhios ann an **5** tarragan?



16. Cruinnich gach àireamh chun an **10** as fhaighe:-

- a 63                      b 77                      c 44                      d 19

17. Cruinnich gach àireamh chun an **10** as fhaighe:-

- a 43                      b 68

18. Lorg:-

- a  $\frac{1}{2}$  de £26      b  $\frac{1}{2}$  de 68 g      c  $\frac{1}{4}$  de £16      d  $\frac{1}{4}$  de 40 cg

19. Sgrìobh Ben na h-àireamhan seo:

43, 66, 117, 19, 62, 130, 89, 6, 402, 197.




Sgrìobh a-mach na h-àireamhan **COTHROMACH**.

20. Sgrìobh an ath **3** àireamhan anns na **pàtrain** seo:-

- a 3, 6, 9, 12                      b 5, 10, 15, 20                      c 80, 70, 60, 50  
d 13, 23, 33, 43                      e 2, 5, 8, 11                      f 77, 66, 55, 44.

21. Dèan dealbh den ath **dhà** chumadh anns na pàtrain seo:-




22. **Ath-sgrìobh** na suimean agus cuir a-steach na h-àireamhan a tha a dhìth:-

- a  $6 + \dots = 13$                       b  $19 - \dots = 11$                       c  $3 \times \dots = 21$   
d  $30 \div \dots = 6$                       e  $\dots - 4 = 13$                       f  $\dots \div 4 = 6$

23. Feuch an lorg thu an soidhne (+, -, x, ÷) a tha a dhìth an seo:-

a  $4 \dots 6 = 24$    b  $3 \dots 9 = 12$    c  $18 \dots 2 = 16$    d  $18 \dots 2 = 9$

24. Sgrìobh an àireamh a tha gach saighead a' comharrachadh.





25. Cuir na faidean seo ann an òrdugh. Tòisich leis an tè **AS LUGHA**:-

85 cm,   1 m 83 cm,   90 cm,   105 cm,   1 m 6 cm

26. **Atharraich**:-

- a 3 meatairean 25 ceudameatairean gu ceudameatairean
- b 2 m 56 cm gu cm
- c 1 m 8 cm gu cm
- d 430 cm gu m agus cm
- e 207 cm gu m agus cm.

27. Sgrìobh an uair a th' air gach cloc.



28. Sgrìobh na h-uairean "**didseatach**" seo ann am faclan:-

a **06:15**

b **11:45**



29. Cuir iad seo ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an latha as tràithe:-

17mh den Ògmhios,   1d den Lùnastal,  
30mh den Ògmhios,   23mh den Iuchar.







30. Cuir iad seo ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis a' mhìos **AS TRÀITHE**:-

**Am Màrt, An Dùbhlachd, Am Faoilleach, An Lùnastal, An t-Ògmhios**

31. Sgrìobh ainm gach cumaidh:-



32. Sgrìobh ainm matamataigeach gach crutha:-




33. Is e seo **ciùbaid**.



a Cia mheud "**aodann**" a th' oirre?

b Cia mheud "**oir**" a th' oirre?

c Cia mheud "**oisean**" a th' oirre?



34. Cia mheud **aodann**, cia mheud **oir** agus cia mheud **oisean** a tha air gach fear de na cruthan seo:-




Caibideil 0

duilleag 5



A' DOL THAIRIS AIR ÌRE B

35. Dè na cumaidhean a tha math airson a bhith a' leacadh:-  
(a' lionadh duilleag gun bheàrn fhàgail)



36. Tha Sìne anns a' chidsin.  
Tha i a' coimhead air a' choir.  
Dè bhiodh Sìne  
a' coimhead air:-


- a nan tionndaidheadh i **cairteal-cuairt** deasail?
- b nan dèanadh i **leth-chuairt**?




Dèan **copaidh** den **CHOMBAIST** seo.  
Cuir a-steach na 3 àirdean eile.

38. Coimhead air a' chlàr seo.

- a Dè an uilebheist a tha aig **Bd**?
- b Dè an uilebheist a tha **1** bhogsa **chun an taoibh dheis is 3** bogsaichean **suas** bho **Db**?




39. Dè na ceàrnan a tha nan ceàrnan **cearta**:-



40. **Faodaidh tu sgàthan a chleachdadh an seo.**

An e **loidhne-cothromachaidh** a tha anns gach loidhne dheirg?




41. Tha an clàr seo ag innse dath **falt** agus dath **sùilean** buidheann chloinne.

- a Cò an dithis air a bheil falt dubh?
- b Tha falt **ruadh** air aon neach. Dè an dath a th' air sùilean an neach sin?
- c Cia mheud dhiubh anns a bheil sùilean uaine?

	Falt	Sùilean
<b>Uilleam</b>	Donn	Gorm
<b>Tòmas</b>	Dubh	Gorm
<b>Màiri</b>	Ruadh	Uaine
<b>Eilidh</b>	Donn	Glas
<b>Iain</b>	Dubh	Uaine

42. Tha an graf-cholbhan ag innse nan dathan a tha air sùilean na cloinne air fad.

- a Dè an dath **nach eil** cho cumanta?
- b Cia mheud neach anns a bheil sùilean gorma?
- c Cia mheud **a bharrachd** anns a bheil sùilean glasa seach sùilean donna?



# Caibideil 1

Na cleachd àireamhair  
anns a' chaibideil seo.



## Luachan a rèir àite

Anns an àireimh :-

4156

tha 4 a' riochdachadh	4 mìle	=	4000
tha 1 a' riochdachadh	1 cheud	=	100
tha 5 a' riochdachadh	5 deichean	=	50
tha 6 a' riochdachadh	6 aonadan	=	6
		=	<u>4156</u>



Ceithir mìle, ceud  
agus caogad 's a sia  
4156 ✓

## Eacarsaich 1

1. Dè tha na figearan seo a' riochdachadh anns an àireimh 6827:-

- a 2                      b 6                      c 7                      d 8?

2. Dè tha 7 a' riochdachadh anns na h-àireamhan seo:-

- a 7382                      b 6971                      c 2037                      d 708?

3. Sgrìobh na h-àireamhan seo ann am faclan:-

- a 562                      b 708                      c 9317                      d 8827  
e 98                      f 5030                      g 8006                      h 9103

4. Sgrìobh na h-àireamhan seo ann am figearan:-

- a ochd ceud agus caogad                      b seachd ceud 's a còig  
c seachd mìle ochd ceud                      d sia mìle dà cheud 's a ceithir  
e còig mìle agus seasgad 's a trì                      f naoi mìle is ceithir-deug  
g aon mhìle dà cheud agus trithead 's a ceithir

5. a Tha athair Sheòrais a' togail garaids aig dà cheud 's a còig-deug Sràid an Rìgh. Sgrìobh seo ann am figearan.

b Tha caraid dha a' fuireach aig 308. Sgrìobh seo ann am faclan.




6. Cuir na h-àireamhan seo ann an òrdugh, (an tè as lugha an toiseach):-

a 270, 304, 299, 300, 317, 237, 289, 310, 298.

b 6054, 6099, 5989, 5045, 6104, 6200, 5897, 6001.

c



7. Sgrìobh an àireamh a tha:-

a 10 às dèidh 350      b 20 às dèidh 670      c 300 ro 4600

d 60 ro 1490      e 200 às dèidh 1470      f 400 ro 6500

g 500 às dèidh 1500      h 1000 ro 3700.      i 4000 ro 7200.

j caogad às dèidh sia ceud agus fichead.

k sia ceud ro naoi mìle is ochd ceud.

l aon mhìle aon cheud ro sia mìle còig ceud.

8. a Rugadh athair Ravi ann an 1958.

Rugadh Ravi 30 bliadhna às a dhèidh.

Dè a' bhliadhna a rugadh Ravi?



b









Ràinig Neil Armstrong a' ghealach ann an 1969.


Rugadh seanmhair Sìne 40 bliadhna ro sin.

Cuin a rugadh seanmhair Sìne?


9. Dè na h-àireamhan a tha na saighdean a' comharrachadh?



10. Dè na h-àireamhan a tha na saighdean a' comharrachadh?




11. Dè an teòthachd a tha air gach teas-mheidh?



12. Tha an diagram a' sealltainn abhainn le faidean (ann am meatairean) bhon drochaid.

Dè an fhaid a tha eadar an drochaid agus:-

a a' chraobh      b am bàta      c an teanta?



## A' cur-ris/a' toirt-air-falbh àireamhan slàna



Nuair a tha thu a' cur-ris (no a' toirt-air-falbh) àireamhan, dèan cinnteach gu bheil iad sa cholbh cheart.


Cur-ris:-  $37 + 8$

Toirt-air-falbh:-  $360 - 70$



cuir 8 fon 7

$$\begin{array}{r} 37 \\ + 8 \\ \hline 45 \\ \hline 1 \end{array}$$



cuir 0 fon 0

$$\begin{array}{r} 360 \\ - 70 \\ \hline 290 \end{array}$$

## Eacarsaich 2

1. Ath-sgrìobh iad seo agus lorg na freagairtean:-

a  $\begin{array}{r} 58 \\ + 3 \\ \hline \end{array}$

b  $\begin{array}{r} 61 \\ + 7 \\ \hline \end{array}$

c  $\begin{array}{r} 22 \\ + 9 \\ \hline \end{array}$

d  $\begin{array}{r} 15 \\ + 8 \\ \hline \end{array}$

e  $\begin{array}{r} 39 \\ + 6 \\ \hline \end{array}$

f  $\begin{array}{r} 65 \\ + 9 \\ \hline \end{array}$

g  $\begin{array}{r} 510 \\ + 40 \\ \hline \end{array}$

h  $\begin{array}{r} 460 \\ + 80 \\ \hline \end{array}$

i  $\begin{array}{r} 160 \\ + 90 \\ \hline \end{array}$

j  $\begin{array}{r} 340 \\ + 70 \\ \hline \end{array}$

k  $\begin{array}{r} 704 \\ + 9 \\ \hline \end{array}$

l  $\begin{array}{r} 370 \\ + 60 \\ \hline \end{array}$

m  $\begin{array}{r} 39 \\ 3 \\ + 8 \\ \hline \end{array}$

n  $\begin{array}{r} 52 \\ 6 \\ + 7 \\ \hline \end{array}$

o  $\begin{array}{r} 90 \\ 380 \\ + 60 \\ \hline \end{array}$

p  $\begin{array}{r} 70 \\ 60 \\ + 530 \\ \hline \end{array}$

2. Dèan iad seo anns an aon dòigh (no dèan iad nad cheann):-

a  $39 + 8$

b  $7 + 49$

c  $9 + 25$

d  $57 + 4$

e  $75 + 6$

f  $8 + 64$

g  $130 + 70$

h  $90 + 250$

i  $360 + 80$

j  $540 + 70$

k  $220 + 90$

l  $780 + 30$

m  $160 + 50 + 30$

n  $380 + 40 + 40$

o  $50 + 190 + 60$

p  $30 + 580 + 70$

3. Ath-sgrìobh iad seo agus lorg na freagairtean:-

$$\begin{array}{r} a \quad 67 \\ - 3 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} b \quad 59 \\ - 8 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} c \quad 46 \\ - 7 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} d \quad 72 \\ - 6 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} e \quad 83 \\ - 5 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} f \quad 48 \\ - 9 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} g \quad 65 \\ - 7 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} h \quad 93 \\ - 6 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} i \quad 18 \\ - 9 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} j \quad 250 \\ - 7 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} k \quad 320 \\ - 9 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} l \quad 450 \\ - 60 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} m \quad 270 \\ - 80 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} n \quad 600 \\ - 40 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} o \quad 830 \\ - 90 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} p \quad 920 \\ - 30 \\ \hline \end{array}$$

4. Dèan iad seo anns an aon dòigh (no dèan iad nad cheann):-

$$a \quad 39 - 6$$

$$b \quad 58 - 7$$

$$c \quad 42 - 6$$

$$d \quad 31 - 7$$

$$e \quad 70 - 8$$

$$f \quad 94 - 9$$

$$g \quad 63 - 10$$

$$h \quad 72 - 5$$

$$i \quad 260 - 40$$

$$j \quad 490 - 50$$

$$k \quad 320 - 60$$

$$l \quad 510 - 90$$

$$m \quad 720 - 80$$

$$n \quad 610 - 60$$

$$o \quad 930 - 50$$

$$p \quad 700 - 30$$

5. a Tha 37 a' siubhal air tràna.

Aig a' chiad bhaile, tha 8 a' tighinn dhith.

Aig an ath stèisean, tha 5 a' dol air bòrd.

Cia mheud a tha air an tràna a-nis?



b  Tha 46 meatairean eadar dà thaobh aibhne. Bha Seumas air 8 meatairean a shnàmh bho aon taobh nuair a chail e a bhriogais-shnàmh. Dè cho fad 's a bha e bhon taobh eile?


c Shàbhail Sandy £170 agus shàbhail Lynsey £90.

i Dè shàbhail iad gu lèir?

ii Dè bh' aig Sandy a bharrachd air Lynsey?



- d Tha àirde 230 meatair ann an togalach ACE.  
Tha àirde 80 meatair ann am BANCA SCOTIA.  
Cia mheud meatair a tha togalach  
ACE **nas àirde** na Banca Scotia?



- Tha Ted 35 bliadhna a dh'aois.  
Tha Màiri 6 bliadhna **nas òige** na Ted.  
Tha Art 8 bliadhna **nas sine** na Ted.
- Dè an aois a tha Màiri?
  - Dè an aois a tha Art?
  - Dè an diofar a tha eadar aoisean Màiri is Art?

- f Tha eun ag itealaich aig 820 meatair os cionn na talmhainn. Tha àirde 680 meatair ann am beinn. Tha an t-eun **a' tuiteam** 80 meatair.
- Dè cho àrd 's a tha an t-eun ag itealaich?
  - Dè cho àrd 's a bhios an t-eun os cionn na beinne?



- g
- 
- Tha cuideam 360 gram ann am bogsa falamh.  
Tha cuideam 80 gram ann an tiùb uachdar-fhiaclan.  
Dè an cuideam a bhios ann an:-
- 1 bhogsa agus 1 tiùb uachdar-fhiaclan?
  - 1 bhogsa agus 2 thiùb uachdar-fhiaclan?
  - 1 bhogsa agus 5 thiùban uachdar-fhiaclan?

6. Lorg dè tha \* a' riochdachadh gach turas:-

a

$$\begin{array}{r} 6 * \\ + 8 \\ \hline 7 2 \end{array}$$

b

$$\begin{array}{r} 5 * \\ + 6 \\ \hline 6 3 \end{array}$$

c

$$\begin{array}{r} 4 * \\ + 9 \\ \hline 5 8 \end{array}$$

d

$$\begin{array}{r} 3 8 \\ + * \\ \hline 4 4 \end{array}$$

e

$$\begin{array}{r} 5 * \\ - 7 \\ \hline 4 4 \end{array}$$

f

$$\begin{array}{r} 6 * \\ - 5 \\ \hline 5 9 \end{array}$$

g

$$\begin{array}{r} 9 * \\ - 9 \\ \hline 8 3 \end{array}$$

h

$$\begin{array}{r} 8 3 \\ - * \\ \hline 7 6 \end{array}$$

i

$$\begin{array}{r} 3 * 0 \\ + 4 0 \\ \hline 4 1 0 \end{array}$$

j

$$\begin{array}{r} 5 * 0 \\ + 9 0 \\ \hline 6 0 0 \end{array}$$

k

$$\begin{array}{r} 7 8 0 \\ + * 0 \\ \hline 8 2 0 \end{array}$$

l

$$\begin{array}{r} 1 6 0 \\ + * 0 \\ \hline 2 4 0 \end{array}$$

$$\begin{array}{r} m \quad 4 \star 0 \\ - 30 \\ \hline 420 \end{array}$$

$$\begin{array}{r} n \quad 5 \star 0 \\ - 80 \\ \hline 430 \end{array}$$


$$\begin{array}{r} o \quad 9 \star 0 \\ - 60 \\ \hline 860 \end{array}$$

$$\begin{array}{r} p \quad 620 \\ - \star 0 \\ \hline 530 \end{array}$$

7. a Bu chòir **36** teòclaidhean a bhith ann am bogsa. Nuair a choimhead Lucy bha feadhainn a dhìth. Bha **28** teòclaidhean ann. Cia mheud teòclaid a bha a dhìth?




- b Tha an leabharlann **820** meatair bhon taigh agam.









Bha mi a' dol ann nuair a chuimhnich mi nach robh cairt an leabharlainn agam. Bha mi **750** meatair bhon leabharlann. Dè cho fad 's a bha mi air coiseachd?

### Tòimhseachain Triantain.

Anns na "triantain" seo tha an àireamh anns gach ceart-cheàrnach co-ionann ri suim an dà chearcaill a th' air gach taobh dheth.



8. Ath-sgrìobh agus crìochnaich na triantain:-



# Geàrr-chunntas

1. Dè tha **4** a' riochdachadh anns na h-àireamhan seo:-

- a **407**      b **2164**      c **5649**      d **4287 ?**

2. Sgrìobh na h-àireamhan seo **ann am faclan**:-

- a **57**      b **321**      c **4008**      d **7942.**

3. Sgrìobh na h-àireamhan seo **ann am figearan**:-

- a sia ceud agus trithead      b ceithir mìle agus naoi ceud.  
c trì mìle agus aon.      d dà mhìle, còig ceud agus fichead.

4. Cuir na h-àireamhan seo ann an òrdugh, (**an tè as motha an toiseach**):-






3087, 3021, 2998, 2415, 3002, 3200, 2899, 3004.

5. Bha an t-òran "You've found that Lovin' Feeling" aig àireimh a h-aon ann an 2002. Bha an t-òran aig àireimh a h-aon, air a sheinn le còmhlan eile fichead bliadhna **nas tràithe**, Dè a' bhliadhna a bha sin?



6. Seall air na h-innealan-tomhais.

Dè na h-àireamhan a th' air an comharrachadh:-



7. Ath-sgrìobh agus crìochnaich:-

$$\begin{array}{r} a \quad 33 \\ + 8 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} b \quad 460 \\ + 70 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} c \quad 50 \\ 220 \\ + 9 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} d \quad 90 \\ 340 \\ + 70 \\ \hline \end{array}$$

e  $57 + 9$

f  $470 + 50$

g  $140 + 30 + 80$

h  $270 + 90 + 42.$

8. Ath-sgrìobh agus crìochnaich:-

$$\begin{array}{r} a \quad 59 \\ - 6 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} b \quad 35 \\ - 7 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} c \quad 480 \\ - 60 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} d \quad 530 \\ - 90 \\ \hline \end{array}$$

e  $47 - 6$

f  $83 - 9$

g  $680 - 330$

h  $810 - 50.$

9. Tha 28 cnothan aig Sìne. Tha i a' toirt 9 do Thòmas.  
Tha Cindy a' toirt 4 cnothan do Shìne.

Cia mheud cnò a tha aig Sìne a-nis?



10.



Tha tuarastal de £21 gach seachdain aig Joe.

Tha Georgie a' faighinn £3 **nas lugha** na Joe.

Tha Francis a' faighinn £5 **a bharrachd** air Joe.

a Dè am pàigheadh a tha Georgie a' faighinn?

b Dè an tuarastal a th' aig Francis?

c Dè na tha Francis a' cosnadh a bharrachd air Georgie?

11. Lorg dè tha ■ a' comharrachadh gach turas.

$$\begin{array}{r} a \quad 3 \blacksquare \\ + 9 \\ \hline 43 \end{array}$$

$$\begin{array}{r} b \quad 490 \\ + \blacksquare 0 \\ \hline 570 \end{array}$$

$$\begin{array}{r} c \quad 8 \blacksquare \\ - 7 \\ \hline 75 \end{array}$$

$$\begin{array}{r} d \quad 310 \\ - \blacksquare 0 \\ \hline 240 \end{array}$$

12. Bha mi a' ruith ann an rèis **400 meatair**.

Chaill mi mo bhròg **165 meatairean** bhon deireadh.

Dè cho fad 's a bha mi air ruith mus do chaill mi mo bhròg?





# Caibideil 2



## Loidhnichean-cothromachaidh

Tha **loidhne-cothromachaidh** aig cumadh ma phaisgeas tu an cumadh mun loidhne 's gu bheil an dà phàirt air gach taobh den loidhne co-ionann.




Tha loidhne-cothromachaidh aig gach cumadh (ann an **dearg**).

## Eacarsaich 1




1. Dè na cumaidhean dhiubh seo aig a bheil loidhne-cothromachaidh?  
(Sgrìobh **THA** no **CHAN EIL** airson gach cumaidh)


a




b




c




d



e




f




2. Nad leabhar, dèan copaidh mhionaideach de gach cumadh. Seall na loidhnichean-cothromachaidh.


a




b




c




d




e




f




g




h




i




j




k




l



Tha barrachd 's aon loidhne-cothromachaidh aig cuid de chumaidhean.









Tha dhà aig ceart-chèarnach.











Tha ceithir aig ceàrnaig.

3. Cia mheud loidhne-cothromachaidh a th' aig gach cumadh:-



4. Nad leabhar, dèan dealbh mionaideach de gach cumadh.  
Seall na loidhnichean-cothromachaidh le peansail dathte.



5. Cia mheud loidhne-cothromachaidh a th' aig gach cumadh:-

Obair  
2·4


a




b




c




d




e




f




g



h




i



j



k




l







## A' dèanamh chumaidhean co-chothromach





Ma tha **leth** de chumadh co-chothromach agad le loidhne-cothromachaidh air a sealltainn, tha e gu math furasta an **leth eile** a dhèanamh.



## Eacarsaich 2







1. Dèan copaidh de gach cumadh air pàipear-ceàrnagach. Dèan an **leth eile** gus am bi an loidhne uaine na loidhne-cothromachaidh.






2. Tha iad seo nas dorra.

Dèan copaidh de gach cumadh agus crìochnaich gach fear gus am bi gach loidhne ghorm na loidhne-cothromachaidh:-




# Geàrr-chunntas


1. Mìnich, nad fhaclan fhèin, dè tha ann an **loidhne-cothromachaidh**.
2. Dèan copaidh dhiubh seo agus seall na loidhnichean-cothromachaidh:-



3. Dèan copaidhean de na cumaidhean seo agus dèan an leth eile gus am bi an loidhne **dhearg** na loidhne-cothromachaidh:-



4. Cia mheud loidhne-cothromachaidh a th' aig gach cumadh?



# Caibideil 3

Na cleachd àireamhair anns a' chaibideil seo, gus an ruig thu an eacarsaich mu dheireadh.



## Luach airgid

Seo na buinn a bhios sinn a' cleachdadh..



Eisimpleir 1.  co-ionann ri     

Eisimpleir 2.  co-ionann ri    

Eisimpleir 3. a 450sg = £4 agus 50sg no £4.50  
b £1.32 = 132sg

## Eacarsaich 1

1. Cia mhead bonn 1sg a gheibh thu airson:-



2. Cia mhead bonn 5sg a gheibh mi an àite:-



3. Cia mhead bonn 10sg a gheibh mi an àite:-



Calum



Mòrag



Tha 35sg aig Calum agus Mòrag uile-gu-lèir.

4. Dè tha aig an dithis chloinne seo uile-gu-lèir.



agus Seumas



agus Màili



agus Sìne



5. Cheannaich Sàra dà phacaid shuiteas air 15sg.

Chleachd i **DÀ** bhonn airson pàigheadh air an son.



Feuch ri **DÀ** bhonn a chleachdadh airson na rudan seo a cheannach.

Ma dh' fheumas tu, faodaidh tu **TRÌ** buinn a chleachdadh, ach sin uile!

a peansail 6sg

b suiteis 22sg

c rubair 30sg

d bainne 70sg

e aran 80sg

f leabhar £1.11.



6. Cia mheud **bonn £1** a gheibh mi an àite:-  
 a 300sg      b 500sg      c 800sg      d 900sg?
7. Cia mheud **bonn 1sg** a gheibh mi an àite:  
 a £1      b £5      c £8      d dà £2 agus trì £1?
8. Atharraich iad seo gu **notaichean(£) agus sgillinnean(sg)**  
 (215sg = £2 agus 15sg)
- a 140sg      b 247sg      c 364sg      d 107sg  
 e 999sg      f 205sg      g 36sg      h 2sg.

**Cur-ris agus toirt-air-falbh le airgead**

Nuair a nì thu + no - le airgead, feumaidh tu na **puingeann deicheach** a chur dìreach fo chèile.

<p><b>Eisimpleir</b></p> <p>43sg + 14sg = 57sg</p> <p>£2.84 + £1.52 = £4.36</p>	<p><b>Cur-ris</b></p> <div style="border: 1px solid black; padding: 5px; width: fit-content; margin: 0 auto;"> <math display="block">\begin{array}{r} £0.43 \\ + £0.14 \\ \hline £0.57 \end{array}</math> </div> <div style="border: 1px solid black; padding: 5px; width: fit-content; margin: 0 auto;"> <math display="block">\begin{array}{r} £ 2.84 \\ + £1.52 \\ \hline £ 4.36 \end{array}</math> </div>	<p><b>Toirt-air-falbh</b></p> <div style="border: 1px solid black; padding: 5px; width: fit-content; margin: 0 auto;"> <math display="block">\begin{array}{r} £0.78 \\ - £0.13 \\ \hline £0.65 \end{array}</math> </div> <div style="border: 1px solid black; padding: 5px; width: fit-content; margin: 0 auto;"> <math display="block">\begin{array}{r} £8.35 \\ - £5.42 \\ \hline £2.93 \end{array}</math> </div>	 <p>Seallaidh an tidsear dhut mar a nì thu toirt-air-falbh.</p>
---	---	---	---

**Eacarsaich 2**

1. Sgrìobh iad seo ann an **notaichean (£)**,  
 mar eisimpleir:- **2 not agus 45 sg = £2.45.**
- a 6 notaichean agus 13sg      b 4 notaichean agus 62sg  
 c 5 notaichean agus 78sg      d 3 notaichean and 2sg  
 e 29sg      f 3sg

2. **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich:-

$$\begin{array}{r} a \quad \pounds 0.45 \\ + \pounds 0.23 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} b \quad \pounds 0.62 \\ + \pounds 0.37 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} c \quad \pounds 0.66 \\ + \pounds 0.24 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} d \quad \pounds 0.85 \\ + \pounds 0.43 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} e \quad \pounds 0.96 \\ + \pounds 0.78 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} f \quad \pounds 0.88 \\ + \pounds 0.75 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} g \quad \pounds 1.30 \\ + \pounds 1.50 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} h \quad \pounds 1.20 \\ + \pounds 8.80 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} i \quad \pounds 3.70 \\ + \pounds 6.60 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} j \quad \pounds 6.24 \\ + \pounds 2.44 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} k \quad \pounds 4.90 \\ + \pounds 0.10 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} l \quad \pounds 5.35 \\ + \pounds 4.85 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} m \quad \pounds 3.94 \\ + \pounds 7.17 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} n \quad \pounds 8.82 \\ + \pounds 4.58 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} o \quad \pounds 3.95 \\ + \pounds 9.43 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} p \quad \pounds 7.40 \\ + \pounds 5.90 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} q \quad \pounds 7.25 \\ + \pounds 9.75 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} r \quad \pounds 3.07 \\ + \pounds 8.94 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} s \quad \pounds 6.60 \\ + \pounds 8.70 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} t \quad \pounds 6.87 \\ + \pounds 1.90 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} u \quad \pounds 4.08 \\ + \pounds 7.89 \\ \hline \end{array}$$

3. **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich:-

$$\begin{array}{r} a \quad \pounds 0.50 \\ - \pounds 0.30 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} b \quad \pounds 0.80 \\ - \pounds 0.20 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} c \quad \pounds 0.95 \\ - \pounds 0.45 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} d \quad \pounds 1.00 \\ - \pounds 0.65 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} e \quad \pounds 2.00 \\ - \pounds 1.45 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} f \quad \pounds 3.00 \\ - \pounds 1.85 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} g \quad \pounds 5.40 \\ - \pounds 1.10 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} h \quad \pounds 7.90 \\ - \pounds 3.60 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} i \quad \pounds 8.75 \\ - \pounds 1.75 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} j \quad \pounds 1.50 \\ - \pounds 0.48 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} k \quad \pounds 2.80 \\ - \pounds 1.35 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} l \quad \pounds 7.62 \\ - \pounds 3.47 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} m \quad \pounds 9.82 \\ - \pounds 4.35 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} n \quad \pounds 12.51 \\ - \pounds 8.75 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} o \quad \pounds 13.45 \\ - \pounds 12.55 \\ \hline \end{array}$$

4. Cheannaich Ravi còla air 55sg agus pacaid chriospaichean air 32sg. Dè chosg seo uile-gu-lèir? (Dèan mar a rinn thu airson ceist 2.)



5. Cheannaich Pam teòclaid air 37sg agus thug i seachad bonn 50sg. Dè an iomlaid a fhuair i?



6.  Cheannaich Tòmas peann air 87sg. Thug e seachad bonn £1. Dè an iomlaid a fhuair e?

7. Chosg Eilidh 80sg air tiogaid bus agus 30sg air iris.

a Dè chosg i uile-gu-lèir?

b Dè an iomlaid a fhuair Eilidh à bonn £1 agus bonn 50sg?



8. Chosg Zoheb £1.40 air burgair agus 50sg air sliseagan.

a Dè chosg e uile-gu-lèir?

b Dè an iomlaid a fhuair Zoheb air ais à £2?



9.  Chaidh Iain gu gèam ball-coise. Phàigh e £5.20 airson faighinn a-steach don ghèam agus cheannaich e prògram air £1.50.

a Dè chosg seo uile-gu-lèir?

b Dè an iomlaid a fhuair Iain à bileig £5 agus bonn £2?



10. Thug Sìne seachad bileag £5 nuair a cheannaich i rìomhadh-gnùise.

Fhuair i bonn 50sg agus dà bhonn 10sg mar iomlaid.

a. Dè an iomlaid a fhuair i?

b Dè chosg an rìomhadh-gnùise?



11. Cheannaich Daibhidh bracaist.

Hama & Uighean £1.25, Tomàto 40sg, Tost 25sg agus Sùgh 80sg.

a Dè chosg bracaist Dhaibhidh uile-gu-lèir?

b Tha dà bhonn £1 agus aon bhonn 50sg aige.

Am bi gu leòr airgid aige? Inns carson!



12. Phàigh Calum £17.88 air iasg agus sliseagan airson a theaghlaich.

a Dè an iomlaid a fhuair e à bileig £20?

b Inns dè na buinn a dh'fhaodadh a bhith aige mar iomlaid.



## Ceistean mu airgead

### Airgead agus an t-àireamhair

Thoir an aire leotha seo:-



Tha an t-àireamhair seo a' sealltainn **£4.20**.  
(£4 agus 20 sgillinn)  
**CHAN E £4.02**

Tha an t-àireamhair seo a' sealltainn **£4.02**.  
(£4 and 2 sgillinn)  
**CHAN E £4.20**

Eisimpleir:- Chaidh Ceitidh agus a màthair a shnàmh.

Chosg seo £2.64 airson a màthar agus £1.38 airson Ceitidh.

Dè an iomlaid a bha air fhàgail à £5?

Freagairt:- [Sgrìobh £2.64 + £1.38 nad leabhar] (cleachd àireamhair)

$$£2.64 + £1.38 = £4.02$$

[Sgrìobh £5 - £4.02 nad leabhar] (cleachd àireamhair)

$$£5 - £4.02 = £0.98 \text{ iomlaid.}$$



## Eacarsaich 3



1. Tha **cosgais-seirbheis** ga cur ris gach cunntas ann an Cafaidh Carlo. Dè a' chosgais iomlan a bhios anns na cunntasan seo?:-



a

CAFAIDH CARLO	
dinnear airson 2 =	£17.60
cosgais seirbheis =	£2.40
cosgais iomlan	<input type="text"/>

b

CAFAIDH CARLO	
aon dinnear =	£12.75
cosgais seirbheis =	£1.95
cosgais iomlan =	<input type="text"/>

2. Ath-sgrìobh gach cunntas agus faigh a' chosgais uile-gu-lèir airson:-

a

uighean.....	80sg
hama .....	£1.40
càise .....	£2.30
bainne .....	60sg
£	<u>          </u>

b

ùbhlan .....	65sg
orainsearan.....	£1.75
peuran .....	£2.60
anann .....	£3.95
£	<u>          </u>



3. Nuair a cheannaich màthair Pam sgiort, shàbhail i £4.50.  
B' e prìs na sgiorta **ron** lasachadh £16.99.  
Dè phàigh màthair Pam air an sgiort?



4.



Prìs ùr  
£12.64

Cheannaich màthair Pam lèine.  
Shàbhail i £2.36.

Dè a' phrìs a bh' air an lèine ron lasachadh?

5. Chaidh Seumas don raon-deighe. Fhuair e brògan-spèilidh fhadstadh air £1.75 agus phàigh e £2.20 airson a dhol air an deigh.  
a Dè chosg an turas don raon-deighe dha uile-gu-lèir?  
b Bha ceithir **buinn £1** aig Seumas an toiseach.



Dè bh' aige air fhàgail?

6. Cheannaich Mgr MacLeòid dà threidhe lusan. Chosg iad £6.44 agus £9.75.  
Obraich a-mach:-  
a a' phrìs iomlan.  
b an iomlaid a fhuair e à £20.



7.



Cheannaich Sìne tiogaid treàna a chosg £6.84 agus iris a chosg £3.98.

- a Dè chosg seo uile-gu-lèir?  
b Bha bileag £20 aice.  
Dè bhios aice air fhàgail?

8. Fhuair Pam bileag £5 agus dà bhonn £1 bho màthair.  
Ma cheannaich i càr air £4.98 agus pàipear-pharsailean airson £0.27, dè bha aice air fhàgail?



9. Cheannaich Eilidh rìomhadh-shùilean air £4.20, siampù air £5.55 agus uachdar-aodainn air £3.79.  
Dè an iomlaid a fhuair Eilidh à tri bileagan £5?



# Geàrr-chunntas



Gu ceist 11

1. Cia mheud bonn **1sg** a gheibh mi an àite:-

a



b



c



2. Cia mheud bonn **5sg** a gheibh mi an àite:-

a



b



c



3. Cia mheud bonn **10sg** a gheibh mi an àite:-

a



b



c



4. Cia mheud bonn **£1** a gheibh mi an àite:-

a 400sg

b 700sg

c 1000sg?

5. Cia mheud bonn **1sg** a gheibh mi an àite:-

a £3

b £7

c dà £2 agus coig £1?

6. Atharraich iad seo gu **notaichean (£)** agus **sgillinnean (sg)**:-

a 120sg

b 52sg

c 217sg

d 903sg.

7. Sgrìobh iad seo mar notaichean, (eisimpleir:- **1 nota agus 20sg = £1-20**)

a 4 notaichean and 12sg

b 7 notaichean agus 6sg

c 41sg

d 9sg.

8. **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich:-

$$\begin{array}{r} a \quad \pounds 0.25 \\ + \pounds 0.63 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} b \quad \pounds 0.44 \\ + \pounds 0.26 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} c \quad \pounds 0.97 \\ + \pounds 0.45 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} d \quad \pounds 0.98 \\ - \pounds 0.58 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} e \quad \pounds 0.72 \\ - \pounds 0.23 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} f \quad \pounds 1.00 \\ - \pounds 0.75 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} g \quad \pounds 3.30 \\ + \pounds 1.60 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} h \quad \pounds 4.90 \\ + \pounds 3.70 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} i \quad \pounds 6.27 \\ + \pounds 2.95 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} j \quad \pounds 2.50 \\ - \pounds 1.10 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} k \quad \pounds 5.40 \\ - \pounds 2.80 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} l \quad \pounds 7.55 \\ - \pounds 5.98 \\ \hline \end{array}$$

9. Phàigh Coinneach **£2.70** air kebab agus **90sg** air glasraich.

a Dè chosg seo **uile-gu-lèir**?

b Dè an iomlaid a fhuair e air ais à bonn dà not agus dà bhonn £1?



10. Cheannaich Anna crogall ann am bùth dhèideagan. Bha e **£18.82**.

a Dè an iomlaid a fhuair i air ais à bileig £20?

b Sgrìobh na buinn a fhuair i air ais mar iomlaid.



11. Shàbhail Iain **£8.95** air lèine agus tàidh.

Bha iad **£18.50 ron** lasachadh.

Dè phàigh Iain air an lèine agus an tàidh?



12.



Bha an tiogaid aig Murchadh **£0.85 nas saoire** na bha i air an t-seachdain sa chaidh.

Phàigh e **£3.60** an t-seachdain seo.

Dè chosg an tiogaid aige an t-seachdain sa chaidh?



13. Bha **trì buinn £1** agus **bonn 50sg** agam nam sporan a' dol don diosgo.

Cheannaich mi 2 bhotal uisge a chosg 75sg am botal, pacaid chriospaichean a bha 34sg agus loiliopop a chosg 20sg.

Phàigh mi **£1.25** airson faighinn a-steach don diosgo.

Dè an t-airgead a bh' agam a' dol dhachaigh?



# Caibideil 4



## An cloc

Tha spòg **MHÒR** a' chloc aig 9.  
Tha an spòg bheag faisg air 5.

Tha e "cairteal gu 5".



## Eacarsaich 1









1. Cleachd iad seo, airson innse dè an uair a tha e :-

... uairean


cairteal gu ...

leth-uair an dèidh.


cairteal an dèidh..



Tha an cloc seo a' sealltainn "20 an dèidh 7".




2. Sgrìobh an uair a tha air gach cloc:-




Faodar an uair a sgrìobhadh ann am barrachd is aon dòigh.

Tha an cloc seo a' sealltainn:-

"3:40" no "20 gu 4".



3. Sgrìobh an uair a tha air na clocan seo ann an 2 dhòigh:-



## An cloc didseatach


'S ann anns na 1980an a chunnaic sinn uair **dhidseatach** air cloc airson a' chiad uair. Tha an cloc seo a' sealltainn

**10:15** no **cairteal an dèidh deich.**




## Eacarsaich 2

1. Sgrìobh an uair a tha air gach cloc didseatach ann am **faclan**:-



2. Dèan dealbh de chlocan **didseatach** airson nan uairean seo. Sgrìobh gach uair anns an **riochd dhidseatach**:-






i  $\frac{1}{4}$  gu 6

j 20 gu 8

k 5 gu 6

l  $\frac{1}{2}$  an dèidh 7

3. Sgrìobh iad seo ann an dà dhòigh:-




**m agus f**

Tha a h-uile latha air a roinn na 2 "leth".

**madainn** - ro mheadhan-latha - **m**

**feasgar** - an dèidh mheadhan-latha - **f**




Tha an sgoil a' fosgladh mu 9:00 **m**.

Tha dinnear aig daoine mu 5:00 **f**.

Tha an cloc seo a' sealltainn


" $\frac{1}{4}$  an dèidh 8 as t-oidhche no 8:15 **f**"




àm-suipearach

## Eacarsaich 3


1. Sgrìobh na h-uairean seo ann an 2 dhòigh. (Cleachd **m** no **f**):-




a' dol don sgoil



ro mheadhan-latha



àm cadail




bracaist



às dèidh na dinnearach




pleadha na maidne



anmoch air an oidhche



an sgoil a' dùnadh




A' dol don eaglais madainn na Sàbaid



a' dùsgadh tràth



a' coimhead film air an oidhche.



Cinderella a' teicheadh dhachaigh

2. Sgrìobh na h-uairean seo a' cleachdadh **m** no **f**.

(mar eisimpleir, "8:20 m" no "7:55 f"):-

a Thuit Iain far a bhaidhc aig  $\frac{1}{4}$  an dèidh ochd a-raoir.



b Bha deuchainn Matamataig aig Tòmas aig  $\frac{1}{4}$  gu 11 agus chrìochnaich i aig leth-uair an dèidh 11.




c Tha prògram telebhisein air bho fhichead 's a còig an dèidh seachd gu fichead gu naoi.



d Chaidh mi a-mach a chluich às deìdh mo dhiathaid aig **deich mionaidean gu uair**.

e



Dh'fhag am plèana agam Dùn Èideann aig **deich mionaidean gu seachd** agus ràinig e Lunnainn aig **còig mionaidean gu ochd**. Ghabh mi bracaist nuair a ràinig mi.

f Chaidh mi chun an fhiaclair aig **fichead mionaid gu ceithir**. Cha d' fhuair mi dhachaigh gu **leth-uair an dèidh còig** am feasgar sin.



**7:45 m**

Gabhaidh **7:45 m** a sgrìobhadh mar "**cairteal gu 8 sa mhadainn**".

3. Sgrìobh gach uair ann am faclan:-

(cleachd "**sa mhadainn**", "**feasgar**" no "**as t-oidhche**")

a

**2:30 f**

b

**9:45 m**


c

**10:50 f**

d


**6:10 m**

e




m

f




f

g



m

h




m

i

**7:52 f**

j



f

k

**11:55 m**

l



meadhan  
- latha

4. Seo clàr-ama bus.

Tha am bus ann an Ùige aig  
"cairteal gu 11 sa mhadainn".

Sgrìobh na h-uairean eile  
ann am faclan.

Ùige	10:45 m
Port Rìgh	11:25 m
An Caol	11:59 m
An Dòrnaidh	12:20 f
An Gearasdan	1:05 f



5. Dèan copaidh sgiobalta den chlàr-ama trèana seo.

An Dùn	→	Loch Mòr	→	Am Baile Ùr	→	An Cnoc	→	An Tobar
9:55 m		11:05 m		.....		2:10 f		.....

a Cuin a bha an trèana aig **An Dùn**?

b Cuin a bha an trèana aig **Loch Mòr**?


c Ràinig an trèana Baile Ùr aig **25 gu 2**  
feasgar.

Sgrìobh seo a-steach don chlàr-ama agad (cleachd m/f).

d Sgrìobh ann am faclan cuin a ràinig an trèana **An Cnoc**.

e Chrìochnaich an turas aig An Tobar aig **còig gu trì** feasgar.

Sgrìobh an uair seo a-steach don chlàr-ama agad. (cleachd m/f).



6. Ràinig Ravi agus athair an soircas  
aig **6:50 f**.

An robh iad **tràth** no **fadalach**?



7.

### PLÈANAICHEAN

#### Àm Fàgail

Malaga	10:55 m
Palma	11:40 m
Barcelona	12:35 f
Ibiza	1:05 f
Tenerife	2:50 f
Nice	3:20 f

Tha màthair Lusaidh a' coimhead air  
àm fàgail nam plèanaichean.

Tha plèana Mhalaga a' fàgail aig **5 gu 11**  
**anns a' mhadainn**.

Sgrìobh na  
h-uairean eile  
mar seo.




8. Sgrìobh Sìne na h-uairean seo air pìosan cairte.

10 gu 1  
feasgar

12:55 f

Sgrìobh iad **ANN AN ÒRDUGH**,  
a' tòiseachadh leis an àm as tràithe.

10 : 20m




$\frac{1}{4}$  gu 12  
anns a' mhadainn

5 gu 10  
anns a' mhadainn

meadhan-latha

8.55 m



9. Bha Niall a' coimhead air clàr-phrògraman telebhisein airson Dimàirt.

## PRÒGRAMAN

a Tha **Doileag agus Sìne** air aig **3:05** (còig an dèidh 3).

Saoil a bheil am prògram seo air feasgar no tràth sa mhadainn?

b Tha **Taighean gan Reic** air aig **25 an dèidh 3** feasgar.

Sgrìobh uairean nam prògraman seo san riochd sin :-

- i **Dèan Cunntas**
- ii **An Ath Dhoras**
- iii **Spòrs**
- iv **Naidheachdan Goirid**

c Bha Niall a' coimhead air an telebhisean aig **5 an dèidh 4**.

Dè am prògram a bh' air aig an àm?

d Dè na prògraman a bha air aig:-

- i 5:35 f
- ii 7:50 f
- iii  $\frac{1}{4}$  an dèidh 8 as t-oidhche ?

3:05	Doileag agus Sìne
3:25	Taighean gan Reic
3:50	Dèan Cunntas (gèam)
4:15	Air Chall (film)
5:25	An Ath Dhoras
5:50	Naidheachdan
6:25	Naidheachan Alba
7:05	Às Dèidh Seachd
7:35	Spòrs
8:00	PIUTHAR MHÒR
8:50	Naidheachdan Goirid
9:00	Am Banana Mòr (film)



## Beàrnan tìde

Coimhead air **spòg mhòr** a' chloc

Tha **60** mionaid ann an **1** uair a thìde.

Ma dh'atharraicheas an uair bho

10 an dèidh 11 gu 25 gu 12

tha an spòg mhòr air gluasad bho :-

**11:10 → 11:35**


A bheil thu a' faicinn gu bheil an spòg mhòr air gluasad **25 mionaidean**?




## Eacarsaich 4

1. Cia mheud **mionaid** a tha eadar:-

- |                    |                     |
|--------------------|---------------------|
| a 10:30 agus 10:45 | b 9:25 agus 9:45    |
| c 8:10 agus 8:40   | d 7:25 agus 7:50    |
| e 3:05 agus 3:45   | f 4:10 agus 4:45    |
| g 10:30 agus 11:05 | h 9:45 agus 10:10 ? |



2.



Tha an soidhne seo a' sealltainn cuin a tha an leabharlann dùinte aig àm diathaid.


Dè cho fad 's a bhios e dùinte?

3. Cia mheud mionaid a tha eadar:-


- |                                |                                  |                                  |
|--------------------------------|----------------------------------|----------------------------------|
| a <b>8:15</b> agus <b>8:35</b> | b <b>10:20</b> agus <b>10:55</b> | c <b>7:30</b> agus <b>8:10</b>   |
| d <b>9:10</b> agus <b>9:22</b> | e <b>7:25</b> agus <b>7:38</b>   | f <b>6:05</b> agus <b>6:51</b> ? |

4. Chaidil Ben.  
Dè cho fad 's a bha e na chadal?

Chaidil Ben aig



Dhùisg Ben aig



- 5.
- tòiseachadh

crìoch

Chaidh Ben a-mach a ruith.

Chòimhead e air uaireadair mus do thòisich e agus a-rithist nuair a thill e.  
Dè cho fad 's a bha e a' ruith?

6. Tha àm-dinnearach ann an sgoil Iain eadar **10 gu meadhan-latha** agus **25 gu uair**.  
Dè cho fad 's a tha àm-dinnearach ann an sgoil Iain?

7. Tha am bàta *Pleadhag* a' dol mun cuairt an locha, a' tadhal air diofar àiteachan.  
Dè cho fad 's a thug i eadar:-

- a **An Cidhe** agus **Creag Àrd**?
- b **Creag Àrd** agus **A' Charraig**?
- c **A' Charraig** agus **An Rùbha**?
- d **An Rùbha** agus **An Tràigh**?
- e **An Tràigh** agus **An Cidhe**?

Pleadhag	
An Cidhe	2:30 f
Creag Àrd	2:55 f
A' Charraig	3:10 f
An Rùbha	3:50 f
An Tràigh	4:35 f
An Cidhe	5:10 f



8. Dh'fhàg Lusaidh an taigh aig **5:15 f**, agus ruith i airson fichead mionaid don sgoil.  
Cuin a ràinig i an sgoil?



9. Dè an uair a tha e:-
- a 15 mionaidean **an dèidh** 3:40 f
  - b 25 mionaidean **an dèidh** 2:25 m
  - c 40 mionaid **an dèidh** 8:50 m
  - d 20 mionaid **ro** 6:45 f
  - e  $\frac{1}{4}$  na h-uarach **ro** 8:30 m
  - f leth-uair **an dèidh** 5:50 f
  - g 50 mionaid **an dèidh** 7:05 m
  - h leth-uair **ro** mheadhan-latha.

10. Seo clàr-ama trèana eadar Glaschu agus New Cumnock.

- a Tha Trèana **A** a' fàgail **Glaschu**.  
Dè a' chiad àite san stad i?
- b Dè cho fad 's a thug Trèana **A** eadar:-  
i **Glaschu** agus **Barrhead**?  
ii **Barrhead** agus **Dunlop**?  
iii **Cille Mheàrnaig** agus **Auchinleck**?
- c Dè cho fad 's a thug Trèana **B** eadar:-  
i **Glaschu** agus **Dunlop**?  
ii **Glaschu** agus **Cille Mheàrnaig**?  
iii **Barrhead** agus **New Cumnock**?

	Trèana A	Trèana B
<b>Glaschu</b>	<b>9:53</b>	<b>11:03</b>
<b>Barrhead</b>	<b>10:05</b>	<b>11:15</b>
<b>Dunlop</b>	<b>10:25</b>	<b>11:27</b>
<b>Stewarton</b>	<b>10:29</b>	<b>11:31</b>
<b>Kilmaurs</b>	<b>10:34</b>	<b>11:36</b>
<b>Cille Mheàrnaig</b>	<b>11:37</b>	<b>11:41</b>
<b>Auchinleck</b>	<b>11:55</b>	<b>12:03</b>
<b>New Cumnock</b>	<b>11:03</b>	<b>12:11</b>

11. Tha an trèana aig Mgr Brus a' fàgail aig **10:05 m.**  
Tha e a' fàgail an taighe aig **9:25 m.**  
Tha e a' toirt **35 mionaidean** a' coiseachd chun an stèisein.  
An glac e an trèana?



12. Dh'fhàg Sìne an taigh aig **8:20 m** agus ràinig i an sgoil aig **8:53 m.**  
Dh'fhàg Lusaidh an taigh aig **8:13 m** agus ràinig i an sgoil aig **8:49 m.**



- a Dè cho fad 's a thug **Sìne** a' coiseachd don sgoil?  
b Dè cho fad 's a thug **Lusaidh** a' coiseachd don sgoil?  
c Cia mheud mionaid a thug Lusaidh a bharrachd air Sìne?

13. a Tha e **7:45 f.** Dè an uair a bha e o chionn 1 uair a thìde?  
b Tha an cloc ag radh **4:20 f.** Dè an uair a bha e o chionn leth-uair?  
c Dh'fhàg am plèana aig Mgr Ros aig **9:40 f.**  
Bha e aig a' phort-adhair  
**2 uair a thìde** ro sin.  
Cuin a ràinig e am port-adhair?  
d Bha mi air turas-mara airson **4 uairean a thìde.**  
Bha an turas seachad aig **11:25 f.**  
Cuin a thòisich an turas agam?



## Am mìosachan

Tha 365 lathaichean ann am bliadhna. \*  
Cuimhnich air an rann seo mu mhìosan na bliadhna.

\* Tha 366 ann am bliadhna-leim. Tha sin ann a h-uile 4 bliadhna.



Tha 30 latha san t-Sultain, sa Ghiblean, san Ògmhios, agus san t-Samhain.  
Tha 31 ann an càch, ach An Gearran a-mhàin sa bheil 28 leis fhèin ach 29 gach bliadhna-leim.

### Am Faoilleach 2004

Did	Dil	Dim	Dic	Diar	Dih	Dis
				1	2	3
4	5	6	7	8	9	10
11	12	13	14	15	16	17
18	19	20	21	22	23	24
25	26	27	28	29	30	31

mìosachan airson 2004

## Eacarsaich 5

Obair  
4.2

- Dè a' 1d mhìos den bhliadhna?
  - Dè a' mhìos mu dheireadh den bhliadhna?
  - Dè a' mhìos a tha a' tighinn an dèidh an Iuchair?
  - Dè a' mhìos a tha a' tighinn dìreach ron Chèitean?
  - Sgrìobh na mìosan air fad san òrdugh cheart.



- Am Faoilleach
  - An Gearran
  - An Giblean
  - An t-Ògmhios
  - An Lùnastal
  - An Dàmhair
  - An t-Samhain
  - An Dùbhlachd?
- Sgrìobh an:-
  - 6mh mìos
  - 3mh mìos
  - 10mh mìos
  - 8mh mìos

Gabhaidh an 3mh den Fhaoilleach 2004 a' sgrìobhadh mar

3mh Faoilleach 2004 =

03 : 01 : 04

no

03/01/04

latha

mìos

bliadhna


3mh Faoilleach 2004

- Sgrìobh gach deit a' cleachdadh 6 figearan mar a chì thu gu h-àrd:-
  - 23mh Gearran 2004
  - 19mh Giblean 2003
  - 22mh Iuchar 2004
  - 18mh Lùnastal 1997
  - 7mh Ògmhios 1985
  - 3mh Màrt 1988
  - 10mh Dùbhlachd 2002
  - 1d Faoilleach 2001

# Geàrr-chunntas


1. Sgrìobh an uair a tha air gach cloc.

(mar eisimpleir:- "fichead mionaid an dèidh ceithir").




2. Sgrìobh an uair a tha air gach cloc ann an dà dhòigh.

Mar eisimpleir- "fichead mionaid an dèidh ceithir" agus "4:20".



3. Airson gach cloc, dèan dealbh de chloc beag didseatach agus cuir a-steach an uair cheart:-



4. Sgrìobh na h-uairean a leanas ann an dà dhiofar dòigh:-

Mar eisimpleir - "leth-uair an dèidh 8 as t-oidhche" - "8:30 f".


\*cuimhnich - madainn **m**, feasgar **f**.



sa mhadainn



tràth feasgar



as t-oidhche



meadhan-  
maidne

5. Àth-sgrìobh an stòiridh aig Teàrlach. Cleachd **m** no **f** :-

"Dh'èirich mi an-diugh aig cairteal an dèidh ochd.

Ràinig mi an sgoil aig còig mionaidean gu naoi.

Ghabh mi sùgh aig deich mionaidean gu aon-uair-deug.

Bha àm dinnearach ann eadar uair agus deich

mionaidean gu dhà. Dh' fhàg mi an sgoil aig còig mionaidean

fichead gu ceithir agus fhuair mi dhachaigh aig cairteal an dèidh ceithir."



6. 'S e **2:30 f** "leth uair an dèidh dhà feasgar". Dè tha ann an:-

a 8:30 f

b 6:15 m

c 10:50 m

d 11:25 f?

7. Àth-sgrìobh an clàr-ama bus seo..

Na Leargaidh Ghallda	→	Johnstone	→	Pàislig	→	Ralston	→	Baile Ghobhainn
11:20 m		12:15 f		.....		12:40 f		.....

a Cuin a dh'fhàg am bus na Leargaidh Ghallda ?

(freagair - "... anns ..... ")

b Cia mheud mionaid a bha e an dèidh **mheadhan-latha** nuair a ràinig am bus Johnstone?

c Ràinig am bus Pàislig aig **25** mionaidean an dèidh **mheadhan-latha**.

Sgrìobh an uair seo sa chlàr-ama a' cleachdadh m/f.

d Sgrìobh **ann am faclan** cuin a ràinig am bus Ralston.

e Ràinig am bus Baile Ghobhainn aig cairteal an dèidh uair feasgar.

Sgrìobh an uair seo sa chlàr-ama a' cleachdadh m/f.



8. Cia mheud **mionaoid** a tha eadar:-

- a 5·10 m agus 5·35 m                      b 7·20 m agus 7·55 m  
c 3·18 f agus 3·25 f                         d 11·02 f agus 11·53 f  
e 11·25 m agus meadhan-latha            f 7·15 f agus 9 f?

9.



Tha an Dotair Mac a' Ghobhainn a' toirt 20 mionaoid a' siubhal bhon taigh aige chun an ospadail. Feumaidh e bhith aig an ospadal aig 9·05 m.

Cuin a dh'fheumas e an taigh fhàgail?

10. Sgrìobh an uair a tha:-

- a 25 mionaidean **an dèidh** 10·35 m    b 20 mionaoid **ro** 6·15 f  
c 30 mionaoid **ro** 2·20 f                      d 40 mionaoid **an dèidh** 4·30 m.

11. Dè a' mhìos a tha seo:-

- a a' mhìos **an dèidh** an Lùnastail            b a' mhìos **ron** Dùbhlachd  
c an 4mh mìos den bhliadhna                d an t-11mh mìos  
e an 3mh mìos **an dèidh** a' Chèitein        f a' mhìos **an dèidh** na Dùbhlachd?

12. Cia mheud latha a tha sna mìosan seo:-

- a Am Màrt            b An t-Ògmhios            c An t-Sultain            d An Dàmhair?

13. Rugadh mo sheanmhair air **an 23mh den t-Sultain, 1918.**

Rugadh i air **23:09:18.**

- a Sgrìobh an latha-breith **agad fhèin** ann an dà dhiofar dòigh.  
b Sgrìobh deit **an-diugh** ann an dà dhiofar dòigh.

14. Sgrìobh gach deit a leanas **ann am faclan**:-

- a 22:05:96    b 01:12:04.



# Caibideil 5

Na cleachd àireamhair anns a' chaibideil seo ach nuair a thèid iarraidh ort.



# Àireamhan slàna 2

## Iomadachadh

Feumaidh tu a bhith eòlach air clàran nan uireadan.

Mura h-eil, ionnsaich iad an-dràsta fhèin!

$2 \times 2 = 4$ $2 \times 3 = 6$ $2 \times 4 = 8$ $2 \times 5 = 10$ $2 \times 6 = 12$ $2 \times 7 = 14$ $2 \times 8 = 16$ $2 \times 9 = 18$	$3 \times 2 = 6$ $3 \times 3 = 9$ $3 \times 4 = 12$ $3 \times 5 = 15$ $3 \times 6 = 18$ $3 \times 7 = 21$ $3 \times 8 = 24$ $3 \times 9 = 27$	$4 \times 2 = 8$ $4 \times 3 = 12$ $4 \times 4 = 16$ $4 \times 5 = 20$ $4 \times 6 = 24$ $4 \times 7 = 28$ $4 \times 8 = 32$ $4 \times 9 = 36$	$5 \times 2 = 10$ $5 \times 3 = 15$ $5 \times 4 = 20$ $5 \times 5 = 25$ $5 \times 6 = 30$ $5 \times 7 = 35$ $5 \times 8 = 40$ $5 \times 9 = 45$
$6 \times 2 = 12$ $6 \times 3 = 18$ $6 \times 4 = 24$ $6 \times 5 = 30$ $6 \times 6 = 36$ $6 \times 7 = 42$ $6 \times 8 = 48$ $6 \times 9 = 54$	$7 \times 2 = 14$ $7 \times 3 = 21$ $7 \times 4 = 28$ $7 \times 5 = 35$ $7 \times 6 = 42$ $7 \times 7 = 49$ $7 \times 8 = 56$ $7 \times 9 = 63$	$8 \times 2 = 16$ $8 \times 3 = 24$ $8 \times 4 = 32$ $8 \times 5 = 40$ $8 \times 6 = 48$ $8 \times 7 = 56$ $8 \times 8 = 64$ $8 \times 9 = 72$	$9 \times 2 = 18$ $9 \times 3 = 27$ $9 \times 4 = 36$ $9 \times 5 = 45$ $9 \times 6 = 54$ $9 \times 7 = 63$ $9 \times 8 = 72$ $9 \times 9 = 81$



Lorg  $27 \times 6$

Cuir 6 fon àireimh 7

Lorg  $840 \times 9$

Cuir 9 fon àireimh 0

## Eacarsaich 1

1. **Ath-sgrìobh** iad seo is cuir crìoch orra:-

a	$\begin{array}{r} 32 \\ \times 6 \\ \hline \end{array}$	b	$\begin{array}{r} 51 \\ \times 3 \\ \hline \end{array}$	c	$\begin{array}{r} 63 \\ \times 7 \\ \hline \end{array}$	d	$\begin{array}{r} 52 \\ \times 4 \\ \hline \end{array}$
e	$\begin{array}{r} 45 \\ \times 5 \\ \hline \end{array}$	f	$\begin{array}{r} 99 \\ \times 2 \\ \hline \end{array}$	g	$\begin{array}{r} 48 \\ \times 8 \\ \hline \end{array}$	h	$\begin{array}{r} 63 \\ \times 9 \\ \hline \end{array}$

2. **Ath-sgrìobh** is crìochnaich:-

a	$\begin{array}{r} 230 \\ \times 8 \\ \hline \end{array}$	b	$\begin{array}{r} 160 \\ \times 6 \\ \hline \end{array}$	c	$\begin{array}{r} 530 \\ \times 4 \\ \hline \end{array}$	d	$\begin{array}{r} 890 \\ \times 2 \\ \hline \end{array}$
e	$\begin{array}{r} 370 \\ \times 3 \\ \hline \end{array}$	f	$\begin{array}{r} 650 \\ \times 7 \\ \hline \end{array}$	g	$\begin{array}{r} 240 \\ \times 9 \\ \hline \end{array}$	h	$\begin{array}{r} 720 \\ \times 5 \\ \hline \end{array}$

3. Ath-sgrìobh is freagair na ceistean seo san dòigh a rinn thu gu h-àrd:

a	$63 \times 7$	b	$74 \times 5$	c	$86 \times 4$	d	$15 \times 9$
e	$290 \times 6$	f	$130 \times 8$	g	$620 \times 3$	h	$780 \times 2$

4. a Dè chosgas **6** taidhrichean ma tha aon taidhr a' cosg £38?

b Tha 45 gramaichean de chuideam ann an aon phoca. Dè an cuideam a bhios ann an **8** pocannan?



Shiubhail nathair 72 cm ann am mionaid.

Aig an astar seo, dè cho fad 's a shiubhaileas i ann an **5** mionaidean?

d Tha botal beag a' gabhail 240 mililiotair. Cia mheud mililiotair a ghabhas **4** botail?



Tha stèisean-fànais a' cuairteachadh na gealaich gach 32 uair a thìde.

Dè cho fad 's a bheir e a' dol mun cuairt **9** tursan?



Ma tha thu **A' DÙBLACHADH** àireamh → iomadaich le 2.

dùblaich 7 →  $2 \times 7 = 14$       dùblaich 36 →  $2 \times 36 = 72$

Ma tha thu **A' TRÌOBLACHADH** àireamh → iomadaich le 3.

trìoblaich 6 →  $3 \times 6 = 18$       trìoblaich 19 →  $3 \times 19 = 57$

5. Freagair iad seo:-

- a dùblaich 9    b dùblaich 16    c dùblaich 25    d dùblaich 47?

6. Freagair iad seo:-

- a trìoblaich 7    b trìoblaich 10    c trìoblaich 20    d trìoblaich 39?

Anns a' ghèam seo feumaidh tu cearcaill a thilgeil airson duaisean a bhuannachadh.

Cearcall uaine - SINGILTE

Cearcall gorm - DÙBLAICHTE



Cearcall dearg - TRÌOBLAICHTE



7. a Dè an sgòr bhon chearcall uaine?  
 b Dè an sgòr bhon chearcall ghorm? (chan e 50!)  
 c Dè an sgòr bhon chearcall dhearg?  
 d Dè an sgòr **IOMLAN**?




8. Airson gach geama, sgrìobh an sgòr a fhuair gach cearcall, agus an uair sin an sgòr **IOMLAN**.




Seo na sgòran airson gèam dhartaichean:-

- 12 dùblaichte → sgòr  $2 \times 12 = 24$
- 18 trìoblaichte → sgòr  $3 \times 18 = 54$
- cearcall mun mheadhan → sgòr 25
- teis-meadhan → sgòr 50




9. a Sgrìobh sgòr gach tè de na 3 dartaichean.  
 b Dè an sgòr **IOMLAN**?

10. Dè na sgòran a fhuair iad seo?




Tòmas




Dòmhnall




Mòrag



Sìne



Alasdair



Ceit





## A' roinn le aon fhigear

A-rithist, bidh e feumail a bhith eòlach air clàran nan uireadan.



Lorg  $78 \div 3$

Lorg  $324 \div 6$



## Eacarsaich 2

1. **Ath-sgrìobh** agus cuir crìoch air:-

$$3 \overline{)54}$$

$$4 \overline{)92}$$

$$5 \overline{)75}$$

$$6 \overline{)84}$$

$$7 \overline{)91}$$

$$8 \overline{)96}$$

$$9 \overline{)99}$$

$$2 \overline{)94}$$

2. **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich:-

a  $4 \overline{)132}$

b  $6 \overline{)270}$

c  $5 \overline{)710}$

d  $7 \overline{)245}$

e  $9 \overline{)378}$

f  $8 \overline{)504}$

g  $3 \overline{)621}$

h  $2 \overline{)532}$

i  $6 \overline{)804}$

j  $7 \overline{)434}$

k  $5 \overline{)495}$

l  $4 \overline{)388}$

Tha diofar dhòighean air a' cheist seo a sgrìobhadh:- "roinn 87 le 3".

→ 87 air a roinn le 3

$$3 \overline{)87}$$

$$87 \div 3$$

cia mheud 3 a th' ann an 87

$$\frac{87}{3}$$

3. Sgrìobh na ceistean a leanas mar seo  $3 \overline{)87}$  agus lorg na freagairtean

a  $64 \div 4$

b  $6 \overline{)150}$

c  $\frac{95}{5}$

d 624 air a roinn le 2

e 98 air a roinn le 7

f  $276 \div 4$

g  $\frac{416}{8}$

h  $9 \overline{)504}$

i 543 air a roinn le 3

j 500 air a roinn le 4


k  $\frac{756}{6}$

l  $301 \div 7$

4. Seall d' obrachadh anns na ceistean a leanas:-

a Tha 4 ùbhlan a' cosg 92sg.

Dè tha 1 ubhal a' cosg?



b



Tha 186 cg ann an 6 baraillean ùbhlán.

Dè an cuideam a bhios ann an 1 bharaille?

c

Ruith Sìm 500 meatair ann an 85 diogan.

Dè cho fad 's a bheir e a' ruith 100 meatair aig an aon astar?



d

Dh'òl mi 3 cupannan tì.

Uile-gu-lèir dh'òl mi 192 mililotairean.

Cia mheud mililotaire a bh' ann an 1 chupa?



e

Tha 360 g ann an 8 pacaidean shiùcaran. Dè an cuideam a th' ann an 1 phacaid?

f



Tha 7 rannan ann an òran.

Tha an t-òran a' maireachdainn 378 diogan.

Cia mheud diog a bheir aon rann?

g


Nuair a thrìoblaicheas mi m' aois tha mi a' faighinn 129 bliadhnachan. Dè an aois a tha mi?

h

Nuair a dh'obraich Mgr Caimbeul air Latha na Nollaig bha am pàigheadh àbhaisteach aige dùblaichte.

Fhuair e £152 airson Latha na Nollaig.

Dè bhios e a' faighinn air latha àbhaisteach?



5. Is e aon dòigh air roinn le 6

=> roinn le 2 agus an uair sin roinn do fhreagairt le 3.

a Lorg  $288 \div 6 = \dots$

b A-nis lorg  $288 \div 2 = \dots$  agus an uair sin  $\dots \div 3 = \dots$

An d' fhuair thu an aon fhreagairt?

6. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch air:-

a "Airson roinn le 8, tha mi a' roinn le 2, an uair sin a' roinn le ....."

b "Airson roinn le 9, tha mi a' roinn le 3, an uair sin a' roinn le ....."

c "Airson roinn le 10, tha mi a' roinn le 2, an uair sin a' roinn le ....."

7. Lorg na freagairtean airson nan ceistean seo:-

a  $656 \div 8$  Roinn le 2, agus an uair sin roinn do fhreagairt le 4.

b  $756 \div 9$  Roinn le 3, agus an uair sin roinn do fhreagairt le 3.

c  $470 \div 10$  Roinn le 2, agus an uair sin roinn do fhreagairt le 5.

## Ag iomadachadh le 10

Tha e soirbh a bhith ag iomadachadh le 10

cuir 0 aig deireadh na h-àireimh.

Lorg  $61 \times 10$

Cuir 0 aig an deireadh

$$\begin{array}{r} 61 \\ \times 10 \\ \hline 610 \end{array}$$

Lorg  $81 \times 10$

Cuimhnich air 0

$$\begin{array}{r} 81 \\ \times 10 \\ \hline 810 \end{array}$$

Lorg  $112 \times 10$

$$112 \times 10 = 1120$$

## Eacarsaich 3

1. Ath-sgrìobh agus crìochnaich:-

a	$\begin{array}{r} 31 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$	b	$\begin{array}{r} 56 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$	c	$\begin{array}{r} 73 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$	d	$\begin{array}{r} 90 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$
e	$\begin{array}{r} 17 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$	f	$\begin{array}{r} 117 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$	g	$\begin{array}{r} 321 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$	h	$\begin{array}{r} 206 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$
i	$\begin{array}{r} 530 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$	j	$\begin{array}{r} 400 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$	k	$\begin{array}{r} 605 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$	l	$\begin{array}{r} 20 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$

2. Dèan iad seo **nad cheann** (sgrìobh an fhreagairt a-mhàin):-


- a  $42 \times 10$       b  $77 \times 10$       c  $10 \times 18$       d  $95 \times 10$   
e  $10 \times 213$       f  $185 \times 10$       g  $320 \times 10$       h  $10 \times 803$

3. a Tha aon CD a' cosg 47sg.  
Dè chosgas bogsa de **10** CDan?



b  Tha cuideam 375 g ann an 1 chrogan silidh.  
Dè an cuideam a bhios ann an **10** crogain?

c Tha **10** craobhan ann an aon sreath.  
Cia mheud craobh a tha ann an **52** sreathan?



d  Tha 520 mililiotair de shùgh ann an 1 phacaid.  
Cia mheud mililiotair a tha ann an **10** pacaidean?

4. Tha **10** milemeatairean ann an **1** cheudameatair.


Cia mheud milemeatair a tha ann an:-

- a 6 cm      b 18 cm      c 75 cm      d 120 cm      e 743 cm?

## A' roinn le 10

Ma tha thu airson àireamh a tha a' crìochnachadh le "0" a roinn le 10:-

thoir air falbh an 0 bho dheireadh na h-àireimh.



### Eacarsaich 4

1. Dèan copaidh agus crìochnaich:-

a	$10 \overline{)270}$	b	$10 \overline{)940}$	c	$10 \overline{)1620}$	d	$10 \overline{)800}$
e	$10 \overline{)300}$	f	$10 \overline{)5080}$	g	$10 \overline{)7200}$	h	$10 \overline{)6060}$
i	$10 \overline{)5000}$	j	$10 \overline{)8000}$	k	$10 \overline{)1000}$	l	$10 \overline{)1010}$

2. Dèan iad seo nad cheann (dìreach sgrìobh an fhreagairt):-

a	$640 \div 10$	b	$720 \div 10$	c	$1900 \div 10$	d	$10 \overline{)4200}$
e	$10 \overline{)6080}$	f	$5600 \div 10$	g	$10 \overline{)1760}$	h	$1000 \div 10$

3. Tha diofar dhòighean air "roinn le 10" a sgrìobhadh.

$390 \div 10$	"390 air a roinn le 10"	$10 \overline{)390}$	$\frac{390}{10}$
		$\frac{1}{10}$ de 390	

Lorg na freagairtean:-

a	$580 \div 10$	b	$\frac{1}{10}$ de 710	c	$\frac{950}{10}$	d	$10 \overline{)760}$
e	900 air a roinn le 10	f	$\frac{4080}{10}$	g	$\frac{1}{10}$ de 6000	h	$9050 \div 10$

4. Tha **10** millemeatairean ann an **1** cheudameatair.



Cia mheud ceudameatair a th' ann an:-

- a 40 mm      b 90 mm      c 160 mm      d 400 mm      e 720 mm?

5. a Tha Mòrag a' cur 180 ball ann am bogsaichean de **10**.

Cia mheud bogsa a dh'fheumas i?



b  Tha **640** craobh ann am pàirce.

Ma tha **10** craobhan anns gach sreath  
cia mheud sreath a th' innte?

c Aig partaidh, chaidh 300 suiteas a roinn eadar 10 dhaoine.

Cia mheud suiteas a fhuair gach neach?


d Tha Pòl agus 9 caraidean a' roinn 7000 mililotairean de shùgh eatarra.

Cia mheud mililotairean a gheibh gach duin' aca?

e Tha 320 slat fiodha ann am feansa.

Tha aon **deicheamh** den fheansa ga pheantadh donn.

Cia mheud slat fiodha a bhios donn?



6. Nuair a chaochail seanair Iain, dh' fhàg e deich mìle not.

Fhuair Iain aon **deicheamh** den t-suim seo.

Dè an t-airgead a fhuair Iain?



7.  Tha 400 galan uisge ann an tanca.

Tha baraille a' gabhail aon **deicheamh** den tanca.

Tha bucaid a' gabhail aon **deicheamh** de bharaille.

Cia mheud galan a ghabhas bucaid?

8. Tha 2000 marbal aig Calum.

Tha e gan roinn gu cothromach eadar **10 bogsaichean**.

a Cia mheud marbal a tha anns gach bogsa?

Thug Calum na marbalan à aon bhogsa agus roinn e  
iad gu cothromach eadar **10 bogsaichean**.

b Cia mheud marbal a bhios anns gach boga?

c Cia mheud boga a dh'fheumas Calum airson nam marbalan aige **air fad**?



## A' cruinneachadh (chun an 10 as fhaighe)

Coimhead air an loidhne-àireamhan.

Tha an t-saighead aig àireimh 27



- A bheil thu a' faicinn gu bheil 27 eadar 20 agus 30 ?
- A bheil thu a' faicinn gu bheil 27 nas fhaighe air 30 na 20 ?

Mar sin, tha " 27, air a chruinneachadh chun an 10 as fhaighe = 30

Cuimhnich: Mas e 1, 2, 3, 4 am figear mu dheireadh cruinnich **SÌOS**


Mas e 5,6,7,8,9 am figear mu dheireadh cruinnich **SUAS**



### Eacarsaich 5

1. Coimhead air an loidhne-àireamhan seo.


**Ath-sgrìobh** agus crìochnaich:-



- Tha 43 eadar 40 agus .....
- Tha 43 nas fhaighe air ..... na tha e air.....
- Tha 43 a' cruinneachadh gu ..... (chun an 10 as fhaighe)



2. **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich:-



- Tha 168 eadar 160 agus .....
- Tha 168 nas fhaighe air..... na tha e air..
- Tha 168 a' cruinneachadh gu .....  
(chun an 10 as fhaighe.)

3. Smaoinich air an àireimh 62.

**Ath-sgrìobh** agus crìochnaich:-

- Tha 62 eadar 60 agus .....
- Tha 62 nas fhaighe air ..... na tha e air .....
- Tha 62 a' cruinneachadh gu ..... (chun an 10 an fhaighe)



4. Cruinnich na h-àireamhan seo,  
(chun an 10 as fhaisge):-

- a Tha **86** eadar 80 agus ..... Tha e nas fhaisge air .....
- b Tha **122** eadar ..... agus 130 Tha e nas fhaisge air .....
- c Tha **257** eadar 250 agus ..... Tha e nas fhaisge air .....
- d Tha **607** eadar 600 agus ..... Tha e nas fhaisge air .....

Gabhaidh "Tha **72** a' cruinneachadh gu **70** chun an 10 as fhaisge" a sgrìobhadh mar

**72 → 70**

5. **Ath-sgrìobh** agus cruinnich chun an 10 as fhaisge:-

- a 46 → **50**      b 82 → .....      c 19 → .....      d 84 → .....
- e 146 → .....      f 181 → .....      g 219 → .....      h 424 → .....
- i 65 → .....      j 195 → .....      k 203 → .....      l 888 → .....

6. a Bha 137 sgoilearan aig dìosgo na sgoile.  
Cruinnich seo chun an **10** as fhaisge.



b  Tha 432 mìle eadar an taigh agam agus Lunnainn.  
Cruinnich seo chun an **10** as fhaisge.

c Tha faid 196 cm nam leabaidh.  
Cruinnich seo chun an **10** as fhaisge.



d  Tha 154 punnd de chuideam ann an athair Lusaidh.  
Cruinnich seo chun an **10** as fhaisge.

e Bhuannaich Murchadh 476 dolairean ann an crannchur.  
Cruinnich seo chun an **10** as fhaisge.



## A' tuairmseachadh (le cruinneachadh)

A' cruinneachadh chun an 10 as fhaisge airson tuairmseachadh.

**Eisimpleir 1**

faisg air

$$137 + 59$$

$$140 + 60$$

$$= 200 \text{ (tuairmse)}$$

**Eisimpleir 2**

faisg air

$$273 - 127$$

$$270 - 130$$

$$= 140 \text{ (tuairmse)}$$

## Eacarsaich 6

1. **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich:-

$58 + 77$ faisg air $60 + 80$ = .....	$94 + 86$ faisg air $90 + \dots$ = .....	$36 + 68$ faisg air $\dots + 70$ = .....	$137 + 264$ faisg air $\dots + \dots$ = .....
$131 - 88$ faisg air $130 - \dots$ = .....	$197 - 133$ faisg air $200 - \dots$ = .....	$262 - 188$ faisg air $\dots - \dots$ = .....	$493 - 416$ faisg air $\dots - \dots$ = .....
$674 + 188$ faisg air $\dots + \dots$ = .....	$503 - 438$ faisg air $\dots - \dots$ = .....	$819 + 263$ faisg air $\dots + \dots$ = .....	$996 - 599$ faisg air $\dots - \dots$ = .....

2. **Thoir tuairmse orra seo** (nad cheann):-

- |             |              |              |               |
|-------------|--------------|--------------|---------------|
| a $49 + 33$ | b $67 + 89$  | c $63 + 29$  | d $121 + 101$ |
| e $83 - 59$ | f $154 - 27$ | g $262 - 98$ | h $673 - 469$ |

3. Bha 751 stampaichean aig Màiri.  
Reic i 199 stampaichean.

**Thoir tuairmse** air na tha aice air fhàgail.



## A' cleachdadh àireamhair (Faodaidh tu àireamhair a chleachdadh!)



Airson gach ceist, smaoinich a bheil thu a' cur-ris, a' toirt-air-falbh, ag iomadachadh, no a' roinn. Feuch gun tagh thu an dòigh cheart.

### Eisimpleir 1

Tha 196 cairtean aig Iain.  
Tha 187 cairtean aig Colla.

Cia-mheud cairt a tha aca uile-gu-lèir?

→ cuir-ris (196 + 187)

⇒ 196 + 187 = 383 cairtean

### Eisimpleir 2

Tha aon CD a' cosg £17.

Dè chosgas 12 CD?

→ iomadaich (12 × £17)

⇒ 12 × £17 = £204



## Eacarsaich 7

Airson gach ceist a fhreagairt, tagh fear dhiubh seo: +, -, ×, no ÷.

Sgrìobh d' obrachadh gach turas.

1. Chaidh Sìne don bhùth le £150.

Chosg i £117.

Dè bh' aice air fhàgail?



2.



Chaidh Hannah air turas-sgoile

còmhla ri 26 sgoilearan.

Chosg an turas £185 airson gach duine.

Dè chosg an turas uile-gu-lèir?

3. Bha 23 fireannaich, 37 boireannaich,

116 gillean agus 138 nigheanan air turas sgoil-shàbaid.

Cia mheud a bha air an turas uile-gu-lèir?



4. Bhuannaich Màiri, Sù, Anna agus Ceit **£976 an urra** ann an crannchur.

Dè bhuannaich iad **uile-gu-lèir**?




5.




Bha **750 cg** de chuideam ann an truga fhalamh. Chaidh **8** bogsaichean a chur innte. Bha **175 cg** de chuideam anns gach bogsa. Obraich a-mach an cuideam **iomlan**.

6. Bha faid **525 cm** ann am feansa. Ann an stoirm thuit **187 cm** den fheansa. Dè an fhaid a dh'fhuirich na seasamh?



7. Chaidh **512** mililotairean de lionn a dhòrtadh gu cothromach ann an **16** siugaichean.

Cia mheud mililotaire a bha anns gach siuga?



8.



Choisich Iain bhon taigh don sgoil. An uair sin choisich e bhon sgoil don bhùth. Ghabh e an rathad eile dhachaigh.


Dè cho fad 's a choisich e gu lèir?

9. Rinn Pam briosaidean airson Fèill na Sgoile. Tha **12** briosgaid air gach treidhe.

Cia mheud treidhe a dh'fheumas i airson **720** briosgaid?



10.



Bha plèana Thòmais ag itealaich aig àirde **338** meatairean.

Gu h-obann thuit am plèana gu àirde **97** meatairean.

Cia mheud meatair a thuit am plèana?

11. Bhuannaich **23** daoine an Crannchur Nàiseanta eatarra. Fhuair gach duine **£475**.  
Dè bhuannaich iad uile-gu-lèir ?



12.



Bha fear na bùtha a' cunntadh airgead na bùtha.

Bha seachd-deug bileagan **£50** aige, trithead 's a còig bileagan **£20**, ochdad 's a seachd bileagan **£10** agus ceathrad 's a còig bileagan **£5**.


Dè an t-airgead a bha aige uile-gu-lèir ?

13. Tha 365 latha ann am bliadhna.  
Tha Marc **12** bliadhna a dh'aois.

Cia mheud latha a tha Marc air a bhith beò.  
(Na cunnt bliadhnachan-leim) ?



14.



Tha **12** cèic ann am bogsa.

S e **4000** gram an cuideam uile-gu-lèir.

Tha **880** gram anns a' bhogsa fhalamh.

- a Dè an cuideam a tha anns na cèicichean?  
b Dè an cuideam a tha ann an **1** chèic?

15. Tha Eilidh a' cluich na pìoba airson **12 mionaid** a h-uile latha.

- a Cia mheud mionaid a bhios i a' cluich gach **seachdain**?  
b Cia mheud mionaid a bhios i a' cluich san **t-Samhain**?  
c Cia mheud mionaid a bhios i a' cluich ann am **bliadhna**? (365 latha)



16. Tha 150 mililiotair de shùgh ann an cartan.  
Tha cartanan air an cur ann am **pacaidean** de 8.  
Tha naoi pacaidean ann am **bogsa**.

Cia mheud **mililiotair** a th' ann am bogsa?



17. Cia mheud **mionaid** a tha annta seo:-

- a Am Faoilleach    b An Giblean    c An t-Ògmhios, An t-Iuchar agus An Lùnastal uile-gu-lèir?

# Geàrr-chunntas



Gu Ceist 16

1. Ath-sgrìobh agus crìochnaich :-

a 
$$\begin{array}{r} 21 \\ \times 6 \\ \hline \end{array}$$

b 
$$\begin{array}{r} 45 \\ \times 7 \\ \hline \end{array}$$

c 
$$\begin{array}{r} 28 \\ \times 9 \\ \hline \end{array}$$

d 
$$\begin{array}{r} 34 \\ \times 8 \\ \hline \end{array}$$

e 
$$\begin{array}{r} 140 \\ \times 8 \\ \hline \end{array}$$

f 
$$\begin{array}{r} 270 \\ \times 6 \\ \hline \end{array}$$

g 
$$\begin{array}{r} 310 \\ \times 9 \\ \hline \end{array}$$

h 
$$\begin{array}{r} 560 \\ \times 7 \\ \hline \end{array}$$


i  $72 \times 6$

j  $87 \times 4$

k  $64 \times 3$

l  $270 \times 5$

2. Dè chosgas 6 sèithrichean ma tha 1 a' cosg £39?



3. Dèan seo:-

a **dùblaich** 7   b **dùblaich** 36   c **trìoblaich** 30   d **trìoblaich** 28 ?

4. Aig an fhèill:-

Cearcall uaine - SINGILTE

Cearcall gorm - DÙBLAICHTE

Cearcall dearg - TRÌOBLAICHTE

a Sgrìobh an sgòr airson gach cearcaill.

b Lorg an sgòr **iomlan**.



5. Ath-sgrìobh agus lorg na freagairtean:-

a 
$$\begin{array}{r} 3 \overline{)48} \end{array}$$

b 
$$\begin{array}{r} 4 \overline{)76} \end{array}$$

c 
$$\begin{array}{r} 5 \overline{)540} \end{array}$$

d 
$$\begin{array}{r} 6 \overline{)810} \end{array}$$

e 
$$\begin{array}{r} 7 \overline{)91} \end{array}$$

f 
$$\begin{array}{r} 8 \overline{)936} \end{array}$$

g 
$$\begin{array}{r} 9 \overline{)927} \end{array}$$

h 
$$\begin{array}{r} 7 \overline{)903} \end{array}$$

i  $96 \div 6$

j  $819$  air a roinn le  $9$

k  $405 \div 5$

l  $104$  air a roinn le  $8$

6.  Tha 7 bananathan a' cosg 98 sg.  
Dè tha **aon** bhanana a' cosg?

7. Tha 8 taidhrichean a' cosg £512 uile-gu-lèir.  
Dè tha **aon** taidhr a' cosg?

8. Freagair iad seo:-



- a  $424 \div 8$  Roinn le 2, an uair sin roinn do fhreagairt le 4.  
b  $648 \div 9$  Roinn le 3, an uair sin roinn do fhreagairt le 3.

9. Sgrìobh freagairtean nan ceistean seo:-

- a  $21 \times 10$       b  $354 \times 10$       c  $500 \times 10$       d  $999 \times 10$   
e  $320 \div 10$       f  $1700 \div 10$       g  $7840 \div 10$       h  $9000 \div 10$




10. Tha cèisean-litreach gan reic ann am bogsaichean de 520 . Tha oifis a' ceannach 10 bogsaichean. Cia mheud cèis-litreach a tha seo?

11. Tha 10 milemeatairean ann an 1 cheudameatair.

Cia mheud milemeatair a tha ann an:-

- a 3 cm      b 47 cm      c 800 cm      d 584 cm ?

12.  Tha 150 ugh ann am bùth.  
Tha 10 uighean ann an aon bhogsa.  
Cia mheud bogsa a tha anns a' bhùth?

13. Tha 300 meal-bhuc ann an ciste.  
Tha an **deicheamh** cuid dhiubh ann am bogsa.  
Tha an **deicheamh** cuid dhiubh seo ann am бага.  
Cia mheud meal-bhuc a tha anns a' bhaga?



14. Cruinnich na h-àireamhan seo chun an **10** as fhaisge:-

- a 14      b 69      c 563      d 855.

15. Cruinnich na h-àireamhan seo chun an **10** as fhaisge agus an uair sin freagair na ceistean:-

- a  $67 + 31$       b  $59 - 38$       c  $829 + 111$       d  $998 - 399$ .

Faodaidh tu àireamhair a chleachdadh airson nan còig ceistean mu dheireadh



16. Cheannaich Pòl uidheam DVD/bhidio a chosg £137.

Phàigh e le dà bhileig £100.

Dè an iomlaid a fhuair e?



17.



Chaidh dràibhear bus agus 18 seann daoine a-steach don taigh-dhealbh.

Chosg an turas £57 agus chaidh seo a roinn gu cothromach eadar a h-uile duine.

Dè phàigh dràibhear a' bhus?


18. Cheannaich Dana:-

5 burgairean a chosg 99sg am fear

6 deochan cola a chosg 48sg an tè

8 pìosan pizza a chosg 65sg am fear.

Dè chosg seo **uile-gu-lèir**?



19. Tha 6300 mililiotair de shùgh ann am frids.

Tha seachd pacaidean sùgh anns a' frids.

Tha sia cartanan anns gach pacaid.

Cia mheud mililiotair a tha ann an aon **chartan** sùgh?



20.



Tha botal a' gabhail 125 mililiotairean de shòda.

Tha 12 botal ann an aon bhogsa.

Tha 6 bogsaichean ann an cèis.

Tha 10 cèisean ann an creat.

Cia mheud mililiotair de shòda a tha ann an creat làn?

# Caibideil 6

Na cleachd àireamhair anns a' chaibideil seo, mura tèid iarraidh ort.



## Stràcan agus clàran-triceid

Tha e nas fhasa fiosrachadh a lorg ma chuireas tu àireamhan ann an clàr no ann an graf.

Eisimpleir:

Chaidh fhaighneachd do chlàinn càit am bu toil leotha a dhol air saor-làithean.

Chì thu na freagairtean aca anns a' chlàr.

Cuir am fiosrachadh ann an clàr-triceid:

S.A.	An Spàinn	An Eadailt	R.A.
An Eadailt	An Spàinn	An Spàinn	An Spàinn
An Fhraing	An Eadailt	An Fhraing	An Fhraing
An Spàinn	An Fhraing	S.A.	R.A.
R.A.	R.A.	An Eadailt	An Fhraing
An Spàinn	An Spàinn	R.A.	R.A.

Àite	Stràcan	Àireamh
S.A.		2
An Eadailt		4
An Fhraing	++++	5
An Spàinn	++++	7
R.A.	++++	6



Thagh 2 chloinne na S.A.

Thagh 4 chloinne An Eadailt.

Thagh 5 chloinne An Fhraing.

Tha na stràcan ann am buidhnean de 5. (Tha seo gam fàgail nas fhasa an cunntadh).

## Eacarsaich 1

1. Coimhead air a' chlàr-triceid gu h-àrd.
  - a Cia mheud sgoilear a thagh an Spàinn?
  - b Cia mheud sgoilear a thagh an R.A.?
  - c Cia mheud a bharrachd a thagh an Spàinn seach na S.A.?
  - d Cia mheud sgoilear a fhreagair uile-gu-lèir?



2. Cleachd stràcan an àite nan àireamhan seo.

Cuir iad ann am buidhnean de 5:- (III I) a' ciallachadh 6.

- a 7                      b 5                      c 4                      d 8  
 e 9                      f 10                      g 12                      h 17.

3. Seo na deochan as fheàrr le sgoilearan.

Còla	Irn Bru	Còla	Liomaid
Orains	Irn Bru	Irn Bru	Irn Bru
Uisge	Còla	Orains	Orains
Liomaid	Orains	Uisge	Irn Bru
Irn Bru	Liomaid	Còla	Orains
Irn Bru	Irn Bru	Liomaid	Liomaid
Uisge	Irn Bru	Liomaid	Irn Bru



- a **Dèan copaidh** agus crìochnaich:-  
 b Cia mheud sgoilear a thagh orains?  
 c Dè an deoch a bu trice a thagh daoine?  
 d Cia mheud sgoilear a bharrachd a thagh Irn Bru seach Còla?  
 e Cia mheud sgoilear a ghabh pàirt?

Deoch	Stràcan	Àireamh
Còla		
Orains		
Uisge		
Irn Bru		
Liomaid		

4. A h-uile bliadhna tha tidsearan a bhòtadh airson a' chlas as modhaile sa bhun-sgoil.

P1	P4	P7	P5	P2	P4	P4	P5
P5	P6	P2	P6	P5	P7	P5	P5
P5	P5	P7	P2	P4	P4	P5	P5



- a **Dèan copaidh** agus crìochnaich an clàr:-  
 b Cia mheud tidsear a bhòt airson:-  
 i P2                      ii P3                      iii P4 ?  
 c Dè an clas a bu mhodhaile?  
 d Cia mheud tidsear a bhòt uile-gu-lèir?

Clas	Stràcan	Àireamh
P1		
P2		

5. Thagh sgoilearan an ràith as fheàrr leotha.

Geamhradh	Samhradh	Earrach	Samhradh	Earrach
Earrach	Geamhradh	Samhradh	Earrach	Earrach
Samhradh	Samhradh	Earrach	Samhradh	Samhradh
Foghar	Samhradh	Geamhradh	Samhradh	Samhradh
Geamhradh	Samhradh	Samhradh	Samhradh	Foghar
Samhradh	Earrach	Samhradh	Geamhradh	Samhradh

- Dèan clàr-triceid a sheallas am fiosrachadh seo.
- Cia mheud a thagh Earrach a bharrachd air na thagh Foghar?
- Dè an ràith a bu trice a thagh daoine?



6. Seo na h-àireamhan a tha ann an clasaichean ann an sgoil àraid.

20	18	23	23	20	25
19	20	19	21	23	18
18	22	23	23	18	18
20	22	23	23	23	20



- Dèan copaidh agus cuir crìoch air a' chlàr.
- Cia mheud clas a th' anns an sgoil?
- Cleachd àireamhair gus faicinn cia mheud sgoilear a th' anns an sgoil.

Sgoilearan	Stràcan	Àireamh
18		
19		

7. Chaidh trithead 's a sia pacaidean shiùcaran fhosgladh.

Seo na h-àireamhan bh' anns gach pacaid.

8	10	7	12	11	9	8	9	9	10	11	10
9	10	11	10	11	8	10	10	11	12	8	10
12	10	11	9	11	11	10	11	10	9	8	7



Dèan clàr-triceid gus am fiosrachadh seo a shealltainn.

- Dèan rannsachadh a' cleachdadh fichead ded charaidean. Dè an rannsachadh a tha thu a' dol a dhèanamh? (tagh fhèin cuspair!)  
Dèan clàr-triceid gus am fiosrachadh a shealltainn.

## Clàran-dhealbhan

Is urrainn dhuinn sèorsa de ghraf a dhèanamh a' cleachdadh dhealbhan. (clàr-dhealbhan). Feumaidh iuchair a bhith aig gach graf.

Eisimpleir

Tha an clàr-dhealbhan seo a' sealltainn cia mheud sgoilear ann an clas 3 a chaidh don chafaidh tron t-seachdain.

Tha an iuchair a' sealltainn gu bheil gach dealbh a' ciallachadh 2 chloinne.

Iuchair:  = 2 chloinne

Dil	
Dim	
Dic	
Diar	
Dih	



Diluain chaidh 6 ann. (CHAN E 3)

Dimàirt chaidh 9 ann. (A bheil thu a' faicinn carson is e 9 an fhreagairt?)

## Eacarsaich 2

- Coimhead air a' chlàr-dhealbhan gu h-àrd.
  - Cia mheud sgoilear a chaidh don chafaidh:
    - Diciadain
    - Diardaoin
    - Dihaoine?
  - Cia mheud sgoilear a bha ann uile-gu-lèir?



- Tha an clàr-dhealbhan seo a' sealltainn cia mheud neach a bha a' feitheamh bus.

Iuchair:  = 2 dhaoine

Cia mheud a bha a' feitheamh bus aig:-

- 1 f
- 2 f
- 3 f
- 4 f
- 5 f?

1 f	
2 f	
3 f	
4 f	
5 f	



3. Tha an clàr-dhealbh a' sealltainn an àireamh thadhal a chuir sgioba gach mìos.

Lùn	
Sult	
Dàmh	
Samh	
Dùbh	

Iuchair: 4 tadhail.



- Cia mheud thadhal a chuir an sgioba gach mìos?
- Dè a' mhìos a **bu mhiosa**?
- Cia mheud thadhal a chuir an sgioba uile-gu-lèir?

4. Tha an clàr-dhealban seo ag innse cia mheud a ghabh pàirt ann an co-fharpaisean air làtha spòrs.

Iuchar: = 5 dhaoine

- Coimhead air an iuchair. Cia mheud neach a tha an dealbh seo a' riochdachadh?
- Sgrìobh an àireamh a ghabh pàirt anns gach co-fharpais air leth.
- Cia mheud a ghabh pàirt ann an co-fharpais leum?
- Cia mheud a ghabh pàirt uile-gu-lèir?

Leum Àrd	
Leum Fhada	
100 m	
200 m	
800 m	

5. Tha an clàr seo a' sealltainn cia mheud a ghabh pàirt an-uiridh.

Leum Àrd	Leum Fhada	100 m	200 m	800 m
5	10	25	24	16




Dèan clàr-dhealbhan a' sealltainn an fhiosrachaidh seo. (Cleachd an **aon iuchair** 's a tha ann an ceist 4).

## Grafaichean-cholbhan

Tha graf-cholbhan coltach ri clàr-dhealbhan ach gu bheil **colbhan** ann an àite **dhealbhan**.

Feumaidh tu na h-àireamhan air na loidhnichean a leughadh airson obrachadh a-mach dè an àireamh a th' anns gach colbh.

Eisimpleir: Peataichean clas 5



Tha **10 luchain** aig clas 5

Tha **6 nathraichean** aig clas 5

## Eacarsaich 3


1. Coimhead air a' ghraf-cholbhan gu h-àrd.

- Cia mheud **cat** a th' aig clas 5?
- Cia mheud **iasg** a th' aig clas 5?
- Cia mheud **cù** a th' aig clas 5?
- Cia mheud peata a th' aig clas 5 **uile-gu-lèir**?



2. Tha an **graf-cholbhan** seo a' sealltainn cia mheud peata a th' aig clas 7.

- Sgrìobh cia mheud a th' aca de gach seòrsa peata.
- Cia mheud peata a th' aig clas seachd **uile-gu-lèir**?




3. Tha an graf-cholbhan seo a' sealltainn cia mheud **botal sùgh** a chaidh a reic.

a Cia mheud botal **liomaid** a chaidh a reic?  
(CHAN E 4)

b Sgrìobh cia mheud botal de **gach seòrsa** a chaidh a reic.

c Cia mheud botal **Irn Bru** a chaidh a reic a bharrachd air na chaidh a reic de **orains**?


d Cia mheud botal a chaidh a reic **uile-gu-lèir**?



Tha a' mhòr-chuid de ghrafaichean-cholbhan a' dol suas (bheartagail)

4. Tha an graf seo a' sealltainn cia mheud pacaidean chriospaichean a chaidh a reic aon latha.

A bheil thu a' faicinn gun deach 6 pacaidean den bhlas shalainn a reic?



a Cia mheud de na blasan seo a chaidh a reic?  
i Càise      ii Hama  
iii Cearc      iv Uinnean.

b Cia mheud den bhlas càise a chaidh a reic a bharrachd air na chaidh a reic den bhlas hama?


c Cia mheud pacaidean a chaidh a reic **uile-gu-lèir**?



5. Tha an graf-cholbhan a' sealltainn cia mheud a ghabh pàirt ann an co-fharpaisean spòrs.

a Cia mheud a ghabh pàirt anns **gach** co-fharpais air leth?


b Cia mheud a ghabh pàirt **uile-gu-lèir**?



6. Seo na dathan as fheàrr le sgoilearan.

Coimhead air a' ghraf-cholbhan.


- a Sgrìobh cia mheud sgoilear a thagh gach dath air leth.  
b Cia mheud sgoilear a bh' ann uile-gu-lèir?



7. Seo na spòrsan telebhisein as fheàrr le sgoilearan.

Coimhead air a' chlàr.

Teanas	- 8
Ball-coise	- 14
Goilf	- 10
Snucair	- 2
Dartaichean	- 4



Dèan copaidh agus cuir crìoch air a' ghraf-cholbhan, a' cleachdadh a' chlàir gu h-àrd.

8. Seo na làithean sgoile as fheàrr le buidheann chloinne. Coimhead air a' chlàr. Dèan graf-cholbhan a' sealltainn an fhiosrachaidh seo. Cuimhnich tiotalan a chleachdadh.

Diluain	- 10
Dimàirt	- 2
Diciadain	- 6
Diardaoin	- 11
Dihaoine	- 13

9. Seo na reòiteagan as fheàrr le daoine.

Vanilla	- 16	Teòclaid	- 20	Tofaidh	- 4
Dearcan	- 28	Meannt	- 12	Cofaidh	- 10

Dèan graf-cholbhan a' sealltainn an fhiosrachaidh seo.



10. Dèan rannsachadh dhut fhèin. Seall am fiosrachadh agad ann an graf-cholbhan.

## A' leughadh chlàran

### Eacarsaich 4



1. Seo na mìltean a rinn Murchadh air baidhc fad 5 lathaichean.

- Cia mheud mìle a shiubhail e **Diluain**?
- Dè an t-astar a shiubhail Murchadh:-
  - Dimàirt**
  - Diciadain**
  - Diardaoin**?
- Cia mheud mìle a shiubhail e **uile-gu-lèir**?

Latha	Miltean
<b>Diluain</b>	7
<b>Dimàirt</b>	6
<b>Diciadain</b>	4
<b>Diardaoin</b>	10
<b>Dihaoine</b>	3

2. Ghabh Mgr Todd agus a bhean biadh ann an taigh-bidhe.

Coimhead air a' chlàr.

- Dè ghabh a' Bh-ph Todd an **toiseach**?
- Dè ghabh Mgr Todd airson a **phrìomh-chùrsa**?



### A FEAST OF DELIGHTS

	An toiseach	Prìomh	Milsean
Mgr T	Muasgain-chaola	Staoig	Uachdar-reòta
A' Bh-ph T	Brot	Iasg	Cèic

- Sgrìobh **am mìlsean** a ghabh gach duine.

3. Tha Murchadh a' fàgail dà sheòrsa pàipear-naidheachd aig taighean dhaoine.

Coimhead air a' chlàr.

	Dih	Dis	Did
<b>An-diugh</b>	15	17	22
<b>An Latha</b>	18	24	24

- Cia mheud **An-diugh** a dh' fhàg Murchadh aig taighean dhaoine:-
  - Dihaoine
  - Disathairne
  - Didòmhnaich?
- Cia mheud **An Latha** a dh' fhàg e gach latha?
- Cia mheud pàipear-naidheachd a dh' fhàg e Dihaoine?
- Cia mheud pàipear-naidheachd a dh' fhàg Murchadh:-
  - Disathairne
  - Didòmhnaich
  - uile-gu-lèir?



4. Seo clàr-ama spòrs na sgoile

- a Cuin a bhios a' cho-fharpais **Sleagh** a' toiseachadh?
- b Càite am bi **lùth-chleasachd** a' tachairt?
- c Dè tha a' tachairt aig **a' phàirce-spòrs** aig 2.30 f?
- d Cuin agus càit am bi an rèis **100 m** a' tachairt?

Àm tòiseachaidh	Co-fharpais	Càite
1f	rèis 100 m	A' phairce-spòrs
1.30f	Sleagh	Pàirce ball-coise
2f	lùth-chleasachd	An Talla
2.30f	rèis 200 m	A' phairce-spòrs



5. Tha an clàr ag innse dè na filmichean a tha anns an taigh-dhealbh.

Ann an Stiùidio 2 aig 9 f chì thu Batgirl.

- a Dè am film a chì thu ann an:-
  - i **Stiùidio 1** aig 5 f
  - ii **Stiùidio 3** aig 7 f
  - iii **Stiùidio 2** aig 5 f.

	5f	7f	9f
<b>Stiùidio 1</b>	Catlady	Batgirl	Supermum
<b>Stiùidio 2</b>	Catlady	Supermum	Batgirl
<b>Stiùidio 3</b>	Batgirl	Catlady	Batgirl



- b Sgrìobh cuin agus càit am faic daoine **Supermum**?

6. Tha an clàr a' sealltainn prìsean làithean-saora.

- a Dè chosgadh e a dhol gu :-
  - i **Majorca** airson 2 sheachdain
  - ii **Zante** airson 3 seachdainean
  - iii **Tenerife** airson 4 seachdainean

Àireamh sheachdainean

	1	2	3	4
<b>Majorca</b>	£200	£250	£275	£300
<b>Tenerife</b>	£225	£325	£350	£400
<b>Zante</b>	£240	£290	£390	£450

- b Chosg Màiri £290 air làithean-saora.

**Càit** an deach Màiri agus **dè cho fad 's a bha i ann?**

- c Chaidh Seoc agus Sìne gu Majorca airson seachdain.  
Dè chosg seo dhaibh uile-gu-lèir?



# Geàrr-chunntas

1. Chaidh faighneachd do bhuidheann chloinne -

"Dè an obair a bu toil leat a dhèanamh nuair a dh' fhàsas tu mòr?"



Modail	Tidsear	Dealbhadair	Dràibhear Bus	Tidsear
Tidsear	Dealbhadair	Neach-lagha	Modail	Modail
Modail	Tidsear	Tidsear	Tidsear	Modail
Tidsear	Dràibhear Bus	Draibhear Bus	Tidsear	Dràibhear Bus
Tidsear	Modail	Neach-lagha	Neach-lagha	Dràibhear Bus
Modail	Tidsear	Neach-lagha	Tidsear	Neach-lagha



- Dèan copaidh agus cuir crìoch air a' chlàr-triceid.
- Cia mheud a thagh Dràibhear Bus?
- Dè an obair a thagh an àireamh as lugha?
- Cia mheud a bharrachd a thagh obair tidseir seach obair modail?

Obair	Stràcan	Àireamh
Modail		
Tidsear		
Dealbhadair		
Dràibhear Bus		
Neach-lagha		

2. Tha an clàr-dhealbhan a' sealltainn freagairtean na ceist -  
"Dè am biadh as fheàrr leat?"

Iuchair: = 8 dhaoine

- Dè am biadh a thagh an àireamh as motha?
- Sgrìobh an àireamh a thagh biadh:-
  - Sìonach
  - Innseanach
  - Eadailteach
  - Frangach
  - Breatannach
- Cia mheud a bharrachd a thagh biadh Frangach seach biadh Eadailteach?
- Cia mheud a ghabh pàirt anns an rannsachadh seo?

Sìonach	
Innseanach	
Eadailteach	
Frangach	
Breatannach	

3. Tha an clàr seo ag innse dè na measan as fheàrr le clas 5.

Peur	Sùbh-làir	Ubhal	Orainsear	Dearcan
8	6	10	1	5




Dèan clàr-dhealbhan a' sealltainn an fhiosrachaidh seo. Cleachd iuchair.


4. Thagh clann an deoch a b' fheàrr leotha.  
Chì thu na freagairtean aca anns a' ghraf-cholbhan seo.

a Cia mheud a thagh:-

- i còla
  - ii ubhal
  - iii liomaid?
- b Cia mheud a bharrachd a thagh orains seach peur?
- c Cia mheud a ghabh pàirt anns an rannsachadh seo?



5. Tha an clàr a' sealltainn an seòrsa aodaich spòrs as fheàrr le daoine



Nocku	Nocku	Kappi	Speedo	Adiddo	Kappi	Kappi
Speedo	Nocku	Adiddo	Ombra	Nocku	Nocku	Nocku
Adiddo	Kappi	Adiddo	Speedo	Ombra	Nocku	Nocku
Kappi	Adiddo	Kappi	Ombra	Nocku	Nocku	Kappi

Dèan graf-cholbhan gus am fiosrachadh seo a shealltainn.

(Cleachd stràcan-triceid).

(Cleachd an aon sgèile ri Ceist 4 - cuimhnich air tiotalan.)

6. Seo prìsean taigh-dhealbh.

a Dè chosgadh e airson:-

- i inbheach anns na stàilean Diluain?
- ii leanabh sa chearcall Disathairne?
- iii Dithis inbheach sa chearcall àrd Dihaoine?

b Chaidh Mgr Percy agus a mhac don taigh-dhealbh. Chosg seo £15.

Saoil dè na làithean a dh'fhaodadh iad a bhith air a dhol ann agus càit am biodh iad air suidhe san taigh-dhealbh?




	Dil - Diar		Dih - Did	
	Inbich	Clann	Inbich	Clann
<b>Stàilean</b>	£8	£4	£10	£5
<b>Cearcall</b>	£7	£3	£8	£4
<b>Cearcall àrd</b>	£6	£2	£7	£3

Innealan-àireamhan

Tha inneal-àireamhan a' cleachdadh riaghailt airson àireamh atharrachadh gu àireimh eile.

Eisimpleir : Tha an t-inneal-àireamhan seo a' toirt **A-STEACH** àireamh, ga dùblachadh agus ga cur **A-MACH** air an taobh eile.





Eacarsaich 1

1. Dè an àireamh a thig **A-MACH** as na h-innealan-àireamhan seo:-













2. Tha na h-innealan-àireamhan seo a' cur-ris 3.

Dè an àireamh a thig **A-MACH** gach turas:-



3. Dè an àireamh a thig **A-MACH** gach turas:-



4. Coimhead air an inneal-àireamhan seo.

Dè an àireamh a thig **A-MACH** nuair a chuireas tu **A-STEACH**:-



- a 1      b 12      c 50      d 115      e 995 ?


5. Rinn Lusaidh an t-inneal-àireamhan seo.

(Leugh a' cheist gu faiceallach).


Dè na h-àireamhan a tha Lusaidh a' cur **A-STEACH** gus an tig na h-àireamhan seo **A-MACH**:-




- a 6 (chan e 8 an fhreagairt)  
b 7      c 12      d 50 ?



6. Coimhead air na h-innealan gu h-ìosal.




- a Dè an àireamh a thig **a-mach** nuair a thèid 7 a chur **a-steach** do inneal B?
- b Dè thig **A-MACH** nuair a thèid na h-àireamhan seo **A-STEACH**:-
  - i 5 a-steach do inneal A
  - ii 9 a-steach do inneal B
  - iii 0 a-steach do inneal B
  - iv 54 a-steach do inneal A ?
- c Dè an àireamh a chaidh **A-STEACH** ma thàinig iad seo **A-MACH**:-
  - i 20 a-mach à inneal A
  - ii 12 a-mach à inneal B
  - iii 45 a-mach à inneal B
  - iv 107 a-mach à inneal A ?



7. Tha àireamh a dhìth anns an inneal seo. Dè th' ann?

8. Sgrìobh an àireamh a tha a dhìth gach turas:-



9. Coimhead air cosgais nan siùcaran.




siùcaran	cosgais (sg)
1	9sg
2	....sg
3	....sg
4	....sg
5	....sg
6	....sg

a **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich an clàr.

b **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich an t-inneal-àireamhan airson àireamh nan siùcaran agus a' chosgais.


c Cleachd an t-inneal-àireamhan gus cosgais **12 siùcar** a lorg.



10. Fhuair gach sgoilear 4 peansailean.


a **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich an clàr:-

Àireamh sgoilearan	1	2	3	4	5	6
Àireamh pheansailean	4	8	...	...	...	...



b **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich an t-inneal-àireamhan gus an toir e dhut an àireamh pheansailean nuair a tha an àireamh sgoilearan agad.

c Cleachd an t-inneal-àireamhan agad gus an àireamh pheansailean fhaighinn airson **30 sgoilear**.



àireamh sgoilearan

11. Tha cèic a' cosg £2.50.

a Dean **inneal-àireamhan** mar a rinn thu ann an 10 gus cosgais àireamh chèicichean fhaighinn..

b Cleachd an t-inneal-àireamhan airson cosgais:-  
i 4 cèicichean      ii 10 cèicichean.




£2.50

## Innealan-àireamhan-ceangailte

Tha co-dhiù dà phàirt ann an innealan-àireamhan-ceangailte.

Eisimpleir:



Chuir Sìne 5 **A-STEACH** don inneal. Thàinig 13 **A-MACH**.  
Chuir i 7 **A-STEACH**. Thàinig 17 **A-MACH**.



## Eacarsaich 2


1. Seall air an inneal-àireamhan **gu h-àrd**.

Dè an àireamh a thig **A-MACH** ma chuireas Sìne **A-STEACH** :-

a 6      b 10      c 1      d 12      e 0?



2. Coimhead air an inneal seo.




Dè an àireamh a thig **A-MACH** nuair a chuireas sinn **A-STEACH**:-


a 2      b 5      c 7      d 20      e 0?


3. Sgrìobh an àireamh a thig **A-MACH** gach turas:-

a




b






4. Coimhead air an dà inneal gu h-ìosal.

Inneal A .....




Inneal B .....



- a Dè thig a-mach ma thèid 7 a-steach do inneal A?
- b Dè thig **A-MACH** nuair a thèid iad seo **A-STEACH**:-
- i 5 do inneal A
  - ii 6 do inneal B
  - iii 0 do inneal B
  - iv 10 do inneal A?
- c Dè an àireamh a chaidh **A-STEACH** nuair a thàinig iad seo **A-MACH**:-
- i 31 à inneal A
  - ii 15 à inneal B
- d Tha àireamh air a cur don dà inneal. Tha **an aon àireamh** a' tighinn asta. Dè an àireamh a chaidh **A-STEACH**? (\* glè dhoirbh)

## Innealan-àireamhan agus ailseabra

Tha Sìne a' cur **litrichean** don inneal seo.



Tha i a' cur **a-steach** an litir **a**. Thig **3** uiread **a** a-mach...sgrìobhte mar **3a**.

Tha i a' cur **a-steach** an litir **k**. Thig **3** uiread **k** a-mach .... sgrìobhte mar **3k**.

## Eacarsaich 3

1. Cleachd an t-inneal-àireamhan gu h-àrd

Dè thig **A-MACH** nuair a thèid iad seo **A-STEACH**:-

a y      b p      c h      d t?






2. Coimhead air an inneal seo.

Dè thig a-mach ma chuireas Sìne a-steach:-

a x      b y      c k?





3. Dè thig **A-MACH** às gach inneal gu h-ìosal:-



## Geàrr-chunntas

1. Sgrìobh an àireamh a thig **A-MACH** gach turas:-

a



2. Coimhead air an inneal seo.

a Dè thig **A-MACH** nuair a chuireas tu iad seo **A-STEACH**:-



i 12

ii 50

iii 8

iv 107 ?

b Dè chaidh **A-STEACH** ma thàinig iad seo **A-MACH**:-

i 10

ii 20


iii 8

iv 78 ?

3. Tha aon phlotsa a' cosg £3.


a Dèan **inneal-àireamhan** gus cosgais a lorg ma tha fios agad air an àireamh phlotsathan.

b Cleachd d' inneal gus cosgais ochd piotsathan a lorg.




4. Dè an àireamh a thig **A-MACH** às gach inneal:-

a



b



5. Tha àireamh air a cur **A-STEACH** don dà inneal ann an ceist 4. Tha an **aon** fhreagairt a' tighinn **A-MACH** às gach inneal. Dè an **àireamh** a chaidh a-steach?


Dà-sheallach

Ma tha cumaidhean air an dealbhachadh air pàipear no air bòrd geal eileagtronaigeach canaidh sinn cumaidhean flata no cumaidhean **dà-sheallach** riutha  
**Eisimpleirean:-**

triantan      ceart-cheàrnach      cearcall      còig-cheàrnach      itealag

Eacarsaich 1

1. Seall air na cumaidhean gu h-ìosal:-




- a Dè na cumaidhean a tha **dà-sheallach**?
- b Dèan sgeidse de gach cumadh dà-sheallach - sgrìobh ainm ri thaobh.
- c Tha **CÒIG** cumaidhean **trì-sheallach** ann. An urrainn dhut an ainmeachadh?
- d Tha cumadh F **aon-sheallach**. Dè an cumadh eile a tha aon-sheallach?

2. Coimhead air a' chumadh seo.

- a Dè an t-ainm a th' air.
- b Cia mheud **oir** a th' air?
- c Cia mheud **còrnair** a th' air?




3. Sgrìobh cia mheud **oir** agus **còrnair** a th' air gach cumadh:-




4. 'S e **CIÙBAID** an t-ainm a tha air a' chumadh trì-sheallach seo.

- a Cia mheud aodann a th' oirre?
- b Dè an t-ainm a tha air an aodann **ghorm**?
- c Dè an t-ainm a tha air an aodann **dhearg**?



5.




Seo **Pioramaid le bonn ceàrnagach**.

- a Dè an t-ainm a th' air an aodann aig **a' bhonn**?
- b Dè an cumadh a th' air an aodann **dhearg**?


6. a Ainmich an cumadh seo.

- b Dè an cumadh a th' air an aodann **uaine**?
- c Dè an cumadh a th' air an aodann **phinc**?









7. Chì sinn na cumaidhean seo gu math tric.

Sgrìobh ainm gach cumaidh **dà-sheallaich** (ceàrnag, cearcall, triantan, .....)  
a th' anns gach dealbh.



8. Tha sgeidsichean gu h-ìosal de chumaidhean **dà-sheallach**.

Cleachd rùilear gus dealbh mionaideach a dhèanamh de gach fear.




### Leacadh

Coimhead air seo.



Ma tha tòrr cheàrnagan agad mar seo, faodaidh tu an cur ri chèile agus do dhuilleag a chòmhdach leotha.


Ma tha cumadh agad a tha a' còmhdach do dhuilleig (**gun bheàrnan**) canaidh sinn gu bheil e "**a' leacadh na duilleig**" [ga còmhdach gun bheàrn]



Obair  
8 · 1

### Eacarsaich 2 (Feumaidh tu pàipear $\frac{1}{2}$ cm an seo)


1. a Nad leabhar, dèan copaidh den **cheàrnaig** agus cuir dath oirre.
- b A-nis, cuir 8 ceàrnagan timcheall oirre airson sealltainn gu bheil iad **a' leacadh** na duilleig.
- c Cuir dath air na ceàrnagan le diofar dhathan.



3 bogsaichean


3 bogsaichean

2. a Nad leabhar, dèan copaidh den **cheart-cheàrnach** seo agus cuir dath air.
- b Cuir ceart-cheàrnachan eile timcheall air gus sealltainn gu bheil e **a' leacadh** na duilleig.
- c Cuir diofar dhathan air na ceart-cheàrnachan.




3. a Dèan triantan leud **2 bhogsa** agus àirde **4 bogsaichean** agus cuir dath air.
- b Seall mar a leacas tu am pàipear le bhith a' cur thriantan eile timcheall air. (*Bidh cuid bun-os-cionn*).
- c Cleachd dathan gus pàtran snog a dhèanamh.

4. a Dèan copaidh den daoimean nad leabhar. (An aithne dhut ainm matamataigeach a' chumaidh seo? taic:- tha e a' tòiseachadh le **r.....**)
- b Seall mar a leacas tu am pàipear leis a' chumadh agus cuir dath air.




5. Tha e nas dorra leacadh le cumadh **L**.

- a Dean copaidh den chumadh seo agus cuir dath air.
- b Seall mar a leacas tu am pàipear le bhith a' cur chumaidhean co-ionann timcheall air.




6.




Dealbhaich an leac **T** agus seall mar a leacas tu leatha le bhith a' cleachdadh leacan co-ionann mun cuairt oirre.

7. a Dèan leac **itealagach**.  
 b Seall mar a leacas tu am pàipear .



8.




**Doirbh!!** Seall mar a leacas tu pàirt de dhuilleig le leacan **H**.  
 Cuir dath orra.

9. Faighnich don tidsear agad am faod thu pàtran no dhà bho Cheistean 1- 7 a' dheànamh air pàipear 1 cm agus an fheadhainn as fheàrr a chur air a' bhalla.

10. Coimhead air na cumaidhean seo.

An dèanadh iad leacan matha (sgrìobh **dhèanadh** no **cha dèanadh**):-




## Cearcaill

'S e an **CEARCALL** an cumadh as coileanta de na cumaidhean matamataigeach.

Tha mòran loidhnichean-cothromachaidh aige agus tha an aon choltas air bho gach taobh.



Tha an loidhne **DHEARG** a' dol tro mheadhan a' chearcaill agus 's e **trast-thomas** a chanas sinn rithe.

Tha an loidhne **GHORM** a' dol bhon mheadhan gu oir a' chearcaill agus 's e an **radius** a chanas sinn rithe.




## Eacarsaich 3

- Deàn liosta de 10 rudan, anns a' chlas, a-muigh no aig an taigh a tha **cruinn**. (Tha *cruinn* a' ciallachadh "ann an cruth cearcaill").
- Cleachd bonn **2 sg** no **10 sg** airson cearcaill a dhèanamh.
  - Deàn loidhne tron mheadhan agus sgrìobh "**trast-thomas**".
  - Tomhais **trast-thomas** a' chearcaill (ann am mm).
- Cleachd **bonn** agus **rùilear** airson am pàtran seo a dhèanamh.




- Cuir dath air.
- Tomhais agus sgrìobh **faid** agus **leud** do chumaidh.

4. Cleachd **bonn** agus **rùilear** airson an cumadh seo a dhèanamh agus cuir dath air.  
(*Taic - dealbhaich na cearcaill an toiseach*)




5.




Cleachd **4 cearcaill** airson an cumadh seo a dhèanamh.

6. Dealbhaich loidhne timcheall air leth buinn airson patran a dhèanamh le **2 leth cearcall** agus **ceart-cheàrnach**.



7.



Tha seo doirbh.  
'S e **3 leth-chearcaill** agus **ceart-cheàrnach** a th' ann.  
Feuch e.

8. Dèan 2 no 3 diofar phàtrain le cearcaill no leth-chearcaill agus seall iad don tidsear.
9. Cleachd cearcall mòr (cupa, truinnsair) agus dèan partrain leis. Seall iad don tidsear - 's dòcha gu bheil thu ag iarraidh am fear as fheàrr a chur air a' bhalla.

**Roghainn:-** Nì thu cearcaill nas motha a' cleachdadh **prìne**, **pìos sreinge** (snàth) agus **peansail**.

Feumaidh tu tacaid agus sreang ghoirid airson seo.

(Faic an ath dhuilleag)



10. a Dèan lùb aig gach ceann den t-sreang.

b Cuir an tacaid don lùb agus cùm i ris a' phàipear. (na brùth an tacaid ro chruaidh)


c Cuir do pheansail san lùb eile agus tarraing loidhne timcheall na tacaid. (cùm an t-sreang teann)

Bu chòir cearcall mionaideach a bhith agad.

d Dèan loidhne bhon mheadhan gu oir a' chearcaill agus sgrìobh "radius" oirre.




11.



Ma chleachdas tu sreang nas giorra nì thu am "patran cearcallach" seo. Cuir dath air.


12. Feuch ri patran "targaid" a dhèanamh.



## Combaistean

Nì sinn cearcaill a' cleachdadh inneal matamataigeach don ainm "combaist".


Ma chuireas tu an gob air do leabhar agus do pheansail timcheall air a' phàipear gu h-aotrom, nì thu cearcall coileanta.




## Eacarsaich 4 (Feumaidh tu combaist agus rùilear)

1. Seat do chombaist gus am bi **3 cm** eadar gob a' pheansail is gob na combaist.  
(seo **RADIUS** a' chearcaill)


- a Dèan cearcall mionaideach le radius de **3 cm**.
- b Tarraing loidhne radius agus sgrìobh 3 cm oirre.
- c Cuir dath air a' chearcaill.



2. Cleachd do chombaist gus cearcall a dhèanamh le radius de **6 cm**.
3. Feuch ris na cearcaill seo a dhèanamh.




4.




Cleachd combaist is rùilear airson an **leth-chearcaill** seo a' dhèanamh  
(dè an **radius** a dh'fheumas a bhith agad?)  
Cuir dath air do leth-chearcaill.

5. Cleachd do chombaist gus an dèan thu an **cairteal-chearcaill** seo.




6. Dèan copaidh dhiubh seo is cuir dath orra.


a



b




c




d




e



f



7. a Cleachd do chombaist airson cearcall le radius de 4 cm a dhèanamh.  
 b Cùm an radius aig 4 cm - cuir gob na combaist aig **P** agus dèan pàirt de chearcall (**gorm**). Tha e a' coinneachadh a' chearcaill aig **Q**.  
 c Gluais do chombaist gu **Q** agus dèan an aon rud a-rithist.  
 d Cùm ort gus a bheil am pàtran seo agad.



8. Cleachd feadhainn de na cumaidhean gu h-àrd gus pàtrain a dhèanamh a thèid air a' bhalla.

# Geàrr-chunntas

1. Gu h-ìosal tha ainmean ochd chumaidhean.

Sgrìobh **ceithir** a tha **dà-sheallach**.

**Cearcall** **Ciùb** **Ceart-cheàrnach** **Cruinne** **Itealag** **Còig-cheàrnach**


Pioramaid **Loidhne**.

2. Coimhead air a' chumadh seo.

a Ainmich e.

b Cia mheud **oir** a tha air?


c Cia mheud **còrnair** a tha air?



3. Smaoinich air **ciùb**.

a Cia mheud **aodann** a tha air?

b Dè an **cumadh** a th' air gach aodann?




4. Seo **priosam triantanach**.

a Cia mheud **aodann** a tha air?

b Cia mheud de na **h-aodainn** a tha nan ceart-cheàrnachan?


c Cia mheud de na **h-aodainn** a tha nan triantain?

5. Air pàipear ceàrnagach  $\frac{1}{2}$  cm, dèan dealbh den triantan seo.




6. Air pàipear ceàrnagach  $\frac{1}{2}$  cm, dealbhaich an ceart-cheàrnach seo agus cuir dath air.

Dèan 8 ceart-cheàrnachan timcheall air agus cuir dath diofraichte air gach fear.



7. Dèan copaidh den chumadh itealagach seo agus seall gun **leac** e, le bhith a' cur leacan den aon t-seòrsa mun cuairt air.



8. Dè na cumaidhean a dhèanadh **leacan matha**?


a




b




c




d



9. a Cleachd **combaist** airson cearcall a dhèanamh aig a bheil radius de 7 cm.  
 b Dèan loidhne tro mheadhan a' chearcaill agus sgrìobh "**trast-thomhas**".  
 c Tomhais an trast-thomhas le rùilear.  
 d Dèan coimeas eadar an radius agus an trast-thomhas?



10. Cleachd combaist gus an leth-chearcall seo a dhealbh:-



# Caibideil 9



## Ceàrn ceart

Gheibh thu cairt cheart-cheàrnachail bhon tidsear

Srac còrnair às a' chairt, mu 5 cm x 5 cm . Seo **teamlaid** a chleachdas tu gus ceàrn ceart a thomhas.

Ma tha an teamlaid seo a' freagradh gu mionaideach ann an ceàrn tha **ceàrn ceart** agad. (Bidh sinn a' cur **bogsa** ann)  
Bidh ceàrnann nas **lugh**a na ceàrn ceart.

Bidh ceàrnann nas **moth**a na ceàrn ceart.

## Eacarsaich 1

1. Cleachd an teamlaid cheart cheàrnann gus ceàrnann cearta a' lorg.  
Sgrìobh 'S e no Chan e.

a b


c

d e


f

2. Cleachd an teamploid cheart cheàrnan, agus sgrìobh cia mheud ceàrn ceart a th' anns na cumaidhean gu h-ìosal:-

a




b




3. Seo baidse club rugbaidh.

Cleachd an teamploid gus faighinn a-mach a bheil na ceàrnan: ceart, nas motha na ceàrn ceart, no nas lugha na ceàrn ceart.

Freagairt.... Tha **1 nas lugha**. Tha **2** .....




4. Chuir Seumas am ball dubh anns a' phocaid mheadhain ann an snuair. Chì sinn cho fortanach 's a bha e gun deach am ball a-steach.



Cleachd an teamploid airson dearbhadh dè na ceàrnan a tha:-

- a nan ceàrnan cearta,
- b nas motha na ceàrn ceart,
- c nas lugha na ceàrn ceart.

5. Coimhead air an dealbh seo.  
 Cia mheud **ceàrn ceart** a' chì thu?  
 (60 co-dhiù!)




Bidh sinn a' tomhas ceàrn ann am  
 puingean ( $^{\circ}$ ).

**Tha  $90^{\circ}$  ann an ceàrn ceart.**

Nuair a nì sinn ceàrn ceart, b'ìdh sinn  
 a' cur bogsa beag sa chòrnair.



6. Dèan copaidh dhiubh seo air pàipear-ceàrnagach agus  
 comharraich gach ceàrn ceart le bogsa.





## Cairteal-cuairt, leth-chuairt agus cuairt iomlan



Nuair a bhios spòg cloc a' gluasad bho 12 gu 3 tha i a' dol tro cheàrn ceart:  $90^\circ$ .

Canaidh sinn **cairteal-cuairt** ris.




Nuair a ghluaiseas spòg a' chloc bho 12 gu 6 tha i a' dol tro 2 cheàrn cheart:  $2 \times 90^\circ = 180^\circ$ .

Seo **Leth-chuairt**.






Nuair a ghluaiseas spòg a' chloc bho 12 timcheall gu 12 a-rithist tha i a' dol tro 4 ceàrnan cearta  $4 \times 90^\circ = 360^\circ$ .




Seo **Cuairt Iomlan**.



## Eacarsaich 2

- Cia mheud puing a th' ann an:-
  - cairteal-cuairt
  - leth-chuairt
  - cuairt iomlan?
- Cia mheud puing tron do ghluais an spòg mhòr air na clocan seo?
  - 
  - 
  -





3. Air cloc, cia mheud puing a tha an spòg mhòr a' gluasad nuair a tha i a' dol **deasail** bho:-

a 6 timcheall gu 9

b 7 timcheall gu 1

c 2 timcheall gu 5

d 3 timcheall gu 12

e 5 timcheall gu 8


f 8 timcheall gu 5

g 4 timcheall gu 4

h 1 timcheall gu 10


i 12 timcheall gu 1 ?

### Seòrsaichean Cheàrn



Seo **ceàrn ceart**.

Tha  $90^\circ$  ann.



Seo **ceàrn caol**.


Tha e nas lugha na  $90^\circ$ .



Seo **ceàrn farsaing**.

Tha e nas motha na ceàrn ceart ach nas lugha na dà cheàrn cheart.

Nas motha na  $90^\circ$  ach nas lugha na  $180^\circ$ .



Seo **ceàrn dìreach**.

'S e dà cheàrn cheart a th' ann agus tha  $180^\circ$  ann.




### Eacarsaich 3

1. Cleachd facal bhon liosta gu h-àrd airson gach ceàirn:-


a




b




c




d



e




f




g



h




i




2. Dè an seòrsa ceàirn a tha dathte anns gach triantan:-


a



b



c



d






e



f




3. Coimhead air na ceàrnan *a, b, c, d, e, f, g* agus *h*.  
Sgrìobh dè an seòrsa ceàirn a th' anns gach fear:-



4. Dèan copaidh den diagram seo.

Maid an **seòrsa** ceàirn ris a' **mheudachd cheart** le saighdean.



5. Dè na meudan cheàrnan san liosta a tha **nas lugha** na  $90^\circ$ :-

40° 100° 145° 25° 62° 172° 88° 91°


6. Dè na meudan cheàrnan a tha **nas motha** na  $90^\circ$  ach **nas lugha** na  $180^\circ$ :-

65° 105° 178° 87° 150° 189° 92° 5°

7. A bheil iad seo **caol**, **farsaing**, **ceart** no **dìreach**:-

a 20°	b 120°	c 75°	d 90°
e 135°	f 5°	g 179°	h 84°
i 180°	j 100°	k 1°	l 137°

8. Ma thèid an ceàrn caol  $70^\circ$  a chur-ris a' cheàrn chaol  $60^\circ$  tha **ceàrn farsaing** againn ( $130^\circ$ ).




Dè an seòrsa ceàirn a bhios ann ma chuireas tu iad seo ri chèile:-

a $60^\circ + 50^\circ$	b $40^\circ + 30^\circ$	c $90^\circ + 20^\circ$
d $90^\circ + 90^\circ$	e $70^\circ + 80^\circ$	f $45^\circ + 45^\circ$
g $70^\circ + 110^\circ$	h $25^\circ + 64^\circ$	i $25^\circ + 65^\circ$


# Geàrr-chunntas

1. Cleachd teamlaid cheart cheàrnan airson ceàrnan cearta a' lorg.  
Sgrìobh 'S e no Chan e.



2. Cleachd an teamlaid airson dearbhadh a bheil na ceàrnan a, b, c agus d anns na cumaidhean a leanas:

Ceart, nas motha na ceàrn ceart, nas lugha na ceàrn ceart.




3. Cia mheud **puing** a th' ann an:-

- a ceàrn ceart                      b ceàrn dìreach                      c cairteal-cuairt  
d leth-chuairt                      e cuairt iomlan?

4. Air aodann cloc, cia mheud puing a tha an spòg mhòr a' gluasad ma thèid i **deasail** bho:-

- a 1 timcheall gu 4                      b 2 timcheall gu 8                      c 3 timcheall gu 3?

5. Cleachd facal - **caol**, **ceart**, **farsaing** no **dìreach** airson nan ceàrnan dathte:-



6. Sgrìobh **caol**, **ceart**, **farsaing** no **dìreach** airson gach ceàirn :-

- a 30°                      b 140°                      c 90°                      d 3°  
e 178°                      f 180°                      g 89°                      h 91°.

# Caibideil 10

Na cleachd àireamhair anns a' chaibideil seo.



## Dè th' ann am bloigh?

Ma ghearras tu piotsa na 8 piosan co-ionann tha gach pios na "1 a-mach à 8" piosan.




Sgrìobhaidh sinn seo mar bhloigh "aon ochdamh" no:-

$$\frac{1}{8}$$

Tha seo ag innse cia mheud pios a chaidh a ghearradh

$$\frac{1}{8}$$


tha seo ag innse cia mheud pios a th' agad.




1 de na 8 piosan air a thoirt air falbh

## Eacarsaich 1

1. Dè a' bhloigh den cheàrnaig a tha dearg?



2.




Dè a' bhloigh den chearcall a tha dearg?

3. Dè a' bhloigh a tha dearg?

a




b




c



d



4. Tha 4 pìosan anns a' cheart-cheàrnach seo.




**Ath-sgrìobh** agus crìochnaich an 2 sheantans :-

Tha ..... de na 4 pìosan anns a' cheart-cheàrnach **dearg**.








=> A' ciallachadh gu bheil  $\frac{2}{4}$  den cheart-cheàrnach **dearg**.

5.



- Dè an cumadh a tha seo?
- Cia mheud pìos a th' ann?
- Cia mheud pìos a tha **dearg**?
- Dè a' bhloigh a tha **dearg**?

6. Dè a' bhloigh a tha dathte gach turas?




Coimhead air na cumaidhean ann an ceist 6.

Chì thu ann an ceist 6:-

• gu bheil dath air  $\frac{2}{3}$  den chumadh

=> Mar sin • **CHAN EIL** dath air  $\frac{1}{3}$




- Dè a' bhloigh den chumadh ann an ceist 6 b (gu h-àrd) **NACH EIL** dathte?
  - Sgrìobh a' bhloigh **NACH EIL** dathte de gach cumadh eile ann an **ceist 6**.



8. a Dèan copaidh den chearcall  
(cleachd bonn no rud cruinn eile)

b Cleachd peansail dathte airson  $\frac{3}{4}$  dheth a dhath **dearg**.




9.




a Cleachd rùilear airson ceart-cheàrnach mar seo a dhèanamh.

b Dath  $\frac{5}{8}$  dheth gorm.

10. Dèan triantan mar seo is cuir dath donn air  $\frac{3}{4}$  dheth.



11.



a Dèan ceàrnag mar seo. Roinn i mar seo.

b Cuir dath **orains** air  $\frac{5}{8}$  dhith.

Bha **5** chloinne aig partaidh,  
'S e gillean a bha ann an **2** aca.

Chì thu gun robh:-

2 a-mach à **5** nan gillean


no, sgrìobhte mar **bhloigh** :-



bha  $\frac{2}{5}$  den chloinn nan gillean

12.  $\frac{2}{5}$  den chloinn nan gillean. Dè a' bhloigh a bha nan nigheanan?

13.




Tha 7 cearcaill an seo, 1 **dearg**, 2 gorm agus a' chuid eile **orains**.

a Dè a' bhloigh (den 7) a tha **dearg**?

b Dè a' bhloigh a tha gorm?

c Dè a' bhloigh a tha **orains**?

14. Tha na buinn seo ann an sporan Eilidh.
- Cia mheud bonn a th' ann uile-gu-lèir?
  - Cia mheud 2sg a th' ann?
  - Dè a' **bhloigh** a tha na 2sg?
  - Dè a' **bhloigh** a tha na 5sg?
  - Dè a' **bhloigh** a tha na 20sg?



15.



Bha Iain air turas motair-baidhc a mhair 10 mionaidean.  
Bha e air an rathad-mhòr airson 7 mionaidean.  
Dè a' bhloigh den turas a chuir Iain seachad air an rathad-mhòr?

16. Fhuair Seoras £5.

Chosg e £3 a' ceannach burgair.

Dè a' **bhloigh** a chosg e air burgair ?



17.



- Dè a' **bhloigh** de na coinnlean a tha laiste?
- Dè a' **bhloigh** NACH EIL laiste?


18. Tha dath nan sùilean aig 12 nigheanan gu h-ìosal.

Sìne - gorm	Peigi - donn	Sìle - donn	Màiri - gorm
Anna - donn	Karen - gorm	Nicki - donn	Lynn - uaine
Paula - uaine	Seòna - donn	April - gorm	Ceit - uaine

- Dè a' bhloigh anns a bheil sùilean gorma?
  - Dè a' bhloigh anns a bheil sùilean donna?
  - Dè a' bhloigh anns a bheil sùilean uaine?
  - Dè a' bhloigh anns **NACH EIL** sùilean gorma?
19. a Sgrìobh làithean na seachdain.  
b Dè na làithean ris an can sinn **deireadh-seachdain**?  
c Dè a' bhloigh den t-seachdain a tha san deireadh-sheachdain?

## Bloighean co-ionann

Tha an ceart-cheàrnach seo air a roinn ann an **DÀ** dhiofar dòigh:-



1 a-mach à 2 pìos  
le dath pinc


$$= \frac{1}{2}$$



2 a-mach à 4 pìosan  
le dath pinc

$$= \frac{2}{4}$$


Chì sinn san diagram gu bheil  $\frac{1}{2}$  agus  $\frac{2}{4}$  **CO-IONANN**




## Eacarsaich 2

1. Tha an cearcall air a roinn ann an 3 pìosan co-ionann.

a Dè a' bhloigh den chearcall a tha **gorm**?



b



Chaidh an cearcall a roinn ann an 6 pìosan an turas seo.

Dè a' bhloigh a tha **gorm** an turas seo?



Chi thu gu bheil am pìos **gorm** den chearcall co-ionann gach turas.

c **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich an seantans:-

Tha an 2 dhiagram a' sealltainn gu bheil  
("co-ionann" a' ciallachadh "an aon  
rud").


$$\frac{2}{3} = \frac{\dots}{6} \text{ co-ionann.}$$

2. Dè an dà bhloigh **cho-ionann** a tha na diagraman seo a' sealltainn?




3. Cleachd na dealbhan airson dà bhloigh **cho-ionann** a lorg.


a




b




c




d



e



f



'S urrainn dhuinn bloigh mar  $\frac{6}{10}$  a shìmpleachadh fhad 's a ghabhas am "mullach" agus am "bonn" an roinn leis an aon àireimh.

=> Sìmplich  $\frac{6}{10}$ . Chì thu gu bheil 6 agus 10 anns a' chlàr x2?


=> roinn an 6 agus an 10 le 2 =>

$$\frac{6}{10} \rightarrow \frac{6 \div 2}{10 \div 2} = \frac{3}{5}$$

Dà eisimpleir eile :



$$\frac{8}{12} \rightarrow \frac{8 \div 4}{12 \div 4} = \frac{2}{3}$$



$$\frac{15}{18} \rightarrow \frac{15 \div 3}{18 \div 3} = \frac{5}{6}$$

4. Sìmplich a' bhloigh  $\frac{4}{10}$  le bhith a' roinn 4 agus 10 le 2. ( $\frac{4 \div 2}{10 \div 2} = \frac{\dots}{5}$ )

5. Sìmplich a' bhloigh  $\frac{5}{15}$  le bhith a' roinn 5 agus 15 le 5. ( $\frac{5 \div 5}{15 \div 5} = \frac{\dots}{\dots}$ )

6. Sìmplich iad seo (roinn mullach agus bonn le 2):-

a  $\frac{8}{10}$

b  $\frac{4}{14}$

c  $\frac{12}{22}$

d  $\frac{10}{18}$

7. Sìmplich iad seo (roinn mullach agus bonn le 3):-

a  $\frac{9}{12}$

b  $\frac{3}{21}$

c  $\frac{6}{15}$

d  $\frac{21}{24}$

8. Sìmplich iad seo (roinn mullach agus bonn le 5):-

a  $\frac{5}{15}$

b  $\frac{10}{25}$

c  $\frac{30}{35}$

d  $\frac{15}{40}$

9. Sìmplich a' bhloigh  $\frac{9}{15}$ . (Taic:- 9 agus 15 pàirt den chlàr x ....).

10. (Feumaidh eòlas a bhith agad air clàran nan uireadan)

Sìmplich gach bloigh cho fad 's as urrainn dhut le bhith a' roinn a' mhullaich agus am bonn leis an aon àireimh:-

a  $\frac{2}{10}$

b  $\frac{3}{15}$

c  $\frac{4}{12}$

d  $\frac{5}{25}$

e  $\frac{4}{18}$

f  $\frac{12}{18}$

g  $\frac{10}{30}$

h  $\frac{15}{20}$

i  $\frac{21}{28}$

j  $\frac{20}{25}$

k  $\frac{50}{60}$

l  $\frac{24}{30}$

m  $\frac{16}{24}$

n  $\frac{7}{35}$

o  $\frac{9}{21}$

p  $\frac{10}{45}$

11. Bhàsaich 5 de na 10 èisg a bha aig Ceit.

a Sgrìobh seo mar bhloigh. ( $\frac{\dots}{10}$ )

b A-nis, sìmplich a' bhloigh.



12.



Bha 30sg aig Iain. Chosg e 20sg air deoch.

a Dè a' bhloigh den airgead a' chosg Iain?

b Sìmplich do fhreagairt.



13. Bha Dòmhnall a' dol air turas **12 cilemeatair**.  
Stad e às dèidh **10 cilemeatair**.

- a Dè a' bhloigh den turas a shiubhail Dòmhnall mus do stad e?
- b Sìmplich a' bhloigh.




A-nis, feumaidh tu **an-còmhnaidh** bloigh a sìmplachadh nuair a gheibh thu freagairt. **Chan fhaod** thu bloigh fhàgail gun a sìmplachadh.

14. Tha 12 mìos ann am bliadhna.

Dè a' bhloigh den bhliadhna a tha san t-Samhradh?  
(an t-Ògmhios, an t-Iuchar agus an Lùnastal)



15.




Tha 8 de na cunntairean **dearg** agus 12 gorm.

- a Cia mheud cunntair a th' ann uile-gu-lèir?
- b Dè a' bhloigh a tha **dearg**?
- c Dè a' bhloigh a tha **gorm**?

16. Tha 6sg aig Peigi, tha 4sg aig Cailean agus 10sg aig Iain.

- a Dè na th' aca uile-gu-lèir?
- b Dè a' bhloigh a th' aig Peigi?
- c Dè a' bhloigh a th' aig Cailean?
- d Dè a' bhloigh a th' aig Iain?



17. Seo clàr-ama Màiri.

Màiri	
A' cadal	8 uairean
Sgoil	6 uairean
Tbh	4 uairean
A' cluich	3 uairean
Obair-dachaigh	1 uair
Ag ithe	2 uair

- a Cia mheud uair a th' ann an latha?
- b Dè a' bhloigh den latha a chaidil Màiri?
- c Dè a' bhloigh a bha i -
  - i san sgoil
  - ii aig an Tbh?
  - iii a' cluich
  - iv ri obair-dachaigh
  - v ag ithe?



## Bloigh de shuim

Airson bloigh fhaighinn (mar  $\frac{1}{2}$ ) de rud  $\rightarrow$  tha thu a' roinn.

$\rightarrow \frac{1}{2}$  de 12sg = "12sg air a roinn le 2" = 6sg.

$\rightarrow \frac{1}{3}$  de 21sg = "21sg air a roinn le 3" = 7sg

$\rightarrow \frac{1}{8}$  de 40sg = "40sg air a roinn le 8" = 5sg.



$$\begin{aligned} & \frac{1}{2} \text{ de } 12\text{sg} \\ \Rightarrow & 12\text{sg} \div 2 \\ & = 6\text{sg} \end{aligned}$$

roinn  
roinn  
roinn

## Eacarsaich 3

1. Ath-sgrìobh agus crìochnaich:-

"Tha  $\frac{1}{2}$  de 20sg a' ciallachadh "20sg air a roinn le 2" = ... sg".

2. Ath-sgrìobh agus crìochnaich:-

"Tha  $\frac{1}{4}$  de 36 cm a' ciallachadh "36 cm air a roinn le ..." = ... cm"

3. Lorg:-

a  $\frac{1}{2}$  de 80sg

b  $\frac{1}{3}$  de 21 meatairean

c  $\frac{1}{5}$  de 45 gramaichean

d  $\frac{1}{10}$  de £40

e  $\frac{1}{4}$  de 24 liotairean

f  $\frac{1}{6}$  de £66

g  $\frac{1}{8}$  de 32 cm

h  $\frac{1}{7}$  de 28sg

i  $\frac{1}{3}$  de 39sg

4. Bha 24 neach a' coimhead gèam ball-coise.

B' e boireannaich a bh' ann an  $\frac{1}{3}$  dhiubh.

a Dè an àireamh boireannach a bh' ann?

b Dè an àireamh fhireannach a bh' ann?



5. Tha mi a' fuireach 36 mìle bho Ghlaschu.  
Bhris an tràna nuair a bha mi air

$\frac{1}{4}$  den t-slighe a shiubhal.

- a Cia mheud mìle a bha mi air a shiubhal?  
b Dè cho fad 's a bha mi à Glaschu?




6. Fhuair Màili 30 flùr air a co-là-breith.

Bha  $\frac{1}{5}$  dhiubh dearg.

Cia mheud flùr a bha dearg?



7.



Bidh sinn a' cadal airson  $\frac{1}{3}$  den latha.

Cia mheud uair a tha seo?

8. Dèan copaidh den cheart-cheàrnach seo air pàipear ceàrnagach (24 ceàrnagan).

a Dè th' ann an  $\frac{1}{6}$  de 24?

b Cuir dath dearg air  $\frac{1}{6}$  den chumadh.

c Cuir gorm air  $\frac{1}{8}$  dheth agus buidhe air  $\frac{1}{4}$ .

d Cia mheud de na 24 ceàrnagan nach eil dathte idir?



9. a Cia mheud latha a tha san Ògmhios?

b Bha an t-uisge ann airson  $\frac{1}{6}$  den mhìos.

Cia mheud latha a bha sin?


c Bha mi air falbh airson  $\frac{1}{3}$  den mhìos. Cia mheud latha a bha mi air falbh?

10. **Ceist** :- Bha airgead agam nam phòcaid. Chosg mi  $\frac{1}{6}$  dheth air suiteis.

Bha na suiteis 9sg.





a Dè bh' agam an toiseach?

b Dè th' agam air fhàgail?



## Gèarr-chunntas

1. Dè a' bhloigh a tha dathte gach turas:-



2.



Seo 4 bananathan, 5 liomaidean agus 2 pheur.

- a Dè a' **bhloigh** a tha nam **bananathan**?  
 b Dè a' **bhloigh** a tha nan **liomaidean**?  
 c Dè a' **bhloigh** nach eil nam **bananathan** no nan **liomaidean**?

3. Sgrìobh 2 bhloigh a tha **co-ionnan** ri  $\frac{2}{3}$ .

4. Sìmplich gach bloigh le bhith a' roinn a' mhullaich agus am bonn le àireimh àraid gach turas:-

a  $\frac{2}{8}$

b  $\frac{10}{30}$

c  $\frac{6}{8}$

d  $\frac{10}{12}$

5.



Bha **90sg** aig Iain. Cheannaich e dà chèic air **60sg**.

- a Dè a' bhloigh den airgead aige a **bh' air fhàgail**?  
 b Sìmplich do fhreagairt.



6. Obraich a-mach:-

a  $\frac{1}{2}$  de 30sg

b  $\frac{1}{3}$  de £18

c  $\frac{1}{5}$  de 40 cg

d  $\frac{1}{10}$  de 80 cm

e  $\frac{1}{4}$  de 28 liotairean

f  $\frac{1}{6}$  de 42 gramaichean

7. Bha Murchadh air saor-làithean airson 15 lathaichean.

a Bha e na laighe sa ghrèin airson  $\frac{1}{3}$  den ùine.

Cia mheud latha a bha sin?

b Air  $\frac{1}{5}$  de na làithean a bha e na laighe sa ghrèin,

chaidh a losgadh. Cia mheud latha a chaidh a losgadh?




# Caibideil 11

## Suidheachadh & gluasad

### Suidheachadh & gluasad



Bu chòir fios a bhith agad air a' bhriathrachas air an duilleig seo




Bho far a bheil an tidsear na seasamh:-


Tha Sìne air beulaibh Ailig. Tha Iain air cùlaibh Anna.  
Tha Iain air taobh clì Chalum. Tha Erin air taobh deas Anna.

Tha Sid a' coimhead air Tom.  
Tha e a' tionndadh **deasail** agus 's e Joe an 2ra duine air a bheil e a' coimhead.

A-rithist, tha Sid a' coimhead air Tom.  
Tha e a' tionndadh **tuathal** agus 's e Al an 3mh duine air a bheil e a' coimhead .




Tha **cairteal-cuairt** (90°) **deasail** a' gluasad bho 12 gu 3.  
Tha **cairteal-cuairt** (90°) **tuathal** a' gluasad bho 12 gu 9.  
Tha **leth-chuairt** (180°) taobh sam bith a' gluasad bho 12 gu 6.  
Tha **cuairt iomlan** (360°) taobh sam bith a' gluasad bho 12 air ais gu 12.




## Eacarsaich 1

1. Seo plana seòmair-teagaisg. Bho far a bheil an tidsear, cò tha suidhe:-
  - a **air cùlaibh** Iain.
  - b **air beulaibh** Chaluim.
  - c **clì air** Anna.
  - d **deas air** May.
  - e **2 shuidheachan air cùlaibh** Flo.
  - f **3 suidheachain deas air** Sìm.




2. Chì thu gu h-ìosal dè th' ann an uinneag bùidseir. Inns dè tha :-

- a **fon** hama.
- b **os cionn** na kebabs.
- c **aon gu deas** air an uan
- d **clì** air an salami
- e **2 os cionn** a' phàidh
- f **3 fon** staoig
- g **3 os cionn** na muicfheòil
- h **2 deas** air a' chirc
- i Inns far a bheil am **pàidh** an taca ris **a' chirc**
- j Càit a bheil an **ròst** an taca ris an **salami**.



Coimhead air na dòighean siubhail gu h-ìosal.



3. Inns dè tha:-

- a **1 os cionn** na tagsaidh
- b **dìreach fon** bhus.
- c **air taobh deas** an jeep
- d **san 2ra àite clì** air an tram
- e **dìreach fon** chàr-spòrs
- f **san 2ra àite deas air** air an tractar
- g **san 3mh àite clì air** a' bhus
- h **air taobh clì** an tram **agus 1 suas**
- i **air taobh deas** a' heileacoptair **agus 1 sìos**
- j **san 3mh àite clì air** an rickshaw **agus 2 suas**

4. Inns ciamar a gheibheadh tu bhon:-

- a **bhàta** chun **a' bhus**?
- b **làraidh** chun **a' heileacoptair**?
- c **chàr-spòrs** chun **a' phram**?
- d **tram** chun **an t-seann chàir**?

5. Leig ort gu bheil thu am brionn nan innealan agus a' coimhead dìreach romhad.

- a Nam biodh tu san tagsaidh dè bhiodh **air do làimh chli**?
- b Nam biodh tu san tram dè bhiodh **air do làimh dheis**?
- c Nam biodh tu sa phlèana dè an **2ra rud a bhiodh air do làimh chli**?
- d Nam biodh tu san t-seann chàr dè an **2ra rud a bhiodh air do làimh chli**?

6. Tha duine a' togail dhealbhan san Sgoil Àraich.  
Tha e a' togail dealbh Màiri an toiseach.

a A' dol **deasail**:-

- i cò an ath leanabh?
- ii às dèidh sin, tha e a' gluasad **3 àiteachan** - cò th' ann a-nis?
- iii an uair sin, tha e a' gluasad **2 àite eile** - cò th' ann a-nis?

b A' dol **tuathal**:-

- i cò **a' chiad leanabh** air a bheil e a' coimhead às dèidh Màiri?
- ii às dèidh sin, tha e a' gluasad **3 àiteachan eile** - cò th' ann a-nis?
- iii a-nis, tha e a' gluasad **3 àiteachan eile** ach tha iongnadh air - carson?


c Cò dheth **nach deach** dealbh a thogail a' dol deasail no tuathal?

d Tha Brian a' snàigeadh **deasail** mun chearcall.

Cò an **ceathramh leanabh** a chì e?


e Tha Calum a' snàigeadh **tuathal** mun chearcall.

Cò an **siathamh leanabh** a chì e?



7. Tha clann a' cluich sa ghàrradh.

Tha Lusaidh anns **a' mheadhan**. Tha i a' coimhead air **Aonghas**.



a Bho Aonghas, tha i **a' tionndadh cairteal-cuairt deasail**. Cò chì i a-nis?

b Tha i a' coimhead air Ruiseart agus **a' tionndadh cairteal-cuairt tuathal**. Cò chì i a-nis?

c Tha i an uair sin a' coimhead air Sìm agus **a' tionndadh cairteal-cuairt tuathal**. Cò chì i a-nis?

- d Tha Lusaidh a' coimhead air Màiri agus a' tionndadh **leth-chuairt**.  
Cò air a tha i a' coimhead a-nis?
- e Tha i a-nis a' coimhead air Iain agus a' dèanamh cuairt iomlan.  
Cò air a tha i a' coimhead a-nis?
- f Tha Lusaidh a' coimhead air Ceit agus an uair sin a' tionndadh a choimhead air Sìm.  
Sgrìobh **dà dhòigh** anns am b' urrainn dhith seo a dhèanamh.




## Stiùireadh slighe

### Ag innse mu shlighe

Tha Iain a' cluich ann an ioma-shlighe.  
Seo an stiùireadh a fhuair e airson gun dèanadh e a rathad tron ioma-shlighe.

### Eisimpleir




Coisich 2 cheum.  
Tionndaidh gu do làimh dheis. Theirig 2 cheum is tionndaidh gu do làimh chli. Cùm ort 3 ceumannan is tionndaidh gu do làimh chli. Coisich 2 cheum is tionndaidh gu do làimh dheis. Theirig a-nis 2 cheum eile,




## Eacarsaich 2

1. Sgrìobh stiùireadh a bheir Iain gu sàbhailte tron ioma-shlighe:-


a




b



c



2. Seo mapa den bhaile anns a bheil Niall a' fuireach.



Nuair a bhios Niall a' dol don taigh-bidh, bidh e a' tighinn a-mach às an taigh aige, a' tionndadh **gu a làimh dheis** agus a' coiseachd sìos Rathad a' Mhuilinn, a' tionndadh sìos an **2ra sràid air an làimh dheis** a-steach do Rathad a' Ghlinne agus a' tionndadh **gu a làimh clì** a-steach do Shràid na Coille. Is e an taigh-bidh a' chiad togalach air an làimh chlà.


- Tha Niall airson a dhol don teampall. **Dèan copaidh agus crìochnaich:-**  
Thig a-mach à taigh Nèill, tionndaidh gu do làimh chlà sìos **Rathad .....** agus gabh a' chiad rathad air do làimh chlà, **Rathad an .....** Is e an teampall an **..... togalach** air do làimh dheis.
- Feumaidh Niall a dhol don bhanca. **Dèan copaidh** agus crìochnaich:-  
Thig a-mach à taigh Nèill, tionndaidh gu do làimh dheis suas Rathad ..... agus gabh a' chiad rathad chun na làimhe deise, Sràid ..... Coisich sìos Sràid Iain agus gabh an ..... rathad air an làimh chlà. Is e seo Sràid..... Is e am banca a' ..... togalach air an làimh.....
- Tha Niall ag iarraidh a dhol bhon taigh aige chun **a' mhuilinn**.  
Sgrìobh stiùireadh dha.
- Sgrìobh stiùireadh do Niall airson a dhol bhon **leabharlann** **chun a' phuirt-adhair**.
- Sgrìobh stiùireadh do Niall airson a shlighe dhachaigh bhon sgoil, a' tadhal air athair aig an fhactaraidh.
- Sgrìobh stiùireadh airson slighe eadar an stèisean poilis, an tuathanas agus an club goilf.

3. Seo mapa den Bhaile an Iar. Seo stiùireadh bhon stèisean smàlaidh chun nam bùithtean:- "Thig a-mach às an stèisean smàlaidh, tionndaidh gu do làimh chli agus gluais air adhart 5 beàrnan. Tionndaidh gu do làimh chli agus gluais air adhart 2 bheàrn is tha thu ann!"

Sgrìobh stiùireadh airson slighe eadar:-

- na bùithtean agus an stèisean poilis
- an sgoil agus an raon goilf
- an stèisean thrèanaichean agus an raon-cluiche
- an stèisean peatrail agus an cidhe

Gheibh thu copaidh den mhapa seo aig




4. Lean na slighean seo le do chorraig agus inns far a bheil iad a' crìochnachadh.
- "Thig a-mach às an eaglais; tionndaidh gu do làimh dheis; gluais 4 beàrnan; tionndaidh gu do làimh dheis; gluais 3 beàrnan; tionndaidh gu do làimh chli. **Cait a bheil thu?**"
  - "Tòisich aig An Linne. Gluais air adhart 3 beàrnan; tionndaidh gu do làimh chli agus gluais 9 beàrnan; tionndaidh gu do làimh chli agus gluais 3 beàrnan. Dè tha air do làimh dheis?"
  - "Gluais 2 bheàrn a-mach às an raon-chluiche; tionndaidh gu do làimh dheis agus gluais 4 beàrnan; tionndaidh gu do làimh chli agus gluais 5 beàrnan; tionndaidh gu do làimh chli a-rithist agus gluais 5 beàrnan eile; tionndaidh gu do làimh dheis agus gluais 4 beàrnan. Coimhead air do làimh dheis. Dè th' ann?"

## Àirdean na combaist




Cuimhnich air àirdean na combaist:-  
**TUATH, DEAS, EAR & IAR**



Cuimhnich:-  
 $360^\circ = 1$  chuairt iomlan  
 $180^\circ = \frac{1}{2}$  chuairt  
 $90^\circ = \frac{1}{4}$  chuairt

**Eisimpleir - Aig an ioma-shlighe!**



Coisich 2 cheàrnaig don Ear  
 Coisich 2 cheàrnaig gu Deas  
 Coisich 3 ceàrnagan don Ear  
 Coisich 2 cheàrnaig gu Tuath  
 Coisich 2 cheàrnaig don Ear

**Chleachd sinn àirdean na combaist an turas seo.**

## Eacarsaich 3

1. De an àird dom bi Ben a' coimhead ma tha e:-
  - a a' coimhead gu **Tuath** agus a' tionndadh **180°**?
  - b a' coimhead don **Iar** agus a' tionndadh **90° deasail**?
  - c a' coimhead gu **Deas** agus a' tionndadh **90° tuathal**?
  - d a' coimhead don **Ear** agus a' tionndadh **trì chairteal de chuairt deasail**?
  - e a' coimhead gu **Tuath** agus a' tionndadh **360°**?
  
2. Cia mheud puing tron tionnadaidh Ravi ma tha e a' coimhead:-
  - a don **Ear** is a' tionndadh deasail 'son coimhead gu **Deas**?
  - b don **Iar** is a' tionndadh 'son coimhead don **Ear**?
  - c gu **Tuath** is a' tionndadh **tuathal** 'son coimhead don **Iar**?
  - d gu **Deas** is a' tionndadh **deasail** 'son coimhead don **Ear**?
  - e don **Iar** is a' tionndadh **cuairt iomlan** 'son coimhead don **Iar** a-rithist?






6. Coimhead air a' mhapa.

Tha na spùinneadairean a' lorg ulaidh.

Faigh a-mach far a bheil gach turas-mara gu h-ìosal **a' crìochnachadh**.

- a Tòisich aig cidhe Eilean nan Craobh. Gluais 3 beàrnan an **Iar**; an uair sin gu **Tuath** 8 beàrnan.
- b Tòisich aig cidhe Eilean nam Beanntan Teine. Gluais aon bheàrn gu **Deas**, an **Iar** 7 beàrnan, gu **Tuath** 5 beàrnan, an **Iar** 1 bheàrn, gu **Tuath** 4 beàrnan, an uair sin 5 beàrnan an **Ear**.
- c Fàg cidhe Eilean nan Creagan; Gluais 7 beàrnan gu **Deas**; 2 bheàrn an **Iar**; 6 beàrnan gu **Deas**; 2 bheàrn an **Ear**; 4 beàrnan gu **Deas**; an uair sin 2 bheàrn an **Ear**. OOPS !



Gheibh thu copaidh den mhapa seo aig



7. Cleachd am mapa ann an ceist 6 airson slighe a dhèanamh eadar **Eilean nan Eas** agus cidhe **Eilean nan Creagan**. Feumaidh tu puingean combaist a chleachdadh.

## Diagram cho-chomharran




Is urrainn dhuinn innse mu shuidheachadh rud no puing sam bith le bhith a' cleachdadh **DIAGRAM CHO-CHOMHARRAN**.

'S urrainn dhuinn suidheachadh ainmeachadh, ag innse:

- dè **a' cheàrnag** anns a bheil rud
- dè an **dà loidhne** air a bheil puing a' laighe


Eisimpleir 1



Tha an sionnach aig **Bd**.

Tha am mathan aig **Eb**.

Eisimpleir 2



Tha an cù aig **C5**.


Tha an cat aig **F3**.

## Eacarsaich 4

1. Tha ceithir beathaichean air a' chlàr cho-chomharran.


Sgrìobh an suidheachadh aca seo:-

- an **leòmhann**
- an **ceann-fionn**
- an **tìgear**
- an **sioraf**




2. Tha an clàr seo a' sealltainn clasaichean àrd-sgoile.  
Sgrìobh an suidheachadh aig:-

- a Matamataig **M**.
- b Beurla **B**
- c Cruinn-eòlas **C**
- d Eachdraidh **E**
- e Danrsa **D**
- f Gàidhlig **G**




Tha an litir **P** aig suidheachadh D9.  
Sgrìobh suidheachadh nan litrichean seo:-  
**Q, R, S, T, U, V** agus **W**.

3.



4. Tha ochd saighdearan ann am pàirce.  
Cò th' aig suidheachadh:-

- a D2.
- b B4.
- c A9.
- d J3.
- e K6.
- f F5.
- g I10.
- h G0.






## Co-chomharran spòrsail

### Eacarsaich 5

Is urrainn dhuinn dealbhan a dhèanamh a' cleachdadh cho-chomharran. Dèan diagram cho-chomharran airson gach deilbh. (Cleachd a' mheudachd a chì thu). Lean na **puingean** ann an òrdugh agus ceangail gach tè ris an ath thè.

1. Litrichean tarsainn - **A - I.**  
Àireamhan suas - **0 - 8.**  
Seata 1 - D2 D3 F3 F2 D2.  
Seata 2 - B4 B6 H6 H4 B4.  
Seata 3 - D7 D8 F8 F7 D7.  
Dè an soidhne **matamataigeach** a chì thu?



2. Litrichean tarsainn **A - I.**  
Àireamhan suas - **0 - 8.**  
Seata 1 - D1 D3 B3 B5 D5 D7 F7 F5 H5 H3 F3 F1 D1.  
Dè an soidhne **matamataigeach** a chì thu?

3. Litrichean tarsainn - **A - Q.** **DEALBH MÒR**  
Àireamhan suas - **0 - 20.**

- Seata 1 - D2 D10 F12 F4 D2.  
Seata 2 - F4 H3 J3 L4 L16 J15 H15 F16 F12  
Seata 3 - L12 N10 N2 L4.  
Seata 4 - F16 I20 L16.  
Seata 5 - I11 I1. Dè an rud a tha seo a bhios **ag itealaich?**



4. Litrichean **A - L.**  
Suas **0 - 11.**  
Seata 1 - D3 E3 F4 G3 H3 H6 D6 D3.  
Seata 2 - D6 D9 C8 B9 D11 E11 F10 G11  
H11 J9 I8 H9 H6.

Tha ceangal aig seo ri **ball-coise**. Dè th' ann?



5. Litrichean tarsainn **A - M.**

Àireamhan suas **0 - 11.**

Seata 1 - F11 E10 G10 F11.

Seata 2 - E10 E8 G8 G10.

Seata 3 - E8 D8 D4 H4 H8 G8


Seata 4 - D8 B6 B5 C5 C6 D7

Seata 5 - H8 J6 J5 I5 I6 H7


Seata 6 - D4 D3 C3 C2 F2 F4

Seata 7 - F2 I2 I3 H3 H4.

Bha e ann an **Wizard of Oz.** Cò e?



6.



Litrichean tarsainn **A - K.**

Àireamhan suas **0 - 12.**

Seata 1 - F12 E9 G9 F12.

Seata 2 - G9 H8 D8 E9.

Seata 3 - D8 D2 H2 H8.

Seata 4 - E2 E4 G4 G2.

Seata 5 - D2 B2 B6 D7.

Seata 6 - H2 J2 J6 H7.

Seata 7 - F4 F2.

'S e **togalach** a th' ann.

Dè an **seòrsa togalaich?**

7. Litrichean tarsainn **A - I.**

Àireamhan suas **0 - 11.**

Seata 1 - E11 F11 F9 H7 H3 G2 D2 C3 C7 E9 E11.

Seata 2 - F10 E10.

Seata 4 - D5 E5.

Seata 6 - F6 G6 G5 F5.

Gabh seo le burgair?

Seata 3 - D6 D4.

Seata 5 - E6 E4.

Seata 7 - F4 F6.







4. a Nam bithinn a' coimhead gu Tuath, agus gun tionndaidhinn  $90^\circ$  tuathal, dè an àird dom bithinn a' coimhead?  
 b Cia mheud puing a dh'fheumas mi tionndadh ma tha mi a' coimhead don Iar agus ag iarraidh coimhead don Ear?

5. Sgrìobh na co-chomharran aca seo:-


- a an coileach    b an t-isean    c a' mhuc    d an tarbh.



6. Dèan dealbh eile!

Litrichean tarsainn A - N.

Àireamhan suas 0 - 11.



Seata 1 - B7 D3 L3 M7 B7.

Seata 2 - D7 D10. dèan dealbh aig D10

Seata 3 - F7 F8. dèan dealbh aig F8

Seata 4 - H7 H9. dèan dealbh aig H9

Seata 5 - J7 J11. dèan dealbh aig J11

Seata 6 - L7 L9. dèan dealbh aig L9

Dè an dealbh a rinn thu?





Na cleachd àireamhair anns a' chaibideil seo.



### A' dèanamh tuairmse air faid

Nuair a tha thu a' tomhas faid no astar, 's urrainn dhut iomadh inneal a chleachdadh.


Tha **rùilear** a' tomhas fhaidean goirid ann an **ceudameatairean (cm)**



Tha **teip** a' tomhas fhaidean nas motha ann am **meatairean (m)**



Tha **odomeatair** ann an càr a' tomhas ann an **cilemeatairean (km)**




### Eacarsaich 1

- An cleachdadh tu **rùilear**, **teip-tomhais** no **odomeatair** càir airson iad seo a thomhas:-
  - faid an **leabhar seo**
  - àirde an **rùm-teagaisg**
  - an **àirde agad fhèin**
  - faid na **trannsa**
  - faid **d' òrdaig**
  - an t-astar eadar **Glaschu** is **Peairt** ?
- Thoir tuairmse** air faid no astar gach nì ann an **ceist 1**.
- Cuir do làmh air pìos pàipeir agus dèan loidhne timcheall oirre le peansail.

**Thoir tuairmse** air an fhaid aca seo:-

- leud do làimhe
- do chorràg mhòr
- do lùdag.



- Tomhais na trì faidean ann an **ceist 3**.

5. Cuir do chas air pìos pàipeir agus dèan loidhne timcheall oirre le peansail.

**Thoir tuairmse** air:-

a faid do choise.

b leud do choise.


c A-nis **tomhais** a agus b agus faic dè cho faisg 's a bha thu.



6. **Thoir tuairmse** air faid gach loidhne chun a' **cheudameatair as faisge**:-

a 

b 

c 

d 

e 


A-nis **tomhais** gach loidhne gus am faic thu dè cho faisg 's a bha thu.

7. Thoir tuairmse air faid gach inneil ann an ceudameatairean:-



A-nis **tomhais** gach inneal gus am faic thu dè cho faisg 's a bha thu.

## A' dèanamh dealbh



## Eacarsaich 2

1. Cleachd **rùilear** airson loidhne a dhèanamh anns a bheil faid:-





- |                     |                      |
|---------------------|----------------------|
| a 3 ceudameatairean | b 7 ceudameatairean  |
| c 9 ceudameatairean | d 6 ceudameatairean  |
| e 1 cheudameatair   | f 16 ceudameatairean |

2. Cleachd rùilear airson loidhne a dhèanamh anns a bheil faid:-

- |                     |                     |                     |                       |
|---------------------|---------------------|---------------------|-----------------------|
| a $2\frac{1}{2}$ cm | b $4\frac{1}{2}$ cm | c $5\frac{1}{2}$ cm | d $10\frac{1}{2}$ cm. |
|---------------------|---------------------|---------------------|-----------------------|

3. Seo **sgeidsichean** de cheart-cheàrnachan.


Dèan copaidhean **mionaideach** dhiubh.



4. Dèan dealbh **mionaideach** dhiubh seo:-

- a **ceart-cheàrnach** le faid 6 cm agus leud 2 cm.
- b **ceàrnag** le faid 7 cm.

5. Seo triantan ceart-cheàrnachail.  
Dèan copaidh mhionaideach dheth.




## Aonadan faid

Cùimhnich:-

'S e aonad cumanta faid a th' ann an **ceudameatair**.  
Tha e mu leud ìne do lùdaig.

Tha **100 ceudameatair** ann am **meatair**.

Tha seo mun fhaid eadar an làr agus làmh an dorais.



## Eacarsaich 3

1. Cuimhnich, **1 mheatair = 100 cm**. Cia mheud **ceudameatair** a th' ann an:-  
a 1 mheatair    b 2 mheatair    c 3 meatairean    d 4 meatairean  
e 8 meatairean    f 5 meatairean    g 9 meatairean    h 10 meatairean?
2. Cia mheud **ceudameatair** a th' ann an:-  
a  $\frac{1}{2}$  meatair    b  $1\frac{1}{2}$  meatairean    c  $2\frac{1}{2}$  meatairean    d  $5\frac{1}{2}$  meatairean  
e  $7\frac{1}{2}$  meatairean    f  $9\frac{1}{2}$  meatairean    g  $10\frac{1}{2}$  meatairean    h  $12\frac{1}{2}$  meatairean  
i  $\frac{1}{4}$  meatair    j  $1\frac{1}{4}$  meatairean    k  $2\frac{1}{4}$  meatairean    l  $4\frac{1}{4}$  meatairean?
3. Cuimhnich, **100 cm = 1 mheatair**. Cia mheud **meatair** a th' ann an:-  
a 500 cm    b 700 cm    c 900 cm    d 1000 cm  
e 600 cm    f 1200 cm    g 1500 cm    h 2300 cm?
4. Cia mheud **meatair** a th' ann an:-  
a 50 cm    b 250 cm    c 650 cm    d 850 cm  
e 150 cm    f 950 cm    g 1150 cm    h 1450 cm  
i 25 cm    j 325 cm    k 525 cm    l 1025 cm?

Cuimhnich:- 1 mheatair 25 ceudameatairean = 1 m 25 cm = 125 cm

5. **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich:-

a 1 mheatair 75 ceudameatairean = 1 m 75 cm = ..... cm

b 1 mheatair 53 ceudameatairean = ... m ... cm = ..... cm

c 2 mheatair 25 ceudameatairean = ... m ... cm = ..... cm

d 5 meatairean 20 ceudameatair = ... m ... cm = ..... cm

**Bi faiceallach leotha seo:-**

e 1 mheatair 5 ceudameatairean = ... m ... cm = ..... cm

f 7 meatairean 8 ceudameatairean = ... m ... cm = ..... cm

g 10 meatairean 1 cheudameatair = ... m ... cm = ..... cm.

6. **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich:-

a 215 cm = 2 m 15 cm = 2 mheatair ... ceudameatairean

b 475 cm = 4 m ... cm = ... meatairean ... ceudameatairean

c 709 cm = ... m ... cm = ... meatairean ... ceudameatairean

d 208 cm = ... m ... cm = .....

e 1050 cm = ..... = .....

f 2003 cm = ..... = .....

7. a Tha seilcheag a' siubhal  
5 meatairean 45 ceudameatairean.

Cia mheud **ceudameatair** a tha seo?



b



Tha càr-dèideig a' siubhal air traga de fhaid  
365 ceudameatairean.

Cia mheud **meatair agus  
ceudameatair** a tha seo?

c Ruith Ruairidh 20 meatair agus 8 ceudameatairean.

Cia mheud ceudameatair a tha seo?



## Ceistean mu fhaid

### Eacarsaich 4

Cuimhnich



1. a Cuir na faidean seo ann an òrdugh, an tè **as lugha** an toiseach:-  
1 m 34 cm, 99 cm, 1 mheatair 29 ceudameatairean, 170 cm.
- b Cuir iad seo ann an òrdugh, an tè **as motha** an toiseach:-  
127 cm, 1 m 19 cm, 130 cm, 1 mheatair 9 ceudameatairean.
2. Tha ceithir dèideagan air an cur ann an loidhne dhìrich.



'S e na faidean aca 9 cm, 7 cm, 11 cm and 14 cm.

Dè an **fhaid a th' annta uile-gu-lèir**?

3. Tha faid 225 cm ann am pìos fiodha.  
Chaidh pìos, 70 cm, a ghearradh dheth.  
Dè an **fhaid** a tha anns an fhiodh a-nis?



4. Tha bratach air a dèanamh le 13 pìosan pàipeir. Tha faid 9 cm anns gach pìos.



Dè an **fhaid a th' innte uile-gu-lèir**?

5.  Tha sligeanach a' coiseachd 450 cm.  
Tha e a' stad, agus an uair sin a' coiseachd  $2\frac{1}{2}$  m eile.  
Cia mheud meatair a choisich e **uile-gu-lèir**?

6. Bha ròpa aig Màiri anns an robh faid 10 meatairean.  
Ghèarr i **4 pìosan** den ròpa:- 3 meatairean, 270 ceudameatair,  
 $1\frac{1}{2}$  meatairean agus 1 mheatair 40 ceudameatair.




- a Dè an **fhaid iomlan** (ann an cm) a th' anns na ceithir pìosan?  
b Cia mheud ceudameatair a tha air fhàgail den ròpa?

## Farsaingeachd

'S e farsaingeachd cumaidh NA THA E A CÒMHDACH DE RÙM.

Tha farsaingeachd 1 cheudameatair ceàrnagach anns a' bogsa seo.

Bidh sin sgrìobhte mar seo:-  $1 \text{ cm}^2$



Eisimpleir:-











Tha farsaingeachd de  $4 \text{ cm}^2$  anns a' chumadh seo.

## Eacarsaich 5


1. Sgrìobh farsaingeachd ( $\dots \text{cm}^2$ ) a' chumaidh seo:-




2. Sgrìobh farsaingeachd ( $\dots \text{cm}^2$ ) gach cumaidh:-




3. Sgrìobh **farsaingeachd** (... $\text{cm}^2$ ) gach cumaidh:-




a




b




c



d



e



4. **Thoir tuairmse** air farsaingeachd gach cumaidh. Cleachd an riaghailt seo:-

Ma tha barrachd is  $\frac{1}{2}$  bogsa dathte  $\rightarrow$  **cunnt** e mar  $1 \text{ cm}^2$

Ma tha nas lugha na  $\frac{1}{2}$  bogsa dathte  $\rightarrow$  **na cunnt** e idir.



a



b



## Farsaingeachd ceart-cheàrnaich :riaghailt

Gheibh thu farsaingeachd **CEART-CHEÀRNAICH** gun a bhith a' cunntadh cheàrnagan. 'S urrainn dhut **foirmle** a chleachdadh. Is e **foirmle** facal eile airson **riaghailt**.

Tha faid 3 cm agus 2 cm ann an taobhan a' cheart-cheàrnaich seo.

Le bhith a' cunntadh cheàrnagan gheibh sinn **6 cm<sup>2</sup>**.



Gheibh sinn **6 cm<sup>2</sup>**, le bhith **ag iomadachadh 3 le 2** cuideachd. **3 cm**

Gheibh sinn farsaingeachd a' cheart-cheàrnaich le bhith:-

**AG IOMADACHADH FAID LE LEUD.**


Tha e nas fhasa mar:

$$\text{Farsaingeachd} = \text{faid} \times \text{leud}$$

no  $F = f \times l$

**Feumaidh tu** am foirmle **agus** d' obrachadh a' sgrìobhadh nuair a tha thu a' lorg farsaingeachd ceart-cheàrnaich.

Eisimpleir



4 cm

2 cm

$$F = f \times l$$


$$F = 4 \times 2$$

$$F = \underline{8 \text{ cm}^2}$$



## Eacarsaich 6


1. **Deàn copaidh** de gach ceart-cheàrnach agus crìochnaich gach eisimpleir:-



$$F = f \times l$$

$$F = f \times \dots$$

$$F = \dots \text{ cm}^2$$







$$F = f \times l$$



$$F = 5 \times \dots$$

$$F = \dots \text{ cm}^2$$

2. Obraich a-mach an fharsaingeachd (**ann an  $\text{cm}^2$** ) aca seo:-  
(Cuimhnich am foirmle agus d' obrachadh a shealltainn).



3. Obraich a-mach an fharsaingeachd:-



4. Tha faid 6 cm is leud 4 cm ann an cairt cheart-cheàrnachail **dhearg**.

Tha ceart-cheàrnach **gorm** 4 cm x 2 cm air a ghearradh às a' cairt. Lorg:-

- farsaingeachd iomlan na cairte deirge mus deach a gearradh.
- farsaingeachd a' cheart-cheàrnaich ghuirme.
- an fharsaingeachd **dhearg** a bh' air fhàgail.





# Caibideil 13


Na cleachd àireamhair anns a' chaibideil seo.



## Pàtrain shìmplidh

Seo eisimpleirean de phàtrain:-

Pàtrain le dealbhan:-



Pàtrain le Litrichean:-



A, C, E, G, I,      an ath litir      K  
 Z, Y, X, W, V,      an ath litir      U


Pàtrain le àireamhan:-



2, 4, 6, 8, 10,      an ath àireamh      12  
 23, 19, 15, 11, 7,      an ath àireamh      3

Am faic thu mar a chuireadh tu an ath cheum ris na pàtrain gu h-àrd?





## Eacarsaich 1

1. Dealbhaich agus cuir dath air an ath dhealbh:-





2. Dealbhaich an ath **2 cheum** anns gach pàtran:-



3. Sgrìobh **an ath litir (no litrichean)** anns gach pàtran:-

(Taic:- Sgrìobh an aibidil an toiseach)

a G, H, I, J, ?

b T, S, R, Q, ?

c E, G, I, K, ?

d A, E, I, M, ?

e A, E, I, O, ?

f A, Z, B, Y, C, ?

g C, D, F, I, M, ?

h M, O, Q, S, U, W, ?

i AB, CD, EF, GH, ??

j ABC, CED, EFG, GHI, ???

Nuair a tha thu a' coimhead air pàtran le àireamhan:-

• sgrìobh a' chiad **àireamh** agus dè cho mòr 's a tha i a' dol **suas** no **sìos** gach turas.

Eisimpleir:-

Nam biodh tu a' coimhead air a' phàtran 3, 7, 11, 15 ... ,



sgrìobhadh tu - **"a' toiseachadh aig 3 agus a' dol suas 4 gach turas"**

4. Sgrìobh mu na pàtrain seo:-

**"A' toiseachadh aig ... agus a' dol suas (no sìos) .... gach turas".**

- |                          |                            |
|--------------------------|----------------------------|
| a 1, 3, 5, 7, ...        | b 5, 10, 15, 20, 25, ...   |
| c 60, 50, 40, 30, ...    | d 18, 15, 12, 9, 6, ...    |
| e 10, 21, 32, 43, ...    | f 20, 35, 50, 65, ...      |
| g 13, 11, 9, 7, ...      | h 100, 400, 700, 1000, ... |
| i 4, 4.5, 5, 5.5, 6, ... | j 750, 600, 450, 300, ...  |

5. Sgrìobh an **ath àireamh** anns gach pàtran ann an **ceist 4**.

6. Sgrìobh an **ath àireamh** anns gach pàtran:-

- |                    |                         |
|--------------------|-------------------------|
| a 5, 7, 9, 11,     | b 20, 30, 40, 50,       |
| c 8, 10, 12, 14,   | d 5, 10, 15, 20, 25,    |
| e 3, 6, 9, 12, 15, | f 4, 8, 12, 16, 20,     |
| g 7, 14, 21, 28,   | h 6, 10, 14, 18, 22,    |
| i 40, 38, 36, 34,  | j 30, 27, 24, 21, 18,   |
| k 26, 22, 18, 14,  | l 121, 110, 99, 88, 77, |
| m 8, 11, 14, 17,   | n 1, 10, 19, 28, 37,    |

7. Cuir aon cheum eile ris na pàtrain seo. Tha iad seo nas dorra!

- |                       |   |
|-----------------------|---|
| a 64, 32, 16, 8, 4,   | b 3, 6, 12, 24,   |
| c 7, 8, 10, 13, 17,   | d 80, 40, 20, 10,   |
| e 121, 232, 343, 454, | f $(1 \times 2)$ , $(2 \times 3)$ , $(3 \times 4)$ , $(4 \times 5)$ , |

8. **Ath-sgrìobh** gach pàtran is cuir a-steach **a h-uile** àireamh a tha a dhìth:-

- a 12, 14, ?, 18, 20,                      b 2, ?, 8, 11, 14,  
 c 54, 44, 34, 24, ?,                      d 15, ?, 23, ?, 31, 35  
 e 55, 44, ?, 22, 11,                      f 2, 7, ?, ?, 22, 27,  
 g ?, ?, 19, 17, 15,                      h ?, 10, ?, 20, 25, 30,

9. Coimhead air **clàr nan uireadan** gu h-ìosal:-

X	1	2	3	4	5	6	7	8	9
1	1	2	3	4	5	6	7	8	9
2	2	4	6	8	10	12	14	16	18
3	3	6	9	12	15	18	21	24	27
4	4	8	12	16	20	24	28	32	36
5	5	10	15	20	25	30	35	40	45
6	6	12	18	24	30	36	42	48	54
7	7	14	21	28	35	42	49	56	63
8	8	16	24	32	40	48	56	64	72
9	9	18	27	36	45	54	63	72	81

Chì thu gu bheil an **loidhne bhuidhe** na pàirt de fhreagairtean clàr **2x?**

a **Ath-sgrìobh** agus crìochnaich :-

"Tha an loidhe uaine na pàirt de fhreagairtean clàr.....".

b Inns mun pàtran anns:-

i an loidhne **ghuirm**                      ii an loidhne **dheirg**

iii an loidhne **phinc**                      iv an loidhne **ghlais**

c Dèan **copaidh** den chlàr no cleachd an duilleag-obrach.

Comharraich le peansail dathte na pàtrain-àireamhan eile a chì thu.

d Inns, ann an seantans, mu gach pàtran a lorg thu.



## Ceanglaichean eadar clàran

Tha ceanglaichean ann eadar feadhainn de chlàran nan **ùireadan**.

Coimhead air clàr nan **3** ùireadan.

A-nis coimhead air  
pàirt de chlàr nan **9**  
ùireadan.

$3 \times 1 = 3$

$3 \times 2 = 6$

$3 \times 3 = 9$

$3 \times 4 = 12$

$3 \times 5 = 15$

$3 \times 6 = 18$

$3 \times 7 = 21$

$3 \times 8 = 24$

$3 \times 9 = 27$

$3 \times 10 = 30$

$9 \times 1 = 9$

$9 \times 2 = 18$

$9 \times 3 = 27$

no  $3 \times 3 \times 1 = 9$

no  $3 \times 3 \times 2 = 18$

no  $3 \times 3 \times 3 = 27$




Am faic thu **ceangal** eadar clàr nan 3 ùireadan agus clàr nan 9 ùireadan?

## Eacarsaich 2

- Sgrìobh clàr nan **2** ùireadan.
  - Sgrìobh clàr nan **4** ùireadan.
  - A bheil thu a' faicinn ceangal eatarra?  
Inns dè an ceangal a tha thu a' faicinn.
- Sgrìobh clàr nan **4** ùireadan agus clàr nan **8** ùireadan.
  - Inns dè an ceangal a tha eatarra.
- Seall an ceangal a tha eadar clàran nan **5** is nan **10** ùireadan.
  - Seall an ceangal a tha eadar clàran nan **2** is nan **8** ùireadan.
  - Seall an ceangal a tha eadar clàran nan **2** is nan **10** ùireadan.
- An urrainn dhut ceanglaichean fhaicinn eadar clàran eile? - **RANNSAICH**

# Geàrr-Chunntas

1. Airson gach pàtrain, dèan copaidh agus cuir a-steach an **ath dhealbh**:-



2. Dè an **ath litir** no **litrichean** anns gach pàtran:-

a B, D, F, H, ?

b Q, P, O, N, ?

c A, D, G, J, ?

d AC, BD, CE, DF, ?

3. Seo pàtran - 1, 3, 5, 7, 9, ...

**"Tha e a' toiseachadh aig 1 agus a' dol suas 2 gach turas."**

Sgrìobh seantans mar sin mu na pàtrain seo:-

a 4, 8, 12, 16, ...

b 26, 21, 16, 11, ...

c 8, 8-5, 9, 9-5, ...

d 640, 320, 160, 80, ...

4. Cuir aon cheum eile ris gach pàtran:-

a 6, 9, 12, 15, ?

b 1, 2, 4, 8, ?

c 100, 95, 90, 85, ?

d 200, 100, 50, ?

e 131, 242, 353, ?

f  $(1 \times 4)$ ,  $(2 \times 5)$ ,  $(3 \times 6)$ , ?

5. **Ath-sgrìobh** gach pàtran agus cuir a-steach **na-h-àireamhan a tha a dhìth**:-

a 10, 12, ?, 16, 18, ?

b 88, ?, 66, 55, ?, 33.

c ?, ?, 24, 21, 18, ?

d ?, 3, 9, 27, ? (\* doirbh).

# Caibideil 14

Na cleachd àireamhair anns a' chaibideil seo ach anns an eacarsaich mu dheireadh.




## Cruthan 3sh

Canaidh sinn **dà-sheallach** ri cumaidhean còmhnaid, mar cheàrnagan, cearcaill agus triantain. Tha 2 "shealladh" aca no 2 mheud:-  
(**faid and àirde**)









Canaidh sinn "**trì-sheallach**" ri cruthan cruaidh, mar chiùb, còn agus siolandar. Tha 3 "seallaidhean" no 3 meudan aca:-  
(**faid, àirde agus doimhneachd (no leud)**)

Bu chòir na faclan seo a bhith agad:- **ciùb**, ciùbaid, **còn**, siolandar, cruinne, prìosam triantanach, pioramaid le bonn ceàrnagach.





## Eacarsaich 1




1. Ainmich na cruthan 3sh seo:-







5. a Dèan liosta de rudan (4 co-dhiù) anns an t-seòmar-teagaisg, a-muigh no aig an taigh a tha ann an cruth **ciùb**.



b Dèan liosta de rudan (4 co-dhiù) anns an t-seòmar-teagaisg, a-muigh no aig an taigh, a tha nan **ciùbaidean**.



c Dèan liosta de rudan (4 co-dhiù) anns an t-seòmar-teagaisg, a-muigh no aig an taigh a tha ann an cruth **siolandair**.



d Dèan liosta de rudan (4 co-dhiù) anns an t-seòmar-teagaisg, a-muigh no aig an taigh a tha ann an cruth **cruinne**.


e Dèan liosta de rudan (4 co-dhiù) anns an t-seòmar-teagaisg, a-muigh no aig an taigh a tha ann an cruth **còin**.



## Pàipear isomeatrach dotagach

Tha pàipear isomeatrach dotagach math airson dealbhan de chruthan **3sh** mar chiùban agus ciùbaidean a dhèanamh.


Seall cho furasta 's a tha e dealbhan de chiùban is de chiùbaidean a dhèanamh.



### Eacarsaich 2


(Feumaidh tu pàipear isomeatrach dotagach)

Cuir an oir cheart aig a' mhullach. (faic an dealbh)





1. Coimhead air cruth A (a' chiùbaid) aig mullach na duilleige.

Tòisich le 3 loidhnichean **dearga** mar seo.




An uair sin crìochnaich an dealbh (cleachd na loidhnichean uaine airson do chuideachadh).

2. Dealbhaich ciùbaidean B, C agus D leis a' chuideachadh gu h-ìosal:-




3. a Dèan 3 loidhnichean mar seo air pàipear isomeatrach dotagach.

b Cuir crìoch air an dealbh le bhith a' cleachdadh 6 loidhnichean airson **ciùbaid** a dhèanamh.




4.




a Dèan 3 loidhnichean mar seo air pàipear isomeatrach dotagach.

b Crìochnaich an dealbh a' cleachdadh **sia** loidhnichean airson **ciùbaid** a dhèanamh.

5. Ann an ceist 3, bu chòir faid 3 bogsaichean, leud 2 bhogsa is àirde 2 bhogsa a bhith sa chiùbaid. Dè **faid**, **leud** agus **àirde** na ciùbaid a rinn thu ann an ceist 4?



6. Air pàipear isomeatrach dotagach, dèan ciùbaid **5 bogsaichean**, **4 bogsaichean** is **3 bogsaichean**.




7. Dèan **ciùbaid** sa bheil faid 4 bogsaichean, leud 3 bogsaichean agus àirde 4 bogsaichean.

8. Dèan **ciùb** le tomhasan 4 bogsaichean, 4 bogsaichean is 4 bogsaichean.

9. Rinn an tidsear seo dealbh snog de dhà chiùbaid. Dèan an dealbh seo air pàipear isomeatrach dotagach agus cuir dath air.

10. Dèan dealbhan **3sh** a' cleachdadh chiùban agus ciùbaidean. Cuir an fheadhainn as fheàrr air a' bhalla.



# Geàrr-chunntas

1. Ainmich na cruthan 3sh **MATAMATAIGEACH** gu h-ìosal:-

a



b



c



d



e



f



g




h




2. Tha na dealbhan air an dèanamh le cruthan 3sh.

Ainmich na cruthan 3sh a chaidh a chleachdadh:-

a




b




3. Ainmich na cruthan 3sh a gheibheadh tu nam paisgeadh tu iad seo.


a



b



4. Cleachd pàipear isomeatrach dotagach agus dèan **ciùbaid** le tomhasan 6 bogsaichean, 2 bhogsa is 2 bhogsa.





Na cleachd àireamhair anns a' chaibideil seo



Tomhas-lìonaidh. Dè tha sin?


**TOMHAS-LÌONAIDH**  
'S e seo an t-àite a tha stuth sam bith a' toirt suas.

Tha **amar** a' gabhail barrachd uisge na **coire**. → Tha **tomhas-lìonaidh** nas motha aig an amar.



### Eacarsaich 1

1. Cò aca seo as motha a ghabhas nuair a tha i làn?



glainne sùgh



glainne fion

2. Cuir iad seo ann an òrdugh a' tòiseachadh leis an aon **as lugha** a ghabhas.



nigheadair-shoithichean



poit



àmhainn dealain

3. An e ball-coise no ball-teanais **as lugha** a lìonas de àite?



ball-coise



ball teanais

4. Cuir iad seo an òrdugh, a' tòiseachadh leis an aon as motha a lìonas de àite.



bhan



làraidh



baidhc



Mini

5.



Tha làn **deich** ghlainneachan de shùgh orainseir anns a' phacaid seo.  
Tha sianar chloinne a' gabhail **aon ghlainne** an urra.  
Cia mheud glainne a tha fhathast sa phacaid?

6.

Bha droch chasad aig Lusaidh.  
Fhuair i òcshlaint agus thuirt an dotair:-

**"Gabh aon spàin 3 tursan san latha airson 5 lathaichean."**

Cia mheud spàin a dh' fheumas i a gabhail uile-gu-lèir?



1 spàin  
3 tursan  
san latha

7.



Tha Niall a' gabhail **2 phile, 4 tursan san latha**.  
a Cia mheud pile a tha e a' gabhail **gach latha**?  
b Tha 24 pileachan ann am botal.  
Cia mheud latha a bhios pileachan aig Niall?



8. Seo na dh'fheumas tu airson aran-cridhe a dhèanamh.

- a Dè na dh'fheumas tu de **shioraip**?
- b Dè tha thu a' cleachdadh airson **spìosradh a thomhas**?
- c Dè **as lugha** a dh'fheumas tu dheth - ìm no tràicil?
- d Tha gu leòr an seo airson **10 bodaich aran-cridhe** a dhèanamh.  
Tha mi ag iarraidh còig a dhèanamh. Cia mheud ugh a dh' fheumas mi?

4 unnsaichean ime  
6 unnsaichean tràicil  
2 unnsa sioraip  
2 unnsa siùcair  
Cairteal pinnt bainne  
2 ugh  
1 spàin-tì spìosraidh

**aran-cridhe**




9. Seo glainne sùgh sirist.

Chaidh **fichead làn glainne** dheth a chur ann am bobhla.

Dh'òl nigheanan aig pàrtaidh **10 glainneachan** den t-sùgh.

Dè **a' bhloigh** a bha air fhàgail den t-sùgh shirist às dèidh na partaidh?



## An liotair/A' leughadh sgèile

Tha mòran lionntan gan reic ann an liotairean

Eisimpleirean:-



1 liotair Còla



2 liotair bainne




3 liotairean uachdar-reòta




5 liotairean peant

## Eacarsaich 2


1. Cia mheud liotair a th' anns gach botal?




teile




sùbh-làir




fìon-dhearcan



sirist




teòclaid




dearcan-gorma

2. Cia mheud liotair a th' annta seo:-

a




b




3. Coimhead air na siugaichean gu h-ìosal.

Cia mheud liotair uisge a th' anns gach siuga?

a



b



4. Tha **1 liotair** de shùgh ubhail aig Sìne.

Cò aca seo a' chumas nas lugha na 1 liotair:-

- a muga cofaidh    b sinc    c spàin-tì  
d glainn'-uighe    e cana còla    f linne?



5.

Tha **1 liotair** fìon aig Mgr Todd.

Cò aca seo a ghabhas **barrachd** air 1 liotair:-

- a glainne fìon    b jacuzzi  
c botal leanabh    d drumma ola  
e pana    f linne?



6. Tha **2 liotair** bainne ann an siuga.  
Tha Iain ag òl leth liotair.

Dè na th' air fhàgail san t-siuga?



7. Gabhaidh glainne sùgh **cairteal liotair**.  
Cia mheud glainne a gheibh thu à:-



- a botal **1 liotair** còla                      b botal **2 liotair** bainne  
c baraille **5 liotairean** sùgh orainseir      d baraille **10 liotairean** de leann

8.




Tha peantair a' fosgladh tiona **dà liotair gu leth** de pheant.  
Tha e a' dòrtadh a' pheant a-steach do phoithean **leth-liotair**. Cia mheud poit a dh'fheumas e?



### An ceudameatair ciùbach

Is e tomhas-lìonaidh an t-àite a tha nì sam bith a' toirt suas. Tha sinn ga thomhas ann an ceudameatairean ciùbach.




Is e seo **CIÙB**.

Tha faid 1 ceudameatair anns gach taobh.






Canaidh sinn **CEUDAMEATAIR CIÙBACH** ris.




Tha tomhas-lìonaidh **3 ceudameatairean ciùbach** aig a' chruth seo.



### Eacarsaich 3

1. Cunnt cia mheud ceudameatair ciùbach a tha anns na cruthan seo:-











2. Tha **10 blocaichean** aig Lusaidh.

Tha i a' togail nan cruthan seo.

Cia mhead bloc **a-mach às na deich** a tha air fhàgail aice gach turas?



3. Coimhead air ceist 2 agus freagair na ceistean seo:-

a Dè an cruth aig a bheil an tomhas-lìonaidh **as motha**?

b Dè an cruth aig a bheil an tomhas-lìonaidh **as lugha**?

c Dè na cruthan aig a bheil **an aon tomhas-lìonaidh** agus dè an tomhas-lìonaidh a th' aca?

d Cia mhead bloc a dh' fheumadh Lusaidh **uile-gu-lèir** airson na cruthan gu h-àrd a thogail?

e Tha **16 blocaichean ceudameatair ciùbach** aig Niall.


Dèan liosta a' sealltainn nan seataichean de dhà chruth as urrainn dha a thogail a' cleachdadh 16 blocaichean.

Eisimpleir - Is urrainn do Niall cruthan a agus b a thogail le 16 blocaichean.




4. Dè an dà chruth buidhe a nì an cruth dearg?


a





b




c



d



5.



Sgrìobh tomhas-lìonaidh a' chrutha seo ann an ceudameatairean ciùbach.

## Cuideam

Tha e furasta tuairmse a thoirt air cuideam aon rud ma nì thu coimeas ri rud eile.



Tha **1 chileagram** am fear de chuideam anns a' bhotal Còla agus anns an ìm.

Nam biodh an UBHAL seo agad nad làimh, - cuir a' cheist seo ort fhèin.....

"a bheil **nas lugha** no **barrachd** cuideim innte na tha anns a' bhotal Còla?"

Ma tha thu a' smaoinichadh gu bheil i nas aotruime, tha fhios agad gu bheil an cuideam aice nas lugha na **1 chileagram!**

## Eacarsaich 4


1. Sgrìobh dè **as aotruime**:-

- a luch no cat                      b làraidh no càr.  
c ball goilf no ball-coise        d CD no bhidio.



2. Sgrìobh dè **as truime**:-

- a ite no peann.  
b leabhar no bileag phàipeir.  
c cupa no coire.  
d bròg no stocainn.



3. Cuir iad seo ann an òrdugh a' tòiseachadh leis an fhear **as truime**:-



bonn òir



gunna-mòr



saighdear



long-cogaidh




tanca

4. Tha 1 cg de chuideam ann am botal Còla agus cuideachd ann am pacaid ime. Dè an cuideam a tha thu a' smaoinichadh a tha anns na rudan seo - freagair nas truime no nas aotruime na 1cg:-


- a pacaid guma                      b coimpiutair  
c leac concrat                      d fòn  
e siuga plastaig                      f sèithear?

5. Sgrìobh an cuideam a tha iad seo a' sealltainn:-

a



b



## An cileagram agus an gram

Tha **gram** nas lugha na cileagram.

Tha **1000** gram ann an cileagram.



Ma lìonas tu ciùb ceudameatair le uisge, bidh **1 ghràm** de chuideam san uisge

**Cuimhnich:**

$$1 \text{ cg} = 1000 \text{ g}$$



Eisimpleir :-

1.  $5 \text{ cg} = 5000 \text{ g}$

2.  $3000 \text{ g} = 3 \text{ cg}$

3.  $2350 \text{ g} = 2 \text{ cg } 350 \text{ g}$

4.  $1 \text{ cg } 40 \text{ g} = 1040 \text{ g}$

## Eacarsaich 5

1. Sgrìobh gach cuideam ann an **gramaichean**:-

a 2 cg

b 7 cg

c 15 cg

d 20 cg

e 55 cg

f 3 cg 500 g

g 1 cg 700 g

h 4 cg 250 g

i 6 cg 610 g

j 3 cg 425 g

k 7 cg 58 g

l 10 cg 22 g

m 6 cg 80 g

n 9 cg 8 g

o 1 cg 1 g

2. Sgrìobh iad seo ann an **cileagraman**, no ann an cileagraman **AGUS gramaichean**:-

a 2000 g

b 7000 g

c 9000 g

d 16000 g

e 40000 g

f 72000 g

g 5600 g

h 6800 g

i 18200 g

j 9456 g

k 7240 g

l 2760 g

m 5002 g

n 8080 g

o 1015 g

3. Tha Lusaidh a' dèanamh bobhla saileid 'son na dinnearach. Seo a' ghlasraich a tha i a' cleachdadh.



Leatas.....	200 g
Currain.....	240 g
Tomàtothan.....	370 g
Uinneanan.....	140 g
Piobaran.....	215 g
Meacanan-ruadha.....	50 g
Càl dearg.....	355 g
Cularain.....	3

- a Dè an **cuideam** iomlan a bhios san leatas, sna currain agus anns na tòmatohan?
- b Dè an **cuideam** iomlan a bhios sna h-uinneanan, sna piobaran, na meacanan-ruadha agus an càl?
- c Dè an cuideam iomlan a bhios sa ghlasraich (na cunnt na cularan)?
- d Sgrìobh an cuideam iomlan seo ann an **cileagraman agus gramaichean**.
- e Tha màthair Lusaidh ag ràdh rithe gu bheil **cus chularain aice**. Tha i ag ràdh rithe dìreach leth uiread a chleachdadh. Cia mheud cularan a chleachdas Lusaidh a-nis?

4. Tha Lusaidh a' cuideachadh leis a' mhilsean cuideachd. Tha i a' ceannach **aon chileagram gu leth** de shùbhan-làir airson an cleachdadh le uachdar-reòthhte.




- Tha i ag ithe **600 gram** dhiubh i fhèin fhad 's a tha i ag obair sa chidsin!
- a Cia mheud gram de shùbhan-làir a cheannaich i?
- b Cia mheud gram **a tha air fhàgail** airson a' mhilsein an dèidh dhi feadhainn ithe sa chidsin?



5. Dh' fhàg Santa parsail an urra aig Seumas agus a phiuthar Donna. Bha **3 cg 300 g** de chuideam anns a' pharsail aig Seumas agus **2 cg 700 g** sa pharsail aig Donna. Dè an **diofar** a bha eadar na cuideaman?



6. Cheannaich Mgr MacLeòid dà bhotal sabhs tomàto. Bha 880g de chuideam anns gach botal.
- a Dè an cuideam a th' annta uile-gu-lèir ann an gramaichean?
- b Dè an cuideam a th' annta uile-gu-lèir ann an cileagraman?



7. Rinn an còcaire dà chèic.

Bha **1 cg 750 g** de chuideam annta uile-gu-lèir.

Bha **900 gram** de chuideam anns a' chèic shùbhan-làir.

Dè an cuideam a bha anns a' chèic eile?



8. Tha **3 cg 600 g** de chuideam uile-gu-lèir ann an trì pocannan buntàta.



- a Dè an cuideam a tha ann an 1 phoca ann an **cg agus g**?
- b Dè an cuideam a tha ann an 1 phoca ann an **gramaichean**?

9. Feumaidh Mòrag **340 g** de phutain teòclaid airson cèic. Tha na putain gan reic ann am pacaidean **50 gram**.

- a Cia mheud pacaid a dh'fheumas i a cheannach?
- b Dè an cuideam teòclaid a bhios aice air fhàgail?



10. Chaidh ceathrar ghillean a dh'iasgach.

Seo an t-iasg bu mhotha a ghlac gach fear aca:-

**Ailean - 1 cg 150 g    Cailean - 1 cg 400 g**

**Omar - 980 g            Ruairidh - 1 cg 5 g**



- a Sgrìobh ainmean nan gillean ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an fhear a ghlac an t-iasg **bu mhotha**.
- b Cia mheud **gram** a bh' anns an iasg aig Ruairidh?
- c Dè an **diofar** a bha eadar cuideam an èisg bu mhotha agus cuideam an èisg bu lugha?
- d Reic iad na h-èisg a bha na bu truime na **1100 gram**. Cò na gillean nach do reic an t-iasg aca?



# Geàrr chunntas

1. Cuir na cruthan seo ann an òrdugh a rèir na chumas iad, a' tòiseachadh leis an fhear as lugha.



Bion sgudail



Làraidh sgudail



Tasgan-sgudail

2. Gabhaidh 12 cupa cofaidh a dhòrtadh às a' phoit seo.




Tha naoinear a' gabhail cupa an urra.

- a Cia mheud cupa a tha fhathast sa phoit?  
b Dè a' bhloigh den chofaidh a tha fhathast sa phoit?


3. Cia mheud liotair sùgh a th' anns gach botal?

a



sùgh liomaid

b






liomaid phinc

4. Tha Ben a' ceannach botal 5 liotairean de uisge.  
Tha e a' dòrtadh leth liotair den uisge don choire.  
Dè na tha air fhàgail sa bhotal?



5. Cia mheud ceudameatair ciùbach a th' anns gach cruth gu h-ìosal:-




6. Cò aca **as truime**:-

- a bòtannan no sliopairean
- b cnap siabainn no tunnag rubair
- c baidhsagal no motair-baidhc?



7. Sgrìobh an cuideam a th' air an inneal-tomhais seo.



8. Sgrìobh na cuideaman seo ann an **gramaichean**:-

- a 9 cg      b 72 cg      c 1 cg 500 g      d 6 cg 30 g

9. Sgrìobh na cuideaman seo ann an **cileagraman no cileagraman agus gramaichean**:-

- a 3000 g      b 1750 g      c 2020 g      d 9005 g

10. Fhuair Rob agus Eilidh preusant an urra bhon antaidh air an co-là-breith.

Bha cuideam **2 cg 900 g** anns a' phreusant aig Rob ach bha am preusant aig Eilidh **400 gram na bu truime**.

Dè an cuideam a bh' ann am preusant Eilidh?



# Caibideil 16


Na cleachd àireamhair sa chaibideil seo mura tèid iarraidh ort.



- Sgrìobh na h-àireamhan seo **ann am faclan**:-  
 a 5470                      b 8026                      c 9003                      d 7989.
- Sgrìobh **ann am figearan**:-  
 a ceithir mìle, trì cheud agus seachdad 's a dhà  
 b sia ceud mìle, còig ceud 's a ceithir  
 c ochd mìle 's a ceathrad
- Cuir iad seo ann an òrdugh, leis an tè **as motha** an toiseach:-  
 3010, 2998, 2899, 3002, 2987, 3101, 2098.
- Dè tha **5** a' riochdachadh anns na h-àireamhan seo?  
 a 40**5**2                      b 6**5**71                      c **5**203                      d 881**5**?
- a Dè an àireamh a tha 100 **nas motha na** 4260?  
 b Dè an àireamh a tha 300 **nas lugha na** 4450?


6. Dèan copaidh agus crìochnaich:-

$$\frac{1}{3} = \frac{?}{6}$$



- Lorg na h-àireamhan a thèid an àite nan comharran-ceiste:-  
 a  $\frac{3}{5} = \frac{?}{10}$                       b  $\frac{12}{16} = \frac{3}{?}$                       c  $\frac{8}{12} = \frac{2}{?}$ .

8. Chleachd Lusaidh àireamhair gus obrachadh a-mach dè dh'fheumadh i a phàigheadh. Dè phàigh i?



- Sgrìobh iad seo ann am figearan a' cleachdadh **£**:-  
 a 3 notaichean agus 27 sgillinn.                      b 9 notaichean agus 4 sgillinn.

10. a Cheannaich mi CD air £7.75 agus iris air 83sg.

Dè an iomlaid a fhuair mi à bileig £10?

- b Mas e buinn a fhuair mi air ais, dè an àireamh as lugha de bhuiinn a bhithinn air fhaighinn?  
(Sgrìobh na buinn)



11. Dèan iad seo nad cheann (sgrìobh na freagairtean):-

a $6 + 6$	b $47 + 6$	c $89 + 7$	d $128 + 8$
e $360 + 30$	f $90 + 520$	g $35 - 7$	h $72 - 8$
i $150 - 3$	j $540 - 30$	k $610 - 60$	l $800 - 40$ .

12. Dèan copaidh agus crìochnaich:-

a $\begin{array}{r} 407 \\ + 54 \\ \hline \end{array}$	b $\begin{array}{r} 621 \\ - 60 \\ \hline \end{array}$	c $\begin{array}{r} 800 \\ - 58 \\ \hline \end{array}$	d $821 - 65$ .
--	--	--	----------------

13. Freagair na ceistean seo:- (cleachd clàran nan uireadan).

a $5 \times 6$	b $3 \times 7$	c $8 \times 6$	d $4 \times 9$
e $7 \times 7$	f $8 \times 7$	g $7 \times 9$	h $7 \times 6$
i $5 \times 7$	j $9 \times 8$	k $6 \times 9$	l $10 \times 8$ .

14. Dèan iad seo nad cheann (sgrìobh na freagairtean):-

a $10 \times 9$	b $7 \times 10$	c $19 \times 10$	d $10 \times 61$
e $140 \div 10$	f $10 \times 521$	g $700 \div 10$	h $10 \times 819$ .

15. Dèan copaidh agus crìochnaich:-

a $\begin{array}{r} 19 \\ \times 6 \\ \hline \end{array}$	b $\begin{array}{r} 29 \\ \times 5 \\ \hline \end{array}$	c $\begin{array}{r} 82 \\ \times 8 \\ \hline \end{array}$	d $\begin{array}{r} 49 \\ \times 7 \\ \hline \end{array}$
---	---	---	---

16. Dèan copaidh agus crìochnaich:-

a $4 \overline{)156}$	b $8 \overline{)464}$	c $504 \div 7$	d $\frac{336}{6}$
-----------------------	-----------------------	----------------	-------------------

17. Sgrìobh iad seo chun an 10 as fhaisge:-

a 73	b 277	c 133	d 35
------	-------	-------	------

18. Lorg an fhreagairt **thuairmseach** le bhith **A' CRUINNEACHADH** 518 agus 78:-

"518 + 78"  
mu 520 + ....  
= .....



19. Obraich a-mach:-

a  $\frac{1}{2}$  de 62

b  $\frac{1}{3}$  de 27

c  $\frac{1}{5}$  de 85

d  $\frac{1}{10}$  de 410.

20. Sgrìobh an ath **3 àireamhan** anns na pàtrain seo:-

a 4, 8, 12, 16, ...

b 10, 20, 30, 40, ...




c 56, 48, 40, 32 ...

d 5, 8, 11, 14, ...

e 11, 17, 23, 29, ...

f 50, 47, 44, 41, ...

21. Obraich a-mach dè tha "?" a' riochdachadh:-



22. Cia mheud **gram** a th' ann an:-

a 2 cg

b 5 cg


c  $\frac{1}{2}$  cg

d  $2\frac{1}{4}$  cg?



23. **Thoir tuairmse** air an tomhas-lìonaidh san t-siuga (**liotairean**).

24. Sgrìobh farsaingeachd gach cumaidh (**cm<sup>2</sup>**).

a



b




25. Tha leud doras an t-seòmair-teagaisg faisg air:-

1 m, 2 m, 4 m, 10 m, no 20 m. Tagh aon.







26. Thoir tuairmse air faid na loidhne seo.



1 cm, 3 cm, 5 cm no 10 cm. Tagh aon.

27. Dè an àireamh a tha gach saighead a' comharrachadh?



28. Tha 3:40 f a' ciallachadh 20 gu 4 feasgar.

Sgrìobh iad seo anns an aon dòigh:-

a 7:55 m      b 3:50 f      c 12:35 m.



29. Dè cho fad 's a tha an ùine eadar:-

a 8 f agus 11 m      b 7:15 f agus 7:55 f  
c 10 gu 6 agus 25 an dèidh 6      d 11:35 m agus 12:30 f ?

30. Gabhaidh 25mh Dùbhlachd 1988 a' sgrìobhadh mar 25.12.88.

Sgrìobh iad seo anns an aon dòigh:-

a 14mh Cèitean 1969      b 23mh Iuchar 1999      c 9mh Giblean 2001.



31. a Tha co-là-breith Sìne air a' 24mh den Iuchar.

Tha co-là-breith Ravi 12 latha às dèidh seo.

Dè an latha air a bheil co-là-breith Ravi?



b








Tha co-là-breith Iain air a' 5mh den Dùbhlachd.




Chaidh e don sù seachdain ro a cho-là-breith.

Cuin a chaidh e don sù?


32. Sgrìobh ainm matamataigeach gach crutha:-



33. Ainmich an cumadh **dearg** anns gach aon dhiubh seo:-



34.




Cleachd cearcallaiche gus cearcall a dhèanamh le radius de **6 cm**.

35. Tha Lusaidh a' dol a choinneachadh Sìne anns **a' chafaidh**. An uair sin tha iad am beachd a dhol don **taigh-dhealbh**.




Thoir dhaibh **stiùireadh** a bheir bhon chafaidh chun an taigh-dhealbh iad.

(sgrìobh stiùireadh mar, "Gabh an dàrna sràid air do làimh chlì a-steach do Shràid...")





36. Dèan copaidh de na cumaidhean seo.

Seall na loidhnichean-cothromachaidh **le loidhne dhathte no loidhne dhotagach.**



37. a Dèan copaidh den dà chumadh seo air pàipear cearnagach.





b **Cuir crìoch** air gach cumadh gus am bi an loidhne dhearg na loidhne-cothromachaidh.

38. Is e **ceàrn ceart** a tha seo.


Cia mheud puing a th' ann an ceàrn ceart?



39. Sgrìobh ainm gach seòrsa ceàirn:-



40. Cia mheud puing a tha anns a' cheàrn ghorm.



41. Seo na flùraichean a thagh buidheann chloinne.

pansaidh	neòinean	neòinean	tiuilip	tiuilip
tiuilip	pansaidh	neòinean	ròs	neòinean
sòbhrag	ròs	neòinean	tiuilip	pansaidh
pansaidh	neòinean	pansaidh	neòinean	ròs
sòbhrag	neòinean	neòinean	pansaidh	tiuilip

Flùr	Stràcan	Àireamh
pansaidh		
neòinean		
tiuilip		
ròs		
sòbhrag		

- Dèan copaidh den chlàr-triceid agus cuir a-steach na stràcan.
- Crìochnaich le bhith a' cur a-steach nan àireamhan san treas colbh.

42. Tha an clàr seo ag innse mu ainm, aois, àireamh bhràithrean/pheathraichean agus cuideam seachdnar chloinne.

- Cò an gille aig a bheil triùir pheathraichean?
- Cia mheud sgoilear a tha nas truime na 45 cg?
- Dè an aois a tha an nighean a tha 36 cg?
- Sgrìobh mu Shìne, a' cleachdadh a' chlàir airson do chuideachadh.

Ainm	Aois	Bràithrean Peathraichean	Cuideam
Tòmas	12	1	46 cg
Ceit	14	2	36 cg
Sìne	11	2	34 cg
Seumas	12	1	48 cg
Uilleam	14	2	51 cg
Ailean	13	3	46 cg
Brus	10	0	36 cg

43. Seo na reòiteagan as fheàrr leis a' chloinn ann an clas 7.

Blas	Vanilla	Meannt	Teòclaid	Sùbh-làir	Banana
Àireamh	14	18	16	12	2

Cleachd rùilear airson graf cholbhan a dhèanamh leis an fhiosrachadh seo. Cuir tiotal air a' ghraf agus ainmich na colbhan.

